



URNAIGHEAN

ARSON

*THE AGHLAICHEAN, &c.*

AGUS

LAOIDHEAN.

---

PRAYERS

*FOR FAMILIES, &c.*

WITH A

COLLECTION OF HYMNS,

*IN GÆLIC.*

---

BY JOHN SMITH, D. D.

LATE MINISTER OF THE GOSPEL, CAMPBELTON.

---

GLASGOW:

Printed by Riden, Dwyer and Rhull,

AND SOLD BY J. AND A. DUNCAN, BOOKSELLERS,  
TRONGATE.

---

1808.



## DO CHEANNARDAIBH

### THEAGHLAICHEAN.

**I**S muladach an nì gu bheil uirread dhear-  
maid 'ga dheanadh air urnaigh ann an teagh-  
laichibh na muintir sin a tha gam meas fein nan  
Criosduidhean. Is ann le rùn nì-eigin a dheana'  
na' gus an dearmad millteach so a leasachadh,  
a chaidh na h urnaighean a leanas a chur r'a  
cheile. A mhuintir aig am bheil toil urnaigh  
a dheana', tha mi 'n dòchas gu faigh iad cale-  
igin do chuideacha 's do bhuannachd uatha.  
Ach mu thiomchioil na muintir aig nach éil  
an togra, cha'n urra sinn ach a ghuidhe gu toir  
DIA dhoibhe gu grad, mu'n tuit a chorruidh  
air an ceann (Jer. x. 25.)

Chumhor an nì do neach sam bith 's gu  
haraid do cheannardaibh theaghlaiichean ris an  
d' earb DIA anama clainne agus sheirbhiseach,  
ge do bhuilicheadh iad beagan mhionaidean,  
moch agus anmoch, ann an aora' follas an DIA  
sin, a thug dhoibh gach nì fhuair iad, 's o'm  
bheil suil aca ris gach nì uatha fhaotainn, a  
thaobh cuirp agus anama. As eug'ais urnaigh,

tha daoine gun tearuinteachd agus gun DIA  
anns an t saoghal-so, agus gun dochas a hacbh  
caoghail eile.

Tha na h urnaighean a leanas freagarach do  
staid chumant a chuid is mò do theaghlaichibh:  
ach feudaidh neach air bith cur riu, no toirt  
uatha, mar a chi é iomchuidh. Le beag athar-  
rachaidh cuideachd, feudaidh neach air bith an  
deana' freagarach d'a staid fein ann an uaig-  
neas.

Neach air bith leis am mor cuid do na h ur-  
naighean so fhaotainn air a mbeodhair (gus an  
dean e gnothach as an eug'ais) ghuidhinn air ge  
nach deanadh e ach amhain an leughadh moch  
is anmoch 'na theaghlach, san àm an usa do  
gach aon feitheamh air an obair so gun bhuaire.  
—Cha ruig mi leas innse gu bheil buannachd  
mhor ann a bhi gnathacha sailm is leugha Fo-  
cail De, maille ri urnaigh. Tha so soilleir do  
gach neach; 's an duine bhios glic, gnathaich-  
idh e na h uile meadhon gu anam fein is anama  
na muintir a tha 'n earbsa ris a shabhaladh.—  
Do gach neach aig am bheil a leithid so do rùn,  
gu tugadh DIA nan gràs a bheannachadh.  
*Amen!*

---

Tha dochas agam gu faigh gach neach leis  
an aill, caileigin do bhuanachd cuideachd o na  
laoidhibh a leanas. Cuid do'n chothrom a tha  
aig a mhuintir a leughas iad ann am beurla,

bu mhaith leam a bhi aig a mhuintir nach tuig mar sin iad; 's ma ni iad feum maith dhiu, do **DHIA** gu robh an cliu.

'Se 'n suim-*Moladh air buaidhean agus freasdal DE.* (i-xviii). *Mu'n bhas agus breatheanas* (xix-xxvii).—*Saoradh trid Chrìost; mu bhas, fhulangus agus aiseirigh.* (xxviii-xxxvii).—*Spiorad agus facal DE, gradh CHRÌOSD; agus an TRIONAID bheannuichte.* (xxxviii-xlii).—*Arson grasaibh Crìosduidh.* xliii-xlvii).—*La na sabaid* (xlviii-li); agus *Suipeir an Tighearna.* (lii-lvi).

---

## URNAIGH TEAGHLAICH,

ARSON

### MAIDIN LÀ AN TIGHEARNA.

**O** **DHIA** ghloirmhoir agus ghrasmhoir, Athair ar Tighearn agus ar Slanuir Josa **CRÌOSD!** tha sinne do chreatuirean ag iarraidh teachd am fagus duit, trid an Eadar-mheadhonair, a chum aoradh agus urram a thoirt duit, mar is cubhaidh do Ughdar ar bith, agus do steidh ar sonais is ar dochais. Co nach tugadh gloir dhuitsa, **O DHIA;** co nach cliudhaicheadh t ainm, **O a Rìgh nan naomh!**

Tha sinne ag aideachadh nach 'eil sinn air

chor sam bith airidh no iomchuidh air teachd dlu dhuit, no air comun sam bith a bhi againn maille riut; ach tha sinn a' teachd do t ionsuidh ann an ainm aon Mhic do ghraidh, ar 'TIGHEARNA, 's ag earbsadh a cuideacha do Spioraid bheannuichte gu coghna leinn.

Cliu dhuit gu bheil sinn air ar gleidhe' tearuinte gu solus an là so, 's gur e là an 'TIGHEARNA ta ann. Anns an là so ni sinne gairdeachas, agus le mìtibh d'ar co-chreatuiribh anns gach àite, coimhididh sinn an t sàbaid naomha. Buidheachas duita gu bheil an t sàbaid agus soisgeul air am buanacha' Icinn fathasd, nach 'eil ar coinleir air atharrachadh as àite, mar a thoill sinn, agus nach 'eil sinn gu diomhain a' guidhe' gu faighemid là do làithibh Mhic an duine. O maith dhuinn comor as a mhì-bhuilich sinn na laithe so san ùine chaidh seachad, agus cuidich leinn an t sàbaid choimhead ni's fearr, a chum as gu bi siun ni's iomchuidh arson sàbaid shiorruith a ghleidhe' maille riutsa ann ad rioghachd.

'Tha sinn a' cumail an là so naomha chum onoir a chur ortsa, O DHIA, Athair uile-chumhachdaich, a chruthaich neamh agus talamh, 'sa rinn gach ni o neo-ni le focal do chumhachd. Mar a ghabh thusa fois o d' shaothair air an là so, is amhuil a ni sinne; ga mheas mar an onoir is mò, is mar an obair is urramaiche, bhi teirt aoraidh dhuitsa, Crutha' ear is Fear-riaghlaidh an domhain, d'an dligheach aoradh agus urram agus glòir.

Tha sinn a' cumail an là so naomha mar onoir air an Fhear-shaoruidh bheannuicht, a dh' eirich o na mairbh air a cheud là do'n t seachduin, leis an do dhearbh e le cumhachd gu b'e Mac DHIA. Cliu do Dhia, an deigh dha a bheatha leige' sios arson ar peacaidh, gu d' eirich e rìs a chum ar fireannacha', mar cheud-thora na h aiseirigh, 's a chum a bhi na aiseirigh agus na bheatha dhuinne. O gu mothaiche' mìde an diugh ann ar n anamaibh cumhachd aiseirigh, a chum as gu eireamaid o bhàs, a pheacaidh gu beatha fireantachd; o dhiomhanas an t saoghail so, gu beatha naomha neamhaidh agus spioradail!

Tha sinn a' cumail an là so naomha mar onoir air do Spiorad naomh, an Cofhurtair, a thainig air na h abstoil air a cheud là do'n t seachduin, a chum gu gabhadh e cònuidh leis na naoimh gu ath-theachd ar Tighearna. O gu gabhadh e cònuidh maille ruinne, 's gu riaghladh e nar cridheachaibh, a chum as gu biodh ar natur air a naomhachadh! Thig, O a Spioraid bheannuichte nan gràs! is beothaich na cridheacha marbha so; is anns gach cùis thoir dhuinn seola' coghna, agus cofhurtachd: a chum as gu faicear, le 'r giulan, gur ann do Chrìosd a bhuineas sinn san t saoghal so, 's nach tig aon againn gairid air gloir ann an saoghal eile.

Tha sinn a' toirt buidheachais duit, O THIGH-EARNA, aon t fhocail naomh, a thug thu dhuinn gu bhi na sholus d'ar cois, is 'na lòch-



ran d' ar ceumaibh. Tha sinn a' guidhe' nach bi gràs DHIA air a thoirt duinne 'n diombain'. Cliu dhuit gu bheil ar suilean a' faicinn soluis, agus ar cluasan a' cluinntin fuaim aoibhneach seisgeil na slainte. Gloir do DHIA anns na h ion-adaibh a's airde, gu bheil anis beatha 's neobhasmhorachd air an toirt gu solus, trid Josa Criosd; gu bheil sìth air thalamh, agus deagh-thoil o Dhia do dhoine!

Maith dhuinn, O DHIA, air sgà CHRIOSD, ar n uille pheacanna, lionmhor agus antromach mar ata iad. Pheacaich sinn gu tric is gu dàna, nar cridhe nar cainnt is nar giùlan, is chunnac do shùilsa gach beud air bith a rinn sinn. Air sgà CHRIOSD, O DHIA! dean trocair; dean trocair oirne peacaich. Saor sinn o chumbachd a pheacaidh san t saoghal so, 's o dhìte san t saoghal eile. Oibrich annainn aithreachas, creideamh, agus gradh; gus am bi sinn mar is aill leat sinn a bhith, air ar naomhacha le d' Spiorad, agus iomchuidh arson do rioghachd.

Tha sinn a' deanamh gairdeachais anns an dochas; nuair tha sinne 'n so ri urnaigh aig cathair nan gras, gu bheil ar Slanu'ear bearnuichte 'na shuidhe aig deas-laimh cathair na gloir, a' deanamh eadarghuidhe, as ar leth. Air sgà fhulangais, umhlachd, agus eadarghuidhe, O DHIA, bi reidh ruinn, is na biodh ar cionta, mar neul, a' cumail uainn do throcair is do chofhurtachd. An diugh, na faluich do ghnúis, na ceil do ghràs na cum uainn do Spiorad.

Cuidich leinn, tha sinn a' guidhe, ann an

obair chrábhaidh an lá naomha so. Cuidich leinn dluthacha' riutsa le cridhe ceart, le inntin shuidhichte, le creideamh beo, 's le gràdh laiste. Coinnichsinn ann ad thigh-aoruidh le beànnucha: maisich do theampul agus t ordugh fein le d' láthaireachd; is thigeadh t fhacal asteach d'ar n-anama le beatha agus le cumhachd. Biodh e mar shiol air a chur ann an deagh fhearann, a ghabhas freumh, 's a bheir amach pailteas toraidh. Biodh ar n urnaigh agus ar mola na 'n iobairte spioradail, taitneach ann ad lathairsa, trid Josa CRIOSD ar Tighearna.

Biodh do lathaireachd anns na huile cothional. Criostuidh air an là 'n diugh: biodh peacaich air an iompadh gu aithreachas, agus naomh air an daighneacha' na'n creideamh, ag sic-fhàs anns na h uile gràs agus cofhurtachd. Eisd, tha sinn a' guidhe', gach urnaigh a chuireas t Eaglaisean asuas arson rioghachd an t Slanu'ir a mheudachadh. Eisd gach achuine arson ar righ agus ar dúthcha. Amhairc air staid gach neach ann am bròn, ann am bochdui, no ann an trioblaid air bith, a bhios an diugh air an earbsa' riut, or cha 'n fhailnich gu bràth do throcair.

Cuidich le d' sheirbhiseach tha ri labhairt ruinne 'n diugh, a theachdaireachd a reic le cumhachd, 's facal na firinn a roinn gu ceart, a chum as gu faigh gach aon a chuibhtrionn fein ann an àm iomchuidh. Ulmhaich esan arson labhairt; ulmhaich siune arson eisdeachd, is deonuich dhuinn le cheile gach tiolac a chi thusa maith dhuinn, a thaobh cuirp agus anama,

aimsir agus siorruitheachd. So tha sinn a' guídhe' ann an ainm agus a' leth aon Mhic do ghraidh, ar Tighearna, 's na bhriathraibh beannuichte san tha sinn ag co-dhunadh ar n urnaigh, 's ag radh, *Ar n Athair ata air neamh, &c.*



*Urnaigh Teagblaich, arson Feascair La an*  
**TIGHEARNA.**

**O** DHE naomha ghloirmhor agus bheannuichte, 's annduitsa 'mhain is cubhaidh aoradh agus urram, oir is tu an t aon DIA beo agus fìor, Rìgh nan rìghrean agus Tighearna nan tìghearnan. Tha aingil agus ard-aingil a' sleuchdadh a' sìos ann ad lathairsa le urram; tha mìlte do spioradaibh ghloirmhor a' fritheala' dhuit, is deich mìle ùair deich mìle na'n seasamh ann a t fhianuis. Tha sinne ga mheas mar an onoir is mò, gu bheil comas againne cuideachd teachd am fagus duit, a chum cliu agus urram agus cumhachd agus buaidh, a thoirt do 'n DIA sin a tha, a bha, agus a bhithas, is do 'n Uan a tha 'na shuidhe air an ri-chathair.

Is beannuicht iadsan gun amharus, aig am bheil an cònuidh ann an cuirtibh naomh do theach air neamh, far am faic iad gun sgàil do ghloir, 's an cliudhaich iad gun sgios do mhaithas. Is sona sinne cuideachd aig am bheil comas dol ionsuidh do theampuil air thalamh, far am bheil thu ag leige' ris saibhreis do

throcair is do ghrais, agus a' partugha coilion sochair. Is sona sinne aig am bheil comas gach uair teach ionsuidh cathair nan gràs trid Josa CRIOSD, tha comasach air iadsan a thearnadh. agus a chuid is faide thig ionsuidh DIA do thrìd.

'Na ainmsan, O Athair, tha sinne 'gar tais-beana' fein ann ad lathair, ag iarraidh cùl a chur ris an t saoghal, ris an fheoil, is ris an aibhisteir, is thus a roghnacha' mar ar DIA is mar ar cuibhrionn.—Ach an gabh DIA gun amharus ri creatuiribh co peacach agus co graineil? Ann am peaca ghineadh sinn, is ann am peaca ghluais sinn. Bha sinn easumhal d'ar DIA, failneach d'ar coimhearsnach, is dearmadach air leas ar n anama fein. Cò' do t aitheantaibh nach do bhrìst sinn; cò' do d' thiolacaibh nach do mhi-bhuilich sinn, is cò' do d' shàbadaibh nach do mhi-naomhaich sinn? Dhearmaid sinn na nithe bu choir dhuinn a dheanadh, is rinn sinn na nithe bu choir dhuinn a sheachnadh? O'r nòige gu ruig an uair so, bha sinn a' cur peaca ri peaca, 's a' carna' feirge dhuinn fein ia chomhair là na feirge. Mar fhalt ar cinn, no mar ghaineimh na tràgha, mar sin oscionn aireimh tha lionmhoireachd ar peacaidh.

'S cha 'n e 'mhain gu bheil ar peacanna lionmhor, ach tha iad ro-antromach mar an ceudna. Pheacaich sinn ann aghaidh an DIA a chruthaich agus a ghradhaich sinn; ann aghaidh an t Slanu'ir a bhasaich air arson agus

a-shaor sinn; ann aghaidh an Spioraid leis am b' àill ar naomhacha, 's a thug dhuinn coilion coghna agus cofhurtachd. Pheacaich sinn ann aghaidh soluis agus eolais; ann aghaidh ar n aidmheil agus ar dochais, ann aghaidh ar moidean, ar geallaidhean ar n urnaighhean, is ar coguis; ann aghaidh gach bagradh eagalach san lagh, 's gach gealla solasach 'san t soisgeul; air chor as nan gairmeadh tu sinn gu cuntas, nach b' urra sinn lethsgheul air bith a thoirt duit arson aon ann am mìle d'ar lochdaibh. Nan tuga' tusa dhuinn, O DHIA, am mìle cuid d'ar toilteannas, bha sinn fada roimhe so air ar glasadh ann am priosun truaighe gun duil ri trocair 's gun dochas gu brath ri furtachd.

Tha sinn, O Athair neamhaidh, le bròn agus le doilghios cridhe, ag aideachadh ar cionta, 's a' caoidh ar n amaideachd. Tha sinn ag aideacha' nach airidh sinn air a chuid is lugha do d' throcair, 's gu do thoill sinn gu tric an t iomlan do d' chorruidh. Ach cliu do t ainm, ge do rinn sinne sinn-fein a sgrios, annadsa gu bheil ar cobhair. Buidheachas duit gu do dheasuich thu-fein iobairt agus Eadar-mheadh-on'ear, 's gu bheil iad so air ant airgse' dhuinn gu saor anns an t soisgeul. Tha sinn ag iarraidh greim a dheanadh air an t slainte mhoir so, 's ar dochas a chur ann am fuil, fulangas, agus fireantachd an Fhir-shaoruidh.

'S a chum as gu feudamaid so a dheana' le tearuinteachd, tha sinn a' tairgse' gun ghnòthach tuille bhi' againn ri peaca, 's a'

guidhe gu bi sinn air ar saoradh araon o a chumhachd agus o a chionta. O Athair, seall anuas oirn ann an iochd trid Josa, 's gabh ruinn gu grasmhor; oir is sinn do chlann, ge do chaidh sinn air seachran; obair do lamha fein, na treig sinn.

Air sgà Chrìosd, a bha na iobairt-reitich arson peacaidh, labhair sìth ruinn, agus lion sinn le uile ghràsaibh do Spioraid. Claoidh ar n uabhar agus sgeadaich sinn le irisleachd. Ceansuich ar n anmianna, 's comhdaich sinn leis an spiorad mhacant agus chiuin sin, a tha ro-luachmhor ann ad shealla. Claoidh gach sannt, fuath, farmad, mi-run agus mi-sheirc nar cridhe, 's lion ar n anama le gradh neo-chealgach do na h uile dhaoineibh, agus le gradh gun chaochla' dhuitsa.

Leig fhaicinn duinn diomhanas an t saoghail so, a chum as nach saoil sinn gu feud e ar deanamh sona. Leig fhaicinn duinn grainealachd a pheacai, 's an truaighe thig na dheigh, a chum as gu fuathaich sinn e le heagal. Leig fhaicinn duinn cia luachmhor an t anam, cia cudromach siorrui-theachd, is cia prìseil an cothrom a th'againn aris air bhi gu siorrui' sona. O gu deanadh do ghras ar deasachadh arson an atharrachaidh mhoir sin a thig oirn gu cinnteach agus gu gairid, 's a dh' fheudas teachd oirn gu grad: a bheir air falbh sinn o shaoghal dhaoine gu saoghal spiorad; o staid deuchainn gu staid luigheachd. O gu deanadh do Spiorad iomchuidh sinn arson pairt a bhi

againn an sin do oighreachd nan naomh ann  
an rioghachd an t soluis!

Ulmhaich sinn, O DHIA, arson ni sam bith  
a dh' fheudas tachairt duinn eadar an oi'che  
so 's an uaigh. Cha'n 'eil fios againne ciod tha  
romhainn, ach tha fios agadsa; 's tha sinn a'  
guidhe' gu cuidich thu leinn do thoil a dhean-  
amh, agus do thoil a ghiulan, mar is cub-  
haich dheòibhsan aig am bheil fios gu toir thu  
air na uile nithe cibreacha' le cheile chum  
leas na muintir tha labhairt graidh dhuit.  
Cuidich leinn thusa chur romhainn anns gach  
ball, ar cridheachan thoirt suas do d' thoil,  
co-chomunn a ghlèidhe' riut 'nar n anam,  
agus earbs' a dheanadh as do chumhachd, as  
do fhreasdal, as do ghealla, 's as do throcair;  
a chum as gu bi ar diadhachd 'na solas duinn,  
co maith as 'na h obair.

Cuidich leinn, trid docair agus socair, lean-  
tuin gu dlù ri CRISO ar ceannard, gu là ar  
crìche. An sin, O deonuich gu bi ar n obair  
criochnaicht, is ar n anama réidh riut; 's gun  
orduich do fhreasdal agus do Spiorad na h  
uile nithe air sheol as gu bi ar n atharracha'  
gu saoghal eile làn do sholas is do chofhurt-  
achd. An sin bi leinn roi' ghlèann dorcha  
sgàile bhàis, is thoir ar n anam sabhailte gu  
aobhneas ar Tighearna.

O gu dealradh solus nan uile Chrìostuidhean  
air feadh an t saoghail, gus am bi na h uile  
dhaoine na'n Crìostuidhean. Soirbhich le d'  
shoisgeul gu h àraid anns na rioghachdaibh so

d'am buin sinne. Beannuich dhuinne, 's do gach neach a bha ga eisdeachd, am facal a chaulà sinn fein air an là 'n diugh. Gabh ri'r n achuine 's ri'r n iobairt trid Chrìosd ar n Ardshagart, is na agair sinn arson failinn air bith 'nar n aoradh. Tha sinn a' caoidh gu robh ar n aigne co mall, ar cridhe co fuar, 's ar smaointe co luaineach. Lagh dhuinn co tric as a mhi-bhuilich sinn meadhona nan gras; co tric as a leig sinn le gnothaichibh, le cùram, is le solas an t saoghail so am facal a mhùchadh ann ar n anam. O na biodh a' chùis mar so an diugh, is na biodh an t sabaide so air a cur sìos ann an aireamh nan sàbaidean a chaill sinn!

An diugh ma chaidh smaointe cuidreamach sam bith a dhùsga' 'nar n anam, na leig leinn an call, nuair a philleas sinn gu obair na seachduine 's gu gnothaichean an t saoghail. Ma fhuair sinn sealla do chuid sam bith d'ar peacaidh, cuidich leinn air ball an treigsinn: ma fhuair sinn eolas air tuille d'ar dleasnas, cuidich leinn air ball cur ma thiomchioll. Bitheamaid an diugh air ar toirt astar là sabaide ni's dlùithe do DHIA 's do neamh na bha sinn roimhe: air chor as gu feud sinn a ràdh gur fearr, aon là ann an aorà Dhia na mìle là ann an àit eile.

Bi trocaireach, a Dhia, do gach uireas'ach agus easlainteach a chaidh an diugh earbsa' ut, is do na huile ta 'sa chor cheudna. Dean obaidh air an cuirp is air an anamaibh, is na



dearmaid aon neach d'an dochas thu le cridhe treibhdhireach.

Anis, O Athair, tha sinne gar fàgail fein a nochd air do churam, 's a' tairgse' luidhe' siosfo sgail do sgéith agus cadal. O dean thusa faire os ar cionn; sgaoil brat do ghraidh tharuinn, is thoir àithne do t ainglibh mu'r tiomchioll. Deonuich gur tu fein is deireannaiche bhios 'nar smaointibh nuair a luidheas sinn, 's is luaithe bhios 'nar n aire nuair a dhùisgeas sinn. Tha sinn a' guidhe' gu h araid, nuair a chaidleas sinn an cadal deireannach, gu bi ar n anama reidh riut, is nuair a dhùisgeas sinn air là na h aiseirigh, gu faillich ar Tighearna sinn asteach d'a aoibhneas. Anns an dochas so, dhuits' C Athair, a Mhic, agus a Spioraid naomh, gu robh gach cliu, agus urram, agus mola, fac saoghal nan saoghal. *Amen.*

---

## II. *Urnaigh mbaidne, arson Teagblaich.*

**O** DHE ghloirmhor agus naomha, bheannaicht agus mhaith, a chruthaich sinne, 's chum gu ruige so beo sinn! tha sinn a' tairgse seadh, air maidin an là so, sleuchdadh air stòl do chois, gu d' mhaitheas aideacha' gu d' throcair iarruidh. Is Tusa, O Fhìr faire Israeil air nach aom cadal no suain, ghleidh tearuinte sinn air feadh na h oi'ch chaidh seachad, 's a thug air an là nuadh

dealradh oirn. Bha do ghairdean mu tinnom-  
chiol ar fardaich agus ar leapa, 's rinn thu ar  
coimhead an àm ar cadail, o uile chunthart-  
aibh agus uabhasaibh na h oi'che.

Ciod a dh' iocas sinn duit, O DHIA, arson  
meud do mhaithis do chreatuiribh peacach  
mar sinne, nach 'eil a' toiltinn an aon is  
lugha do d' thiolacaibh? Ann an aite curam air  
bith a ghabhail dinn air an oi'che chaidh  
seachad, 's ann a thoill sinn gu deana' tu ar  
cadal 'na bhàs, agus ar leaba 'na h uaigh  
dhuinn. O gu deanadh do mhaitheas agus t  
fhaighidin, a choigil sinn gu là eile, ar stiuradh  
anis gu aithreachas agus leasacha-beatha.

“Tha sinn, O DHE, a' gabhail naire 's rugha-  
gruaidhe dhuinn fein, tra smaointicheas sinn  
air lionmhoireachd ar lochdan. Cia tric a bha  
sinn eas-umhal do d' lagh naomha-sa, gun  
suim againn do cheanglaichibh no do chom-  
ainibh ar Dia! Cia tric a pheacaich sinn an'  
aghaidh grais do shoisgeil, 's an' aghaidh  
saibhreis do ghraidh ann an Iosa CRIOSD!

An' so, O DHIA, aig cathair nan gras, tha  
sinn ag aideachadh ann ad lethairsa ar n uile  
easaontais; peacaidh ar smaointe, ar briathra,  
agus ar gnìomhara; peacaidh dearmaid, agus  
deanadais; 'na t aghaidh-sa, an' aghaidh ar  
coimhearsnach, 's an' aghaidh ar n arama fein:  
is tha sinn le'r n uile dhurachd a' guidhe'  
maitheanais annt air fad, air sgà aon Mhic  
do ghraidh, ar n aon Fhear-saorui' 's fear-  
tagraidh ar cùise ris an Athair. As a leth

san tha sinn a' guidhe gu dean thu iochd oirn,  
's nach cuimhnich thu ar n aingeachd ni's mò  
'nar n aghaidh.

Tha sinn a' tairgse' bròn diadhaidh a  
dheanadh arson ar peacaidh, cùl a chur riu  
air fad, agus sinn fein a thoirt suas duitse,  
chum naomhachd beatha ann an CRIOSD. Is  
i ar guidhe gu bi ar corp, ar n anam, agus ar  
spiorad, air am buileacha' do ghnà 'nad  
sheirbhis, 's gu bi ar giulan mar is cubhaidh  
do luchd ar n aidmheil agus ar dochais. Is i  
ar guidhe bhì cothromach agus diadhaidh,  
ciuin, iriseal agus iochdmhor, gun chomun  
sam bith a bhì againn si peaca no si peacaich;  
ach a' caitheadh ar beatha do ghna reir facail  
ar DIA agus eisempleir ar TIGHEARNA.

'S a chum gu biodh mid comasach air gluasad  
maille riutsa air an doigh so, tha sinn a' guidhe',  
O Athair neamhaidh, gu toir thu dhuinn  
coghnadh agus gràs do Spioraid. Gheall thu  
so do gach neach a dh'iarradh e gu treibh-  
dhireach; biodh e dhuinne do reir t fhacail,  
anns an do chuir sinn ar dochas. Ge do  
mhùch sinn gu tric do Spiorad, 's ge do thilg  
sinn air cùl a chomhairle; gidheadh na tilg  
thusa gu tur sinn as do lathair; na ceil oirn do  
ghras, is na buin uainn do Spiorad. An' aite  
sin, deonuich gu gabh e cònuidh shuidhichte  
nar cridheachaibh, mar ann an teampuill  
thaghta; gu cuidich e leinn ar n anmianna  
chlaoi' 's a chumail fo chois; is gu toir e dhuinn  
seola, coghna, agus cofhurtachd; a chum as

gu ruith sinn le solas ann an slighe t aitheantan,  
gus an ruig sinn crìoch ar dochais, eadhon  
slaint ar n anama.

Anis nuair tha sinn a' tionsgnadh air là eile,  
tha sinn a' guidhe', O DHIA, gu bi do thear-  
na', do stiura', 's do bheannuchadh againn  
trìd an iomlan deth. Biodh ar smaointe, ar  
briathra, 's ar gnìomha, gu leir air an riaghla'  
leatsa. Biodh fuath againn do gach ni tha  
fuathlach leatsa, agus tlachd do gach ni sam  
bheil tlachd agadsa; a' deana' do thoil, no ga  
fulang, 's a' feitheamh ri d' shlainte trìd JOSA  
CRIOSD ar TIGHEARNA.

Nuair tha sinn a' dol amach feadh saog-  
hail, anns am bheil mìle cunthart agus buaire  
'gar cuartachadh air gach taobh, tha sinn a'  
guidhe' nach fàg thusa sinn gu'r stiura' fein,  
's nach leig thu dhuinn a bhi air ar glacadh ann  
an rib a pheacaidh. Gu robh DIA mar ghrian  
agus mar sgia dhuinn an diugh, 's gu deanadh  
a Spiorad ar coimhead o shlighe gach buai-  
ridh! Gu robh sinn gu sonraicht air ar  
coimhead o gach peaca leis an usa na cheile  
iadha' mu'r tiomchiol, a chum as nach faigh  
ar namhaid oirn fà no cothrom!

Soirbhich leinn, tha sinn a' guidhe', ann  
an gnothaichibh an là so, agus na seachduine.  
Deonuich, ann ar n uile dhreuchd agus obair,  
gu gluais sinn maille riutsa; 's nar n uile  
ghnothaichibh ri daoine, gu dean sinn rìusan  
mar bu mhaith leinn iadsan a dheana' ruinne;  
's mar is cubhaidh do luchd aidmheil a chreid-

eimh sin tha teagasg dhuinn gach uile mhi-dhiadhachd is aumianna saoghalt aicheadh, 's a bhi measarra, cothromach agus diadhaidh. An' sin gabhaidh sinn misneach gu beannuich thus' ar saothair, 'sgu daighnich thu obair ar làmhán.

Nà leig dhuinn, tha sinn a' guidhe', bhì uair sam bith co mor air ar buaire' le gnoth-aicibh is curam na beatha so, 's gu dean sinn dearmad air an aon ni fheumail, slaint an anama neo-bhasmhor. A Dhia cuidich leinn so a chuimhneacha' leis a churam is leis an dùrachd is mò; a chum asnuair thig oi'che bhais, gu bi misneach laidir againn gu dùisg sinn gu sonas bithbhuan.

O Thusa ghabh curam dhinn feadh na h oi'che chaidh seachad, 's a thug comas duinn cruinneacha' le cheile aig cathair nan gras air maidin an là so, tha sinn a' guidhe' gu dean thu fair' oirn mar an ceudna fad oi'che bhais agus cadal na h uaighe, 's gu taisbeanar sinn le gairdeachas, gun aon againn air chall, aig cathair na glòir air maidin na h aiseirigh!

Seall, a DHIA, ann an iochd air an iomlan do d' theaghlach mor air thalamh; is fiosraich cor gach neach, a reir am feum fa leth. Bi ann ad charaid d'ar cairdibh; thoir maitheanas d'ar naimhdibh; is meudaich gràs do na h uile dhaoine. Faightheadh an soisgeul tuille buaidh, is thugadh e math tuille toraidh. Faicear gu h araid, a thoradh ann an giulan gach aon

againne.—Na nithe so, 's gach ni eile chi thus' iomchuidh air arson, tha sinn a' guidhe' ann an ainm aon Mhic do ghraidh, ar TIGHEARNA; a theagaisg duinn a radh, *Ar n Athair ata air neamb,* &c.

---

## II. *Urnaigh Fheascair, arson Teaghlaidh.*

O THIGHEARNA DHIA! is tusa Rìgh nan rìghrean agus Tighearna nan tighearnan; tha do rìoghachd oscionn na h uile rìoghachd, is t uachdranachd o linn gu linn. Tha thu neo-chriochnach ann an glòcas, ann an cumhachd is ann an trocair: is tu uime sin steidh dochais chlainn nan daoine. Co ionsuidh theid sinne ach do t ionsuidh-sa; oir is tu ambain o'n tig ar cobhair?

Gu ma beannuichte gu robh t ainm, ge d' thia thu air t ardachadh oscionn cliu agus smaointe nan aingeal, gidheadh gu bheil thu ag amharc oirne, tha ni's lugha na chuid is lugha do d' throcair, 's a' toirt misnich dhuinn teachd am fagus duit, trid JOSA CRÌOSD an t Eadar-mheadhonair, a dh'iarruidh trocair agus grais a reir ar feum.

Air a sgà-san, O Athair neamhaidh! tha sinn a' guidhe' maitheanais ar n uile pheacaidh, lionmhor agus antromach mar ata iad. Tha sinn le bròn gan aideachadh ann ad lathair: a' caoidh aingeachd ar cridhe, 's eaceartan ar coluadair agus ar giulain. Ach co thuigeas a

sheachrain! saor thusa sinn, a THIGHEARNA, o'r n uile lochdaibh, agus tearuinn sinn o'r truaighe.

Bitheadh, tha sinn a' guidhe', cumhachd a pheaca dh air achlaoidhan' taobhastigh dhinn, agus coghnadh air thoirt duinn o d' Spiorad gu cathuchadh an' aghaidh na h uile peacadh agus buaire; gus am bi mothacha' solasach againn gu bheil sinn air dol as o bhàs gu beatha.

Deonuich gu bi ar creideamh gach là a' dol ann meud; 's gu bi sinn a' sior-chur r' ar creideamh cruadal, eolas, measarachd, faighidin, diadhachd, gradh brathaireil, agus seire: air chor as nach bi aon neach againn mi-tharbhach ann an obair an TIGHEARNA. — Cuidich leinn bhi durachdach agus eudmhor gus na h uile deagh obair: a' meas gur e beatha agus solas ar n anama, bni cosail ri CRIOSD, ciuin, macant', naomha; 's a' sior-dheana' maith, a reir ar cothrom agus ar comais: air chor as gu feud gach aon againn a radh, gu bheil a bheatha ta aige san fheoil trid creideimh ann am Mac DHIA, a ghradhach sinn, 's a thug e fein seachad air arson.

O gu biodh ar cridheachan air an liona' do ghna le cuimhne thaingeil air a ghradh sin leis an do ghradhach E san sinn, a thug e fein air arson mar iobairt, a chum as gu faighemid sìth ri Dia agus slainte bhithbhuan. Nior leige' Dia gu dean peaca no buaire, o'n t saoghal, o'n fheoil, no o'n aibhisteir, ar

sgaradh gu brath o ghradh ar TIGHEARNA. Nior leige' Dia gu reic sinn air neoni, a' chòir a fhuair sinn air oighreachd shìorruith ann an rioghachd ar n Athar.

Tha sinn earbsach, O Dhia nach do chaoimhainn aon Mhac do ghraidh air arson, gu toir thu dhuinn maille risan na h uile ni eile bhìos feumail, 's nach treig thu gu buileach no gu brath sinn. O dean ar dion agus ar stiura' roi' gach cunthart agus caochla ta 'sa bheatha so, air chor as nach caill sinn ar n ionracas agus nach failnich ar dochas, no gu tig aon neach againn gairid air a' ghloir sin a dh' ulmhaich thu arson do phobuil.

Bi trocaireach, a Dhia, do 'n t soaghal thruagh so, 's beannuich gach sluagh air thalamh. Greas an là anns an eirigh Grian na fireantachd air na rioghachdaibh dorcha sin ata fathasd fo sgaile bàis agus aineolais; a chum as gu bi Josa 'na sholus do na Cinnich uile, 's 'na ghloir do d' shean phobul Israel.

Beannuich gu h araid na rioghachdan so dam buin sinne. Buanaich leinn ar sochairean lionmhor agus aghor, ge nach 'eil sinn airidh orra, 's teagaisg dhuinn buil ni 's fearr a dheana' dhiu na rinn sinn, a chum do ghloirsa. — Tha sinn a' cur ar cairdean 's ar luchd-dàimh gu sonraicht air do churam; 's a' guidhe' gu faigh iad do bheannacha. Beannuich, a DHIA, an teaghlach so, 's thoir do gach aon againn gras anis, agus gloir 'na dheigh so.

Maille ri'r n urnaigh, tha sinn, O DHIA



nan uile ghras, ag iocadh dhuit ar buidheachais, arson na h uile ni ta againn, 's arson na h uile ni ta suil againn ri fhaotainn. Tha sinn a' toirt buidheachais duit arson ar cru-thachaidh; gu d' rinn thu sinn 'nar creatuiribh reasont agus neo-bhasor; comasach air do chliudhacha' san t saoghal so, 's air do mhealtuinn gu siorruith ann an saoghal eile. Buidheachas duit arson a churam a ghabh thu dhinn fad ar beatha, 's gu h àraid feadh an là chaidh seachad. Ghleidh thu sinn 'nar dol amach is 'nar teachd asteach, is bha thu leinn o'n mhaidin gu ruig an t anmoch. Thearuinn thu sinn o gach cunthart agus gàbha', 's thug thu slainte, trusgan agus teachdantir dhuinn. Ach thar gach nì, tha sinn gad chliudhachadh arson saorsa 'n t saoghail trid do Mhic; arson meadhona nan gras, agus duil ri slainte bhithbhuan.

I àn do thaing arson a mhaitheis mhoir a dheonuich thu dhuinn; tha sinn anis gar toirt fein gu soleimnte suas duit, is gar cur trid na h oi'che so air do churam. Dean a nochd faire os ar cionn, O THIGHEARNA, 's dion ar n aite cònuidh o aimhleas. Luidhemid asios ann an reite riutsa, 's biodh ar smaointe maille riut an uair a dhuisgeas sinn. Gach là is oi'che d'ar turas air thalamh, bi thusa maille ruinn, is gabh sinn fadheoidh asteach do t aros gloirbhor air neamh. So tha sinn a' guidhe air sgà Josa CRIOSD, ar n aon-fhearsaoruidh agus ar n ard-shagart, d'an robh,

maille ris an Athair agus ris an Spiorad naomha, gach cliu agus urram anis is gu siorruith. *Amen.*



### III. *Urnaigh Mhaidne, arson Teaghlach.*

**O** DHE shiorruith agus uile-chumhachdaich! is tusa tobar gach bith, gach buaidh, agus gach beannachd. Tha t ainm ard agus ion-mholta, tha do mhorachd do-rannsachaidh, 's cha'n fheudar le neach air bith do thiolacan aireamh, no do mhaitheas innseadh. Cionnus mata is urra sinne chur an' ceill, creatuircan aig an bheil ar stèidh anns an duslach?

Gidheadh, mar a thug thu misneach dhuinn teachd am fagus duit le aoradh, tha sinn air maidin an là so gar taisbeana' fein ann a t fhianuis, a' guidhe gu buanaiche' tu leinn na tiolaca ta againn, 's gu tuga' tu dhuinn na chi thu fathasd feumail.—Ach cia leis a thig sinn am fianuis an 'TIGHEARNA, 's cionnus a strìochdas sinn sinn-fein air mhodh taitneach an' lathair an Dia is airde? Cha'n fheud sinn, **O DHIA**, teachd am fagus duitsa mar chreatuirc neo-chiontach, no trocair sam bith iarruidh arson ar fireantachd fein; oir chaidh sinn gu leir air seachran, is thainig sinn gairid air do ghloir. Ach tha sinn a' teachd do t

ionsui' trid JOSA CRICSD an t Eadar-mheadhonair, 's a' guidhe trocair air a sgà-san.

Mar chreatairean reasont' agus neo-bhàsor, comasach air sonas siorruith a mhealtuinn, tha sinn a' guidhe, oecioun na h uile nithe, gu bi thu fein ad chuibhrionn is ad DHIA dhuinn. Tha fios againn nach urra nithe faoin agus diombuan an t saoghail so ar n anama neo-bhasor a slàsucha; 's air an aobhar sin tha ar n anam an geall air an DIA bheo, tha mhàin comasach air ar dean a' sona gu siorruith. As eugais DHIA, tha ar staid san t saoghal so truagh, 's ar dochas a thaobh saoghail eile ro-eagalach: ach ma bhios DIA leinn, feudaidh sinn a bhi toilichte, ciod air bith ar staid san t saoghal so, agus sealtuinn romhainn le gairdeachais gu saoghal eile.

Is mar bu mhaith leinn gu biodh tusa 'nad chuibhrionn is 'nad DHIA dhuinn, tha sinn a' guidhe gu bi sinn air ar deanadh iomchuidh air an t sonas mhor so, 's gu bi ar n uile pheacaidh air am maitheadh dhuinn air sgà iobairt uile-fhoghantaich ar Fìr shaoruidh. Air a sìon-sah, tha sinn a' guidhe gu glan thu ar n easantas air falbh mar neul, agus ar n aingeachra mar neul tiugh as t fhianuis, air chor as nach cum iad uainn solus do ghnuis, is nach bac iad cùrsa do throcair.

Air dhuinn bhi mar so reidh ri DIA trid JOSA CRICSD, tha sinn a' guidhe gu bi sinn as so suas air ar coimhead ann ad' fhàbhar, agus air ar deana' comasach air gluasad anns na h

uile nithe mar is cubhaidh do chlainn DE:  
 O! neartuich thus ar n anfhainneachd, is  
 cuidich sinn le d' dheagh Spiorad gu bhì  
 faicilleach mu'r giulan, is curamach gu fuath  
 thoirt do na h uile peaca. Claoidh fein le d'  
 Spiorad cumhachd a pheacaidh an taobh astigh  
 dhinn, glan ar cridhe, naomhaich ar natur,  
 thoir sìth d'ar coguis, is meudaich ar n  
 aoibheas agus ar cofhurtachd ann an slighe t  
 aitheantan.

'Tha sinn feumail air gras gu 'r neartachadh;  
 air misneach gu 'r toirt air ar n aghaidh 'nar  
 dleasnas; air creideamh a thoirt buaidh air an  
 t saoghal 's air a bhuaireanna; air dochas  
 daingean agus faighidin a chum buanachadh  
 ann an toil DIA dheanadh agus a ghiulan gu  
 teachd ar crìche: 's co air am feud sinn na  
 sochairean so iarraidh, O THIGHEARNA, ach  
 ortsa, bheir do gach neach gu saibhir, 's nach  
 dean maoidheamh? O! daighnich, neartuich,  
 agus socruich sinn ann an naomhachd.  
 Gleidh sinn o thuiteam ann am buaire;  
 meudaich ar creideamh; is lion sinn le aoibh-  
 neas do-labhairt agus làn do ghloir, ann am  
 fradharc na gloir ònair agus neo bhasorachd  
 sin a thaisg thusa fa chomhair do luchd-  
 muinntir.

'S an uair a tha sinn an' tòir air na nithe  
 gloirmhor so, deonuich gu gnathaich sinn le  
 curam na meadhona sin a stiuras d'an ionsuidh.  
 Deonuich gu bi neamh agus siorruitheachd do-  
 ghna 'nar suil, is DIA do ghnàth 'nar cridhe.

Biodh ar smaointe, ar coluadar, agus ar giulan, mar is cubhaidh do'n t soisgeul, agus sinn-fein mar sheirbhisich dhileas, eudmhor mu dheagh oibre. Biodh ar caithe-beatha ann an gradh, is iomhaigh ghradhach ar TIGHEARN air a tarruing air ar cridheachan; a chum as le bhì cosail rìsan air thalamh, gu meal sinn air neamh a rioghachd.

Ach am feadh ata ar cònuidh anns a' chòlainn, tha fios agads', O DHIA, gu bheil ar cuirp, mar ata ar n anama, feumail air do fhreasdal is air do churam. Thoir dhuinn air an aobhar sin, tha sinn a' guidhe, an tomhas a chi thu iomchuidh oirn do slainte, do theachdantir, is do shochairibh na beatha so; oir is tusa Fear-deilbh ar cuirp, mar is tu Athair ar spiorad. Gu ma beannuichte gu robh t ainm arson gach tiolac a dheonuich thu dhuinn cheana. 'S tu ghleidh ar corpa basmhor beo, 's a shaor iad gu tric o'n easlaintibh; air chor as ge do bha sinn buailteach gu bhì air ar bruthadh leis a chruimh, gu bheil sinn, le curam ar DIA, air ar coimhead beo gu ruig an uair so.

Gu ma beannuichte gu robh t ainm gu sonraichte, arson tàimh agus tearuinteachd na h o'che chaidh seachad, is arson na sìth is an t solais leis an bheil sinn anis cruinn mar rheaghlach ann ad lathair. Tha sinn a' guidhe' gu buanaich thu leinn do fhreasdal, 's gu toir thu dhuinn slainte cuirp agus subhachas inntin, a chum as gu biodh mid iomchuidh gach am

arson do sheirbhis. Deonuich gu gleidh sinn ar cuirp do ghnà ann an glaine, ann am measarrachd, ann an geannuidheachd, ann an naomhachd is ann an anoir, mar theampuill do 'n Spiorad naomha.

Tha sinn a' guidhe, maille ruinn fein, gu beannuich thu an cinne-daoine gu leir, 's gu meal iad anns gach aite sochairean aghor an t soisgeil. Beannuich gu sonraichte ar rìgh, ar duthaich, ar cairdean 's ar luchd-gaoil. Gabh truas do staid nan uir'easach agus nan easlainteach: thoir cofhurtachd do 'n mhuintir a tha ri bron, is cò, hna do 'n mhuintir a tha fo' bhuaire. Thigeadh osnagh a phrìosanaich ann ad lathair, is cum bàigh ris a' bhantr'aich is ris an diileachdan.

O Athair nan uile theaghlach agus Ughdair nan uile bheannachd! beannuich an teaghlach so, agus gabh air do churam gach aon ata ann, beag is mor, sean agus òg. Biodh ceannardan, clann, agus seirbhisich, air an comhairleachadh, air an stiuradh is air an tearnadh leatsa, feadh an là so. Cuidich leinn obair gach là chur seachad 'na thrà fein, 's a bhi gach uair rèidh fa chomhair bàis breitheanais agus bith-bhuantachd. 'So nach 'eil fios againn ciod a dh' fheudas teachd gu crìch le aon là, tha sinn air an là so gar n earbsa fein riutsa, eadar chuirp agus anama, 's gar cur fein is gach ni bhuineas duinn fo stiuradh is fo churam do fhreasdail, trid JOSE CRIBD, o'n d' ionnsuich sinn a ràth, *Ar n Athair ata air neamb, &c.*

### III. *Urnaigh Fheascair, arson Teaghlaich.*

**O** DHE ghloirmhoir, bheannuichte, mhaith! is tusa 'n Rìgh sìorruith, neo-bhasmhor, agus neo-fhaicsinneach, aig am bheil do chònuidh ann an solus, nach feud suil bhasmhor fhaicinn 's a bhi beo. Ann ad shealla-sa cha'n 'eil neamh agus talamh ach mar neoni, 's na sloigh a tha gan aiteacha' mar neoni is mar dhìomhanas. Gidheadh tha thu gad' irisleacha' fein a dh'amharc oirne, 's a' toirt fanear gach aon againn, mar nach biodh creatuir sam bith an' earbsa riut ach sinn fein. O'n aingeal is airde gus a chnuimh is dìbli, cha 'n 'eil ni no neach nach èil air an toirt fanear leatsa. Tha thu gu sonraicht a' toirt fanear na muintir sin aig am bheil spiorad iriseal agus umhal, 's a tha 'g iarraidh teachd dlù dhuit trid an Eadar-mheadhonair.

Gu ma beannuichte gu robh t ainm a dh'ulmhaich a lcithid so do rathad arson chreataire peacach mar sinne; air chor as ge nach feudamaid seasamh ann a t fhianuis 'nar fireantachd fein, gidheadh trid fireantachd neach eile, eadhon Josa, gu bheil comas againn teachd am fagus duit le muinighìn clainne. O! bi trocaireach ruinne air a sgà-san; gabh ruinn anis mar a luchd-muintir, is labhair sìth ruinn.

Tha sinn anis, O DHEA, air crìch la eile

ag teachd a chliudhachadh do mhairthis, a bha leinn o'n mhaidin gu ruig an t anmoch. Fiosrach air ar laigse fein, is air an fheum tha againn do ghrà air curam is cuideacha DHIA dh' earb sinn sinn-fein riut anns a' mhaidin, gun fhios ciod a dh' fheudadh aon là a thoirt mu 'n cuairt: 's a nis, air dhuitsa curam a ghabhail dinn 'nar dol amach 's 'nar teachd asteach, 's ar toirt an' tearuinteachd 's an' cofhurtachad trid an là, tha sinn le cridheachaibh làn do thaing, gar striochda' fein ann ad lathair, a thairgse' dhuit ar n iobairt bhuidheachais.

'O gu biodh ar n anama air an dùsga' gu cliu thoirt duitsa mar is còir, arson lionmhoireachd is saibhireachd do thiolaca! Tha gach maidin a' toirt duinn dearbhaidh air do ghradh, is tha gach o'che toirt fios duinn' air do dhilseachd. Tha ar sochairean aimsireil agus spioradail oscionn àireimh, a thaobh na beatha tha lathair is na beatha tha ri teachd. Is mor na nithe tha againn, agus is mò na sin na nithe ris am bheil ar dochas.

Nuair tha do throcair, O DHIA, co mor dhuinn, cò nach measadh gu biodh giulan gach aon againn mar bu chubhai' do chlainn DE? Ach an' aite so, bha sinn cò failneach is co ceannairceach, as gu bheil aobhar againn naire bhì oirn sinn fein a thaisbeanadh ann a t-fhianuis.—O cia lionmhor peaca 's failinn tha fathasd ceangailte ruinn, leis am bheil sinn air ar tarruing air falbh uaisa! Cia dichuimh-



neach sinn air do ghradh is air do mhaitheas;  
 cia neo-mhothachail sinn air do chaoimhneas!  
 Cia faoin ar smaointe; cia fuar agus neodhi-  
 aidh ar naigne; cia laidir agus neo-chlaidht  
 ar n an-mianna; 's cia beag buil a thug sinn  
 riamb as ar n ùine, as ar talantaibh, agus as  
 ar cothromaibh! Tha sinn, O THIGHEARNA,  
 'gar n irisleacha' fein aig stòl do chois, 's ag  
 guidhe' gu bì maitheanas air ùracha' dhuinn,  
 agus t iochd air-à bhuanacha' leinn, air sgà  
 Josa CRIOSD ar Tighearna.

An diugh, ma rinn sinn ni sam bith cosail  
 ri daoine aig nach 'eil DIA anns an t saoghail;  
 ma bha ar giulan ann an ni sam bith neo-  
 iomchuidh no neo-fhaicilleach; ma thug sinn  
 masla' dar creideamh, oilbheum dar coimh-  
 earsnach, no lot d'ar n anama fein, O!  
 deonuich dhuinn, tha sinn, a' guidhe, maithe-  
 eanas, trid toilteanas fala CHRISD.

Tha sinn gu durachdach a' guidhe' gu druid  
 thu nis ar cridheachan riut fein, 's gu daighnich  
 thu sinn ann an ceumaibh ar dleasais. Is e ar  
 rùn, le coghna do ghrais, gu bì ar giulan as  
 so suas ni's faicilliche, 's gu caith sinn ar  
 beatha do reir stiuraidh do Spioraid, riagh-  
 ailt an t soisgeil, is eisempleir ar THIGHEARNA.  
 O gu biodh ar rùn so air a ghleidhe' beo do  
 ghnà 'nar n anamaibh, le oibreacha' treun do  
 Spioraid!

Deonuich, O DHIA, gu saothairich sinn  
 ni's mò 's ni's mò anns an obair sin a dheana'  
 gus an deachaidh ar cur ionsuidh an t saoghail;

am feadh a bhios ar n ùine, ar cothrom, agus ar comas air am buanacha' leinn. O cuidich leinn giorrad agus neo-chinnlichead ar n aimsir a gbleidhe' do ghnà 'nar n aire, 's na h uile dicheall a dheana' gu deasachadh arson siorruitheachd; air eagal as mar tha oi'che 'n deigh oi'che 'gar toirt ni's dlùithe gùr crìch, gu glac oi'che bàis sinn mu dheire mu'm bi sinn ullamh. Nior leige' DIA gu leig sinn mar so seachad ar n ùine 's ar cothrom, no gu dealruich a sholus oirn an' diomhain.

An' aite so, gu ma h ann a bhios ar n anama do ghnà air an liona' le gradh do DHIA arson a throcair ann an CRIOSD; an gradh sin a bheir oirn bhi toileach ni sam bith a dheana' no fhulang, air a shon-san a rinn agus a dh' fhuiling na h uirread a chum sinne shàbhaladh. Deanadh cuideachd an dochas ata againn ri gloir an t saoghail eile, ar n inutin a thogail oscionn nithe suarrach agus diombuan an t saoghail so: 's deanadh earbsa laidir as do fhreasdal, O DHIA, ar cridhe' chumail socair anns gach staid, agus strìochdta dhuit fein; làn-chinteach gu bheil fios agadsa ciod is fearr dhuinn, 's gu bheil thu ag cur air aghaidh ar leas, ge nach leir dhuinn fein cionnus. Deanadh smaointeachadh air t uilfhiosrachadh is t uile-lathaireachd a thoirt oirn faicill a chumail air ar cridhe, ar cainnt, is ar giulan, fa chomhair sùl ar n Athar, ar DIA, ar fianuis, agus ar Breithe'. Mar so

gleidhidh sinn ar dochas, agus bidh ar duil ri trocain air là an TIGHEARNA.

Na sochairean sin a tha sinn a' guidhe dhuinn fein, O Athair neamhaidh, deonuich iad mar an ceudna do dhaoin' eile. - Gu robh ar n uile cho-chreatuirean air am beannacha' le DIA! Gu robh a shlighe aithnichte air thalamh, 's gu robh soisgeul na slaint air a chraobh-sgaoileadh!

Beannuich na h uile Christuidhean, gu hàraid 'nar tìr-dhuthaich. Deonuich gu giulain gach neach e-fein gu h iomchuidh, ciod air bith inbhe no dreuchd anns an do shuidhich-eadh e le d' fhreasdal. Biodh eagál DIA anns nà h uile luchd-riaghlaidh, is thugadh iad sampla maith do 'n mhuintir a tha fo'n ughdaras. Biodh aodhairean curamach gu'n treud a bheathacha', 's an treud toileach gu bhì air an stiuradh. Biodh iadsan a tha saibhir truacant agus iochdmhor, a chum as gu faigh iad beannachd nam bochd, 's gu bì tlachd aig Dia na'n soirbheacha.

Gabh uainn anis, O DHIA, ar n iobairt fheasgair, is gabh curam do gach aon againn trid na h oi'che. Bi ann ad' bhalla teine mu thiomchiol ar n aite cònuidh, is cuir t aingil mu'n cuairt d'ar leabaidh. Dion sinn o uabhasaibh n h oi'che, 's gleidh sinn o bhruadair eagalach. Thoir dhuinn cadal ann an sìth, agus dùsgadh ann an slainte, a chum as gu cuireamaid an' ceill do chaoimhneas graidh 'sa mhaidin. Anns an dochas so, do t

ainmsa, O Athair, a Mhic, agus a Spioraid naomh, an t aon DIA, gu robh gach cliu agus urram, anis is gu siorruith. *Amen.*

---

IV. *Urnaigh Mhaidne, arson Teagblaich.*

**O** DHE ghloirmhor agus naomha, a chruthaich an domhan 's a tha do ghnà 'ga riaghladh is ga chumail suas! tha sinne le urram diadhaidh a' tairgse' teachd am fagus duit air maidin an ló so, chum do chliudhachadh mar ar Crutha'ear is ar n ard fhear-comaine, ar fear-tearaidh agus ar fear-saoruidh. Tha ar bith agus ar beatha, O Dhia, ann ad laimh, is tha do fhreasdal caomh a' gabhail curam dhinn anns gach àm is anns gach ionad. Cha'n 'eil là no oi'che, moch no anmoch, nach 'eil a' toirt mìle dearbhaidh dhuinn air do throcair is air do mhaitheas.

Is e do fhreasdal, O Athair neamhaidh, a chum tearuint' agus beo sinn trid na h oi'che chaidh seachad; air chor as gu bheil ar teaghlach aon uair eile cruinn, ann an subhachas is ann an slainte, aig stol do chois. Ghleidh thu ar n aite cònuidh o dhosgaich agus o chunthart, ar cuirp o thinneas agus o phéin, 's ar n anama o uabhas agus o eagal. Nuair a bha moran eile air an luasga' null 's a nall gu teachd na maidne, 's air am buaire' le aisingib: na h oi'che, fhuair sinne tàmh ann an

tearuinteachd is dùsgadh ann an sìth, air ar cuartacha' le caoimhneas ar DIA 's le soch-airibh na beatha so.

O cia mòr, a DHIA, do mhaitheas duinne; cia lionmhor dhuinn do thiolacan! Tha sinn 'a tairgse' do ghradhachadh agus do chliudhachadh arson gach maith a dheonich thu dhuinn cheana; 's a' deana' bun as do throcair arson gach ni air am bheil sinn fathasd feumail. Tha sinn a' tairgse' bhì umhal agus strìochdta do d' thoil, 's a bhì taingeil agus toilichte le nì sam bith a dh' orduicheas tusa' nar crann-char.

Tha sinn ag iarraidh sinn fein, is gach nì bhuineas duinn, a thoirt suas duitse, 's a chur trid an lá so, 's fad uile láithe ar beatha, air do churam.—Ach ciod sinne gu tugadh DIA fanear sin?—An uair a chuimhnicheas sinn gu bheil ar peacanna co lionmhor agus a cionta co mòr, 's ann a dh'f heudas eagal a bhòirn nach dean an Tì a rinn sinn iochd oirne is nach nochd an Tì dhealbh sinn duinn a bheag do throcair.

Ach gu ma beannuichte gu robh t ainm O DHIA, nach d'fhág thu sinn gun dochas is gu bheil misneach againn fathasd dluthachairiut, trid JOSA CRIOSD, aon mhac do ghraidheir. Air a sgà-san, O dluthaich thusa ruinne chur ar beannachadh. Tog dealra do ghnuis air ar anama; thoir dhuinn mothacha gu bheil ar peacaidh air am maithe' dhuinn, is labhair sìth rinn. A reir saibhreis do throcair aunsan, ùraic

dhuinn maitheanas ar peacaidh, is na cuimh-  
nich ni's mò ar n aingidheachd.

Tha sinn lán-mhothachail, O DHIA, gur e  
ar dleasnas, agus ar leas, ar n uile aimsir a  
bhuileacha' chum thus' a ghlòrachadh, agus  
ar naomhacha fein a chur air aghaidh: agus  
air an aobhar sin, tha sinn a' cur romhainn as  
so suas uile làithe ar turais air thalamh a  
chaitheadh ann a t eagalsa, do reir riaghailt  
agus teagaisg an t soisgeil. A chum na crìche  
so, thoir dhuinn, tha sinn a' guidhe', gràs agus  
còghna maith do Spioraid. Thusa nach do  
chum uainn t Aon-mhac, tha sin earbsach,  
maille ris, gu toir thu dhuinn na h uile ni eile  
bhios feumail. O stiur sinn ann an slighe ar  
leas agus na firinn, is cuidich leinn buan-  
achadh innte gu teachd ar crìche.

Buidheachas do Dhia arson an aisempleir  
naomh a dh' fhàg ar Slanui'ear beannuicht  
againn, a chum as gu leanamaid a cheuma.  
Trid docair agus socair tha sinn ag iarraidh  
leantuinn risan: a' guidhe' gu bitheamaid air  
ar riaghladh le a lagh, air ar stiuradh le a  
Spiorad, 's air ar neartacha' le ghràs. Mar a  
tha sinn gar n ainmeacha' fein airsan, na biodh  
comunn air bith againn ri peaca no ri peac-  
aich: seachnamaid slighe nam misgeach agus  
nam macnusach, nan sanntach agus nan  
saoghaltach, nan dioghaltach, nan carach, a-  
agus nan cealgach; is bitheamaid ciuin agus  
seirceil, iochdmhor agus iriseal, naomh agus  
neo-choireach, cosail r'ar maighstir. Ionn-

suichemid uaithean ar n uile dbleasnas, a thaobh DHIA agus dhaoine, chur air aghaidh le h eud agus le curam, riaghailt a ghleidheadh oscionn ar spioraid fein, 's a bhi reidh do ghnà arson saoghail eile.

Tha sinn anis gar fagail fein air do churam, O DHIA, trid an là so, 's a' tairgseadh ar n uile ghnòthaiche, 's ar n uile ghiulan a stiura, mar is cubhai' dhoibhsan a tha fa chomhair do shùl-sa. O na leig dhuinn ni sam bith a dheanadh, a bhios an' aghaidh ar n urnaigh agus ar n aidmheil, no dh' fheudas ar sgaradh o chaoimhneas graidh ar TIGHEARNA.

Soirbhich leinn, tha sinn a' guidhe, 'nar n uile ghnòthaichibh laghail. Am feadh a tha gnothach againn ris an t saoghal so, tha sinn earbsach gu toir do fhreasdal duinn gach là na nithe sin a ghi thu iomchuidh air ar staid: is mar tha gnothach againn gu sonraichte ri saoghal eile, a mhaireas gu siorruith, tha sinn earbsach gu dean do ghras ar deasacha' gach là ni's mò 's ni 's mò fa chomhair.

Bi trocaireach do luchd-aiteachaidh an t saoghail, is e gaoil rioghachd do Mhic air feadh gach ionaid. Beannuich na rioghachda so d'am buin sinne, 's daighnich ann am fireantachd ri-chathair ar n uachdarain. Comhairlich luchd a chomhairle, chum as gu cuir iad air aghaidh leas aimsireil agus spioradail nan iochdaran. Biodh do shagairt air an sgeadacha' le naomhachd is le slainte, chum 's gu bi aobhar gairdeachais aig do phobul.

Tha sinn ag earsba' ruit ar cardean; 's a' guidhe' nach dean beatha no bàs sinne no iadsan a sgaradh o ghradh an Tighearna. Thoir maitheanas d'ar naimhdibh; is cuidich leinne maitheanas a thoirt o'r cridhe; a' beannacha' na muintir a mhallaicheas sinn, 's a' deana' maith air a mhuintir a ni eucoiroirn.—Taisbein do throcair do gach neach ann am pèin, ann am bron, ann am bochduinn, no ann am buaire. Iompaidh am peacach, thoir maitheanas do 'n aithreach, aoibhneas do 'n naomh, is cofhurtachd do luchd a chridhe leonta.--- Fiosruich, fuasgail agus cobhair air gach neach, a reir am feum, aimsireil agus spioradail.--- So uile tha sinn a' guidhe' trid Iosa CRIOSD, a theagaisg dhuinn a ràdh ann ar n urnaigh, *Ar n Athair ata air neamh, &c.*

#### IV. *Urnaigh Fheasgair, arson Teagblaich.*

○ DHIA ghloirmhoir, aig am bheil do chonaidh ann an sòlus! tha 'n o'che 's an là co-ionan duitsa: cha'n urra dorchadas no sgàile bais luchd-deanaidh na h aingeachd fhalach as do shealla; tha diomhaireachd a chridhe aithnichte dhuit, agus is leir dhuit uile smaointe chlainn nan daoine. 'S ann le eagal naomh agus le urram a bhùineas duine, air an aobhar sin, teachd gu t fhianuis, O DHIA uile-lathairich, uile-leirsnich, agus uile-fhios-



raich. Na bi ullamh, tha sinn a' guidhe, gu'r peacaidh a chomharacha' nar n aghaidh, ach gabh ruinn gu trocaireach, air sgà do ghrais ann an Iosa CRIOSD.

Air crìch là eile tha sinn anis, O DHIA, ag iarraidh cliu thoirt duitsa thug tearuinte, d'a thrìd sinn. Chum do lamh suas sinn, ge nach robh sinn ga faicinn: ghabh do fhreasdal curam dhinn 'nar dol amach is 'nar teachd asteach, is bhunaich thu leinn ar sìth, ar sochairean agus ar slainte. Gu ma beannuichte gu robh DIA, ata gach là gar cuartacha' le shiolacaibh, 's a' lionadh ar n anama le mhaith-eas!

Cia iongantach, O DHIA, do mhaith-eas duinne, clainn nan daoine! Tha thu toirt duinn nan aingeal gu'r dìon, 's nan creatuirean is ìsle gu fritheala' dhuinn: tha thu toirt duinn t fhacail gu'r stiura', do Spioraid gu'r coghna', do Mhic gu'r saora', 's do rioghachd gu'r deana' sona. Gidheadh an' deigh so uile, cia beag taing, no graidh, no umhlachd a fhuair thu uainne, air an do bhuilich thu coilion sochhair? Tha aobhar againn, a DHIA, gach aon là sinn fein 'irisleachadh ad lathair, a dh'aid-eachadh ar failinn agus ar peacaidh. Cia di-chuimhneach sinn air ar DIA; cia dearmadach air ar dleasnas; cia beag buil a thug sinu as ar n ùine, 's cia beag curam mu shlaint ar n anama ann an saoghal eile!

Nuair a mhi-bhuilich sinn mar so do throcair, bu cheart-bhreitheach dhuitse, O DHIA, cha 'n

e 'mhain gach ni fhuair sinn cheana thoirt uainn, 's gach ri tha suil againn ri fhaotainn a chumail air ais uainn, ach mar an ceudna ar cuibhrionn a thoirt duinn ann am priosun truaighe, far am bheil gul, bron, agus giosgan fhiacall--O cia mor a tha sinn an' comaine DHIA, nach do bhain e ruinn mar a thoill sinn, ach gu bheil e fathasd gar gairm gu aithreachas, maitheanas, agus trocair. Dean glic sinn, O DHIA, gus an cothrom àghor a tha thu toirt duinn a dheagh-bhuileachadh, is tarruing sinn do t ionsuidh fein, trid CHRISD, le cordaibh graidh, 's le oibreacha' do spioraid.

'S mar bu mhaith leinn thar gach ni Thusa a thoileacha, cuidich leinn a chum na criche so, t aitheantan a choimhead le cridhe treibhdhireach, do reir na riaghailt agus an t sampluidh a thug ar TIGHEARNA dhuinn 'san t soisgeul. Thugadh mothachadh air ar n anfhainne fein oirn a bhi do ghna ri faire agus ri ur-naigh, is thugadh meud na duais ata air a cur m'arcomhair oirn a bhidùrachdach'nar spiorad, a' toirt seirbhis do'n TIGHEARNA. Deanadh an gradh iongantach a thug DIA dhuinn, ar cridheachan a liona' le teas-ghradh dhàsan, 's le gradh do na h uile dhaoine; a' deana' na h uile maith a dh'fheudas sinn d'an corp agus d'an anam. Mar dheisciobuil Phrionnsa na sìth, iarramaid sìth ris na h uile dhaoine: sìth ri'r naimhdibh, le faighidin fad-fhulangas agus saor-mhaitheanas; sìth ri'r cairdibh, le acar-

thachd agus le caoimhneas; sìth ri'r coguis fein le caithe-beatha neo-choireach agus naomha; 's thar gach ni, sìth ri DIA trid CHRÌOSD, le ùmhlachd thairis agus dhileas a thoirt d'a uile àitheantaibh.

Tha fios againn, O DHIA, gu bheil sinn air ar cuartacha' le iomad nàmhaid, is buailteach do mhìle failinn agus buaire. Air an aobhar sin, O Athair neamhaidh, na fàg thusa sinn uair air bith an' earbsa ruinn fein. Neartuich, naomhaich, agus stiur sinn le d' Spiorad, gus an ruig sinn ann an tearuinteachd crìch ar dochais, eadhon slainte ar n anama.---Gu ruige sin, tha sinn a' guidhe gu bi ar creideamh gach là a' fàs ni's làidire, ar n aigne ni 's neamhaidh, ar dochas ni 's airde, 's ar gradh ni's laiste.

Saor sinn o ro-churam an t saoghail, o an-dochas as do fhreasdal; 's o mbeomhur a dheana, mu ni sam bith 'nar crannchur. Cuidich leinn a chuimhneacha' gur ann arson siorruitheachd a chaidh ar cruthacha', 's gur ann mu shiorruitheachd amhain is cubhai' d'ar n anama a bhi fo churam. Biodh ifrinn agus neamh gu tric 'nar fradharc, a chum as gu toir gloir nan naomh is truaighe nan aingidh oirn neamh iarruidh le tuille durachd, is ifrinn a sheachna' le tuille faicill. Biodh fuaim na trompaid dheireannaich gu tric 'nar cluais, a chum as nuair a thig am breitheanus gun amharus, gu measar sinn iomchuidh arson seasamh ann an lathair a Bhreithe'.

'S mar tha sinn, oi'che 'n deigh oi'che, a' teachd ni 's dluithe do na nithe soleimnte so, O deonuich, a DHIA, gu bi ar n ulmhacha' do reir sin a' fàs ni's pailte. Bitheamaid gach là gar ceasnacha' fein ciod na mearachdan a leasaich sinn, ciod na peacaidh a threigh sinn, ciod na buaireannan air an d' thug sinn buaidh, agus ciod a bhuil a thug sinn as ar n uine 's as ar cothrom. Nuair a bhios sinn tòsdach air ar leabai' 's an oi'che, deonuich gu bi còradh againn r'ar cridhe fein mu thiomchioll nan nithe so. Gach uair a chuireas sinn d'inn ar n èideadh, 's a luidheas sinn asios air ar leabai, bitheamaid cuimhneach air an uair sin anns an cuir sinn d'inn a cholann thalmhaidh so, 's anns an luidh sinn an' leabai' na h uaighe; a chum as nach bi am bàs 'na uabhas duinn an uair a thig e.

O Athair na h uile! bi trocaireach do na h uile dhaoine. Saor gach céarna do 'n saoghal o aineolas, o aingidheachd, o iodhal-aora', 's o shao'-chrabha'. Cuir casg air ana-creideamh is ain-diachachd, is na leig le innleachd air bith soirbheacha' 'n aghaidh rioghachd do Mhic. Biodh a rioghachdsan oscionn gach rioghachd, is biodh ainm gu eiorruith beannuichte. Beanuich ar duthaich, ar rìgh, is ar luchd-riaghlaidh. Dean maith do neach air bith a rinn no dhùraichd maith dhuinn; 's thoir maitheanas do neach air bith a rinn no dhùraichd dhuinn eucoir. Thoir dhoibhsan seirc, 's thoir dhuinne tearuinteachd, 'nar cliu, 'nar maoin agus 'nar

pearsa. Bi 'nad chultaic do gach neach an' teinn, is bi dlu do gach neach an' ansho-cair.

Anis, O DHIA, tha sinne gar n earbsa' fein riut trid na h oiche so; a' guidhe' gu dean do fhreasdal faire tharuinne, 's gu campuich t aingil mu'r tiomchioll. Na leig le tinneas air bith bristeadh air ar fois, no le uabhas air bith teachd dlu dhuinn. Thoir dhuinn dusga maidne ann an sith, 's thoir dhuinn ann an siorruitheachd, air sgà' CHRIOSD, ar cuibhrionn anns a' bheatha mhairtheannaich.---Gu robh gradh DHIA an Athar, grasa slainteil ar Tigh-earn' Iosa CRIOSD, is co-chomun an'SPIORAID naoimh, leinne, 's le uile phobul DIA anis is gu siorruith. *Amen.*



#### V. *Urnaigh Mbaidne, arson Teaghlaich.*

O THIGHEARNA DHIA, uile naomha! tha sinne do chreatuirean truagh a' tairgseadh, air maidin an là so, teachd am fagus duit ann an ainm aon Mhic do ghraidh, a dh' iarrui' do throcair, is a dh' aideacha' do mhaithis. O deonuich, nuair a tha sinn a' teachd am fagus duit le'r beoil, nach bi ar cridheachan fuar no fada uait; ach gu toir sinn aora' dhuit ann an Spiorad is ann am firinn, leis na h uile urram diadhaidh agus muinighin.

Gu ma beannuichte gu robh t ainm gu d' thug thu tearuinte sinn roi' dhorchadas agus roi' chuntharta na h oi'che, 's gu bheil sinn beo air maidin eile, air ar cuartacha' led' chaoimhneas gradhach. Luidh, chaidil, agus dhuisg sinn; a chionn gu do chum DIA gu caomh suas sinn. Air an aobhar sin ni sinn ar n urnaigh riut gu moch, is thig sinn le'r n iobairt bhuidheachais 'na t fhianuis.

Tha fios againn nach DIA thusa le 'm miann an t olc, 's nach seas an t amadan ad' lathair; is air an aobhar sin tha sinn a' tairgseadh ar lamhan a nigheadh ann an neochiont, an uair a tha sinn a' gabhail os laimh t altair naomh a chuartachadh. O cruthaich fein annainn cridheacha glana 's ath-nuadhaich spiorada ceart an taobh astigh dhinu, a chum as gu biodh naid iomchuidh air teachd am fagus duitse, O a Rìgh nan naomh!

Tha sinn ag aideacha' gu d' fhuair ar n aingidheachd gu bitheanta buaidh oirn, 's gu d' fhàs sinn buailteach do d' dhiombsa agus do d' chorruch. Ach tha sinn a' guidhe', agus a' gabhail dochais, nuair a tha sinn a' pilleadh do t ionnsuidh le bròn agus le aithreachas, gu dean thu iochd oirn air sgà' Iosa CRIOSD, is gu deonuich thu dhuinn do throcair is do mhaitheanas. Gabh, tha sinn a' guidhe', ri 'r n aithreachas, ri 'r n aoradh, agus ruinn fein, air maidin an là so; oir tha sinn a' tairgse' sinn feinn thoirt suas duitse, an DIA d'am buin sinu; a chruthaich, a chean-

nuich, 's a chum beo sinn, 's aig am bheil, air an aobhar sin, coir oirn feinn agus air ar seirbhis.

Air an la so, tha sinn, O DHIA, 'gar cur fein air do churam; 's a' guidhe trid an iomlaid deth, gu faigheamaid stiuradh agus tearna' do fhreasdail. Tha sinn a tionsgnadh air la eile d'ar gnothaiche saoghail agus d' ar saothair; bi thusa maille ruinn anns na h uil' obair laghail, is cuidich leinn a' bhi dicheallach ionraic agus treibhdhireach, anns gach dreuchd agus inbhe 's an d' rinn do fhreasdal ar suidheachadh. Tha sinn a' tairgseadh thusa chur romhainn anns gach ball, agus a' guidhe' gu stiur tha sinn led' chomhairle, 's gu soirbhich thu leinn le d' bheannacha.

Tha sinn a' tionsgnadh air là eile do laithibh ar feuchainn agus ar feumalachd 'sà bheatha so; O cuidich leinn gach cothrom agus tàlant a chuir thusa 'nar-laimh a dheagh bhuidheacha', 's a bhi ni 's durachdaiche chum do ghloir fein is leas ar co-chreatairean a chur air aghaidh. Sruthadh ar n uile ghnìomharan o ghradh do DHIA 's o ghradh do dhaoine, 's na biodh mid ciontach ann an ni sam bith a thoilleadh achasan duinn o'r coguis air teachd na h oi'che.—A chum na criche so, gleidh thusa sinn o shlighe gach buairidh; no thoir dhuinn gras gu cathacha' 'na aghaidh, no dorus gu teicheadh uaithe. Cha'n 'eil earbs' air bith againn as ar neart fein; ach tha ar n earbsa gu leir, O DHIA, a' coghna agus

gràs do Spioraid, trid Iosa **CRIOSD** ar  
**TIGHEARNA**.

Tha sinn a' tionsgnadh air là eile do laithibh ar cùram, 's gun am fios is lugha againn ciod a dh' fheudas tuiteam amach no tochairt duinn d'a thrìd. Ach tha fios agads', O **DHIA**, air na h uile nithe, oir tha iad uile fo d' stiuradh: is air an aobhar sin tha sinne 'g iarraidh gun bhi ro-churamach no iomguineach mu ni sam bith, ach anns na h uile nithe, le urnaigh agus le achuine, bhi deanadh ar guidhe aithnichte dhuitsa. O! ma 's e do thoil e, thoir dhuinn dol roi' an là so ann an sìth agus ann an cofhurtachd, le dealra do ghnuis air a thogail air ar n anamaibh. No, ma chi thu iomchuidh trioblaid no deuchainn sam bith a leige' nar rathad, deonuich gu bi gach ni thachras duinn air a naomhacha dhuinn, gu sealbhuich sinn ar n anama le faighidin, 's gu bi cofhurtachd an **SPIORAID** agus sìth **DHIA**, trid Iosa **CRIOSD**, a' tior ghabhail cònuidh an' taobh astigh dhinn.

Tha sinn a' tionsgnadh air là eile, a bheir sinn an uirread sin ni 's dluithe air an là dheireannach is air an t siorruitheachd sholeimnte sin a thig 'na dhiaigh: O teagaisg dhuinn ar n uile laithean àircamh, a chum as gu socraichemid ar cridheachan air fìor ghliocas! Cuidich leinn dleasnas gach aon la a dheana' 'na là sein, is buanacha mar sin gu treibhdhireach gus an tig ar n atharracha. Cuidich leinn gu h araid a bhi fad an là so ann a t eagal



is ann a t fhabhar, 's ar n uile smaointe, bhriathra, agus gnìomhara bhì chum do ghloir. O! na ceil oirn do throcair, no mothacha solasach air do lathaireachd. Deanadh do fhreasdal an diugh ar dìon, do SPIORAD ar stiuradh, agus do ghras ar coghnadh!

Maille ruinne, biodh uile theaghlaiche na talmhainn air an toirt gu eolas an aon DIA, 's aon Eadar-mheadhonair, IOSA CRIOSD. Maille ri sóchairibh cruthachaidh agus freasdail, thoir dhoibh, a DHIA, sochaire na saoirse, 's craobhsgaoil 'nam measg solus agus slainte do shoisgeil. Mar so, biodh IOSA CRIOSD 'na sholus a shoilseacha nan uile chinneach, is 'na ghloir do d'phobul Israel.

- Deonuich gu bì sinne, anns na rioghachdaibh so air an do dhealruich Grian na fireantachd, curamach gu gluasad nì 's mò 's nì 's mò mar is cubhai' do chlainn an t soluis, is a' cur cùl ri oibrìbh neo-tharbhach an dorchadais.

--A chum na crìche so, biodh ar rìgh agus ar luchd-riaghlaidh air an riaghladh leatsa. Comhairlich luchd ar comhairle, teagaisg luchd ar teagaisg, is bitheamaid gu leir air ar teagasg le DIA.

'Tha sinn a' guidhe gu faigh ar coimhearsnaich agus ar cairdean cuid do na sochairibh aimsireil agus spioradail a tha sinn a' guidhe air arson fein. 'Tha sinn a' guidhe gu fas ar naimhde 'nan cairde dhuitsa agus dhuinne, 's gu'n oibrich thu anns gach aon againne deagh-thoil do na h uile dhaoine, le dùrachd

agus dicheall, co fad as a dh'fheudas sinn, gu n leas a chur air aghaidh Comas air bith a bheif thusa dhuinn gu maith a dheanadh air cuirp no anama dhaoine, tha sinn 'ga mheas mar onoir, 's ag iarraidh a bhuileacha' mar stiubhartachd.—Gabh curam do'n uireasach agus do'n easlainteach, is tagair cùis gach neach a tha fulang air sgà na còrach. Bi ann ad charaid do'n choigreach, ann ad chultaic do'n bhantraich agus do'n dilleachdan, is trocaireach a reir am feum do gach neach ann ad theaghlach mor air thalamh.

Anis, O THIGHEARNA, eisd agus bean-  
nuich sinn, air sgà losa CRÌOSD, a theagaisg  
dhuinn a radh, *Ar n Athair ata air neamh,*  
*&c.*

---

### V. *Urnaigh Fheasgair, Farson Teaghlach.*

O DHE uile-mhaith agus uile-throcairich!  
Tha sinne teachd do t ionsuidh mar chlainn a  
chum an Athar: a' creidsinn gu bheil thu  
uile-chomasach, uile-ghlic, agus uile-ghras-  
mhor; 's gur ann duit a bhuineas na h uile  
raoghal agus na h uile nithe. Tha sinn air an  
cobhar sin a' teachd do t ionsuidh arson gach  
si tha feumail duinn a chum beatha agus diad-  
achd.

Ach cìod sinne, no cìod e ar teaghlach, gu tugadh an DIA sin a chruthaich neamh agus talamh, 's a tha riaghladh nan uile shaoghal fanear sinn! 'Tra sheallas sinn air na speuran, obair do lamh; air a ghealaich is air na reultan a dh' orduich thu; dh' fheudadh eagal a bhì oirn gu bithear aid fein air ar leigeadh air dichuimhn. mur biodh ar fiosrachadh air do mhaitheas, co maith rit fhacal ag innse' dhuinn gu bheil do fhreasdal co faicilleach mu thiom-chioll gach aon againn as ge nach biodh an' earbsa riut ach sinn fein amhain.

Cia iongantach, O DHIA, an cumhachd sin leis an do chruthaich thu air tùs, is leis am bheil thu fathasd a' cumail agus an domhain is gach creatuir a tha 'ga aiteacha! Cia iongantach an t eolas agus an gliocas a tha toirt fanear cor gach aon do na h uile gnè chreatairean a rinn thu! 's cìa saibhir am maitheas a tha fritheala' d' am feum air gach trà, 's a' sasucha' miann gach duile bheo air bith! Cò rannsuicheas, O DHIA, do bhuidhean, no thuigeas do mhorachd! tha do throcair air a sgaoileadh thar t uile oibre!

'Se saibhreas do mhaithis agus do throcair, O DHIA, a chum gu bheil peacaich mar sinne, air caomhna' gu ruig an t àm so, 's gu bheil sinn anis a' cuartacha' cathair nan gras, an' aite bhì air bhall-chrith aig cathair a' bhreitheanuis. Nam buineadh tusa ruinn mar a thoill sinn, an' aite gach cofhurtachd agu dochas ata

againn, bha sinn fada roi' an am so a' giulan do chorruich ann an dorainn shiorruith.

Ach cliu do t ainm nach ann mar DHIA dioghaltais agus breitheanais a rinn thu thu-fein aithnichte dhuinne, ach mar DHIA iochd-mhor agus trocaireach, aig nach 'eil tlachd air bith 'nar bàs, ach leis an aill gu pilleamaid le aithreachas, agus gu bitheamaid beo. Mar so cuideachd tha thu air do leige' ris duinn ann a t fhacal, mar DHIA a ghradhaich an saoghal co mor as gu do chuir thu t aon-ghin Mhic d'a ionnsuidh, a chum as co air bith a chreideadh ann nach rachadh iad am mugha, ach gu faigheadh iad a' bheatha mhaireanach.---Tha sinne, O DHIA, a' creidsinn; neartuich thus' ar creideamh; is cuidich leinn gabhail ri Iosa CRIOSD mar Phrionnsa agus mar Shluin'ear, a thoirt duinn maithheanais peacaidh agus beatha. Tha sinn a' deana' gairdeachais gu d' thainig e ionnsuidh an t saoghail a chum na crìche so; gu d' thug e dhuinn eisempleir co naomha, teagasg co oirdheirc, miorbhuile co gloirmhor, is iobairt co fhogha-inteach. Tha sinn a' deana' gairdeachais 'na aiseirigh, 'na eadarghuidhe, 'na SPIORAD a chuir e ionnsuidh an t saoghail, is 'na ghealla fein ri teachd aris air an là dheireanaich. O gu bitheamaid air ar fireannacha' trid creidimh annsan, is sìth againn ri DIA air sgà iobairt-reitich air a chrann-cheusaidh!

Maith dhuinn, O Dhia, air a sgà-san, ar n-uile pheacaidh, 's gu sonraichte gach ni a

chunnaic do shuil am mearachd an diugh 'nar cridhe no 'nar giulan. A nochd gabh ruinn gu trocaireach, is beannuich sinn; oir tha sinn gar toirt fein asuas duit: a guidhe gu bi thu ad DHIA agus a t Athair dhuinn; gu bi do mhaic 'na Phrionnsa is 'na Shlanui'ear dhuinn; 's gu bi do Spiorad duinn 'na fhear-naomhachaidh, 'na fhear teagaisg, 'na fhear-stiuraidh, 'na fhear-cuideachaidh, is 'na fhear-cofhurtachd.

Maille ri'r n achuine, tha sinn a' cur suas ar molaidh do 'u DIA sin a bha leinn fad ar beatha, 's gu h àraid air feadh an là'n diugh. O'n mhaidin gu ruig an oi'che, mheal sinn solus, solas, tearuinteachd agus cofhurtachd; agus so uile o'n Dia sin o'n tig gach aon tabhartas maith agus foirfidh.

Ma shoirbhich sinn an diugh 'nar gnothachibh laghail, no ma bha saothair ar lamh an' tomhas air bith air a beannacha, do t ainmsa mhain, O DHIA, gu robh an cliu. Ma thainig sinn trìd la eile saor o dhochann agus o chun thart, le slainte cuirp is le subhachas intin; dhuitsa O Dhia, 'na t aonar buinidh am buidheachas. Gu h araid, ma sheachainn sinn peaca sam bith no buaire, no ma fhuair sinn buaidh air an-miann air bith; ma bha sinn air ar gleidhe' gun tuiteam an' cionta mhaslach sam bith, 's air ar cumail o uabhar o fheirg is o iomguin; do 'u aon DIA ghlic, an slanui'ear, gu robh an cliu agus am moladh!

Coigil sinn, tha sin a' guidhe, O Thighearna, gu lá eile. Dion sinn o gach dosgaich trìd na h

oi'che, 's naomhaich ar cadal agus ar fois duinn; a chum as nuair a dhuisgeas sinn 'sa mhaidin ann an slainte, gu toir sinn an' sin is gu brath mola' dhuit.---O deonuich gu faigh-ear sinn air crìch gach là d'ar beatha, ni 's iomchuidh arson beatha 's fearr; 's gu bi sinn gach là a' bàsacha' do'n t saoghal so, d'a sholas' d'a bhuannachd, agus d'a onoir; a chum as, nuair a thig an t am, nach bi iomguin no eagal oirn fhàgail.

'S mu thiomchioll ar n atharrachaidh as an t saoghal so, tha sinn a' guidhe, O DHIA, gun orduich thu gu tachair sin ann an uair 'sam bi sinn deas fa chomhair. Anns an uair sholeimnte sin, biodh ar n obair crìochnaicht, ar rèite deanta, ar creideamh beo, 's ar gradh laiste: 's ann an gleachd ri rìgh nan uabhasan, O deonuich dhuinn coghna treun do SPIORAID, a chum ar saoradh o gach uabhas agus amharus mu thiomchioll ar staid shiorruith, agus buaidh, is tuille 's buaidh thoirt duinn trid Iosa CRIOSD., a chum as gu bi sinn gu sìorruith maille ri'r TIGHEARNA.

Dh' àithn thu dhuinn, O DHIA, ar n urnaigh, ar n eadar-ghuidhe, 's ar buidheachas, a chur suas arson nan uile dhaoine. Thigeadh na h uile dhaoine ionsuidh na firinn mar ata i ann an Iosa! Craobh-sgaoil do shoisgeul, sabhail do phobull, agus beannuich t oighreachd. Gabh curam d'ar rìgh agus da'r duthaich, is thoir stiuradh do luchd ar riagh-laidh. Pill uainn na breitheanuis a tha 'n tòir

oirn, is dòirt air na h uile dhaoine Spiorad urnaigh agus aithreachais. Gabh truas do gach ann an trioblaid, is naomhaich dhoibh an anshocair. Bi trocaireach d'ar coimhearsnaich agus d'ar cairdibh, is dean ar naimhdean reidh ruinne agus riutsa. Dean tighean nan uile Chrìostuidhean nan tighean urnaigh, is tog dealra do ghnuis air gach neach a tha gu durachdach ag iarraidh t aghaidh.

Beannuich sinne leis gach rogha beannachaidh ann an CRIOSD, is naomhaich dhuinn gach staid am bheil no sambh sinn anns a' bheatha so. Tha ar n uil achuine ar n uil' anfhainne, 's ar n uile uireasbhuidh, O DHIA, aithnichte dhuitsa: seall ann an iochd air do chreatuiribh truagh, a tha gar toirt fein asuas duit, is gam fàgail air do churam; is thoir freagra d'ar n urnaigh ann an sìth, o rò-chathair do throcair, air sgà Iosa CRIOSD ar Tighearna; d'an robh, maille riutsa, 's ris an SPIORAD naomh, an t aon DIA, agus ar DIA-ne, gach cliu agus urram, fad saoghal nan saoghal. *Amen.*

---

## VI. *Urnaigh Mhaidne, arson Teaghlach.*

O DHE ghloirmhoir, shiorruith, agus bheannuicht! o'm bheil na h uile sonas agus beannachd a' sruthadh anuas; tha sinne do chreatuirean ag iarraidh sinn fein a thaisbeanadh ann ad lathair, leis gach uile urram agus irisleachd, trid Iosa CRIOSD ar n Eadar-

mheadhonair. O! seall oirn ann an iochd, mar is gnà leat a dheanadh air a mhuintir sin aig am bheil gradh do t ainm, is leis an aill do thoileachadh.

Leis an durachd is leis an taing is mò, tha sinne, le aon ghuth agus le aon chridhe, toirt cliu do t ainm ard agus urramach, arson tro-cair agus tearuinteachd na h oi'che chaidh thairis, is arson comas a bhi againn air a' mhaidin so cathair nan gras a chuartacha'.— Nuair a smaointicheas sinn air coilion cunthart d'am bheil sinn buailteach feadh na h oi'che; air coilion ni tha feumail gu aon oi'che fhàgail foistineach; is air co chosail is a tha an cadal is sèimhe ris a' bhàs; O cia mor an gradh, an taing, agus an t iongantas, leis am buin e dhuinne cliu thoirt do ainm an DIA a chum beo sinn! Cia mor do churam mu'r tiomchioll, O Thighearna! 'Nar luidhe agus 'nar n èirigh tha thu gnà maille ruinn, is tha do chaoimhneas graidh gach maidin ur dhuinn.

Cia taitneach air a' mhaidin so ar staidne, seachmoran d'ar co-chreatairean! Cia lionmhor iadsan air an oi'che chaidh seachad a chaidil cadal a' bhais, is nach faic gu brath tuille solus na grèine! 's cia lionmhor iadsan a bha air an cradh le tinneas agus le pèin, a' tionndadh air an leabaidh, gun fhois gu teachd an la; an tra fhuaire sinne slainte, tàmh, agus tearuinteachd! Air a shon so, gu ma beannuichte gu robh DIA ar slainte, d'am buin teasairginn o'n bhàs, agus a nochd a chairdeas duinne!



Tha ar n anama, O DHIA, air an cràdh gu geur, an uair a smaointicheas sinn cia dichuimhneach a bha sinn ortsa, 's cia olc a dhiol sinn gach comaine phrìseil a fhuair sinn. O cia beag d'ar beatha ghairid a bha air a buileachadh ann ad sheirbhis-sa, no chum do ghloir, ge d' bu dligheach dhuit an t iomlan, agus siorruitheachd uile, bhi air a buileachadh ann ad mhòla! Cia mor d'ar beatha fhaoine, a rinn sinne moran ni b'fhaoine, le'r giulan amaideach agus peacach! Cia tric a rinn sinn dearmad ortsa 's air ar dleasnas, agus a thug sinn easumhlachd do d'lagh naomha! Cia fuar a bha ar gradh dhuit, cia t àilneach ar togradh ann ad dhiaigh, cia neo-shuidhichte ar gluasad maille ruit, gun bhi fàs ann an gras no ann an naombachd mar bu choir dhuinn!

Maith dhuinn, O DHIA, air sga CHRIOSD, ar n uile pheacaidh, dearmaid agus deanadais; is bi rèidh ruinn aunsan a bhasaich arson ar sìth, agus a tha ri sior-eadarghuidhe air arson. O tog oirn solus do ghuais, is bi trocaireach, suidhich do shìth 'nar cridheachaibh, is biodh cofhurtachd ar DIA dhuinne 'na spionnadh agus 'na aoibhneas!

Buidheachas duit, O DHIA ge d' fheuda' tu fada roi' an àm so ar gearradh asios, mar dhaoine bha cur dragh air an talamh, gidheadh gu do bhunaich thu sinn fathasd ann an staid deuchainn agus dochais: gu bheil cothrom againn fathasd ar mearachdan a leasachadh, agus aithreachas treibhdhireach a dheanadh

arson ar n eas-umhlachd; a chionn gu bheil  
**CRIOSD** fathasd a' tagradh ar cuise aig deas-  
 laimh an **ATHAR**.

Ach cia fhad a mhaireas an cothrom àghor  
 so, no bhios ar cèatfaidh agus ar slaint air am  
 buanacha' leinn, a chum ar n ùine a dheagh-  
 bhuileacha', chan 'eil fios againn. Seadh,  
 cha'n eil fios againn ciod a dh' fheudas an là  
 so fein a thoirt mun cuairt, no nach e an là  
 ma dheire dhuinn air thalamh. O gu deanadh  
 na smaointe so ar n anam a dhùsgadh suas  
 gu deasacha' le curam arson na siorruitheachd  
 sin a tha, là an' diaigh là, a' teachd ni's faigse  
 dhuinn! O gu bitheamaid anis glic; gu dea-  
 namaid na h uile dicheall gu ar gairm is ar  
 tagha dheana' cinnteach, is gu bitheamaid  
 cuimhneach air ar crìch dheireannaich!

O **DHIA** nan uile ghras, dean thusa, air sgà  
**CHRIOSD**, euideacha do **SPIORAID** a thoirt  
 duinn, a chum as gu bi sinn air ar beotha-  
 chadh ann ran slighe t aitheantan. Aom ar  
 cridheachan a chum do reachd, air chor as gu  
 coimhid sinn e gu là ar crìche, le dicheall a-  
 agus le treibhdhreas. Cuidich leinn ar gradh  
 dhuits' a dhearbhadh, le bhi gluasachd a reir  
 do shoisgeil, le bhi toirt graidh do aon a  
 cheile, 's le deagh rùn eadhon dar naimhdibh:  
 a chum as mar sin gu bi sinn 'nar clainn d'ar  
 n Athair neamhaidh, a tha toirt air a ghrein  
 eirigh air an olc is air a mhaith, agus 'nar deis-  
 cìobuil do'n Tì sin bha ag sior-dhol mu 'n cua-

irt a' deana' maith, 's a bhasaich ri urnaigh ar-  
son a naimhdean.

Tha sinn ag iarraidh an deagh rùin so do  
na h uile dhaoine a thaisbeanadh, le'r n achu-  
ine chur suas ri DIA, Athair caomh na h uile,  
arson an sonais agus an slainte. Is tusa, O  
DHIA! Athair na h uile; ach cia mor a chuid  
do d' theaghlach a tha aineolach ort, is aig am  
bheil an inntin air a dalladh, air chor as gu  
bheil iad gun DIA, gun CRIOSD, agus gun  
dochas anns an t saoghal! O Thusa dh', aithn  
do'n t solus dealradh an toiseach amach a'  
dorchadas, dealruich 'nam measg le d' shois-  
geul, a thoirt doibh eolais ort fein ann an IOSA  
CRIOSD, an fhirinn agus a' bheatha. Cuir  
casg air na h uile mearachd agus mealltair-  
eachd a tho' ceann an' aghaidh an t soisgeil, a-  
gus soirbhich le rioghachd an TIGHEARNA.

Fog suas t Eaglais 'nar measg-ne, soirbhich  
le'r luchd-teagaisg, is beannuich ar rìgh agus  
ar n uachdarain. Beannuich gu h araid ar caird-  
ean, ar luchd-dàimh, is ar luchd-eolais. Biodh  
iad uile 'nan cairdean is 'nan clainn do DHIA.  
trid IOSA CRIOSD. Soirbhich leo 'nan gnoth-  
aichibh laghail, ach gu h araid ann an cuis an  
anama. Thoir dhoibh na chi thu maith dhoibh  
anns gach staid an' so, agus 'na dheigh so a'  
bheatha shiorruith. Biodh do lamh an' taice  
ri luchd na h easlainte, 's thoir crìoch shona  
d'an uile àmhgharaibh. Thoir còghua do'n  
mhuintir a tha gam buaireadh, fuasgla' do'n  
mhuintir a tha ga'n sàruchadh, is gairdeachas

do 'n mhuintir a tha ri bron, arson an lochda fein, is lochda dhaoin eile.

Beanmich, a DHIA, an teaghlach so, 's gach neach ata ann, do gach àon aois agus inbhe. Dean faire tharuinn, O Athair throcairich, trid an là, is gleidh ainn o gach olc, araon o aingidheachd agus o fhulangas. Cuidich leinn sinn fein a ghiulan gu faicilleach anns an t saoghal, is anns na h uile gnothach, cuid-eachd, agus coluadar, sinn fein a choimhead le curam diadhaidh. Cuartaich sinn le t fhabhar mar le sgéith: ulmhaich sinn arson do thoil a dheana' le durachd, agus a ghiulan le faighidin. Neartuich sinn an' aghaidh buairidh, is cum suas sinn do ghnà 'nar n ionracas; a chum as fadheoidh gu meal sinn aoibhneas ar THIGHEARNA.—Air a sgà-san, O DHIA, dean air arson oscionn na 's aithne dhuinn iarruidh no a smaointeachadh; agus do t ainm ard agus urramach, ATHAIR, a MHIC, agus a SPIORAID, gu robh gach cliu agus mola, fad saoghal nan saoghal. *Amen.*

---

## VI. Urnaigh Fheasgair, arson Teaghlach.

**O** DHE ghloirmhoir agus shiorruith! is tusa Crutha'ear neimh agus talmhainn, an t Athair uile-chumhachdach. Is tu cuideachd

Athair ar Tighearna agus ar Slanui'ir Iosa CRIOSD; is anns an daimh sholasaich so, tha sinne 'g iarruidh teachd am fagus duit, O DHIA nan uile ghras agus nan uile chofhurtachd; a chruthaich, a bheathaich, a shaor, is a chum gu ruige so beo sinn.

Mar a theagaisg thu dhuinn ann a t fhacal an seol air am bheil thu ag rèiteacha' saoghail chiontaich riut fein trid aon Mhic do ghraidh, tha sinne, do chreatuirean truagh agus peacach, ag iarruidh teachd air an t seol iongantach agus throcaireach sin am fagus duit. O! thigeadh ar n urnaigh ann ad lathair mar bholtrach cubhraidh, is biodh ar n iobairt fheasgair taitneach leat, air sgà Iosa CRIOSD ar n Eadar-mheadh-onair.

Gu ma beannuichte gu robh t ainm, O ughdair gach maithis agus trocair, arson tearuinteachd agus tiolacan là eile air thalamh. Is tusa thug air teachd astigh na maidne 's dol amach an fheasgair gairdeachas a dheana' tharuinn; agus is i do lamh mhaith a thug tearuinte sinn gu crìch an là. Gu ma beannuichte gu robh t ainm nach d' thainig dosgaich air bith oirn, gu'r bacadh o chruinneacha' mar so le solas aig stol do chois.

Cliu dhuit arson ar slainte, ar sìth, ar teachdantir agus ar trusgain; arson ar cairdean, ar cuideachd, is gach ni eile tha fagail ar turais roi' an t saoghal so solasach agus taitneach. Oscionn gach ni, tha sinn a' toirt buidheachais duit arson Iosa CRIOSD, is arson uile

shochairean an t soisgeil. Tha sinn a' toirt buidheachais duit arson t fhacail, arson do SPIORAID, arson meadhona nan gras, agus dochas na gloire.

Ach an uair a tha sinn a' cliudhachadh do mhaithis, O DHIA, tha sinn 'gar dìteadh fein. Cia olc a bhuilich sinn do thiolaca; 's cia beag a dhruigh do mhaithes air ar cridheach an O! maith dhuinn co dearmadach as a bha sinn ortsa, 's air leas ar n anama neo-bhasmhor fein; co olc as a dhiol sinn gradh ar Fir-shaoruidh, agus saothair an SPIORAID: is co neo-fhreasgarach as a bha ar caithe-beatha d'ar dleasnas, d'ar dochas, d'ar moide, d'ar neolas agus d'ar n aidmheil. Tha ar peacaidh ro-lionmhor agus antromach; O biodh iad air am maitheadh dhuinn, air sgà fearta fala CHRIOSD, a ghlanas o gach uile pheaca!

Mar tha gach aon là a' feuchainn gu bheil thusa, O DHIA, trocaireach; is amhluidh a tha gach aon là a' feuchainn cuideachd gu bheil inne aingidh agus amaideach. An diugh ein, cia iomaid ni dhearmaid sinn bu choir dhuinn a dheanadh; is cia iomad ni rinn sinn, an' smaointe focal agus gnìomh, bu choir dhuinn a sheachnadh. Thoir maineas duinn, O Athair, is thoir mothacha blasach d'ar coguisibh gu bheil thusa, trid IOSA CHRIOSD, an' réite ruinn.

Deonuich dhuinn a nochd luidhe sìos ann an sìth ri DIA; 's ann an réite 's an' run maith do na h uile dhaoine. Biodh ar cadal fois-

tineach; biodh ar dùsga sìochail. Coimhid sinn o uile uabhasaibh na h oi'che, 's fui' sgàil do sgéith thoir tearuinteachd dhuinn fein is do gach ni a bhuineas duinn.

'S nuair tha dorchadas oi'che 'n deigh oi'che ag iadha' mu' r tiomchìoll, O deonuich gu bi sinn gach là is oi'che 'gar n ulmhacha' fein le tuille 's tuille durachd, arson oi'che bàis agus la breitheanuis! Gu ma h è ar dicheall thar gach ni gu faigh sinn an' so sìth, agus an' sin slainte uaitsa! Tha t fhacal ag innse' dhuinn gu bi moran a ghuidheas anns an là sin gu deanadh na creagan agus na sleibhtean tuiteam orra, 's am falach' o ghnuis a Bhreithe' 's o fheirg an Uain.—S' am bi neach air bith againne 'san aireamh thruagh sin?—Nior leige DIA!

A chum as gu seachnamaid a' chrìoch eaglach so, cuidich leinn a bhì gu tric 'gar rannsacha' fein, agus a' feuchainn ar staid. Na leig dhuinn siun fein a thoileachadh le tomhas air bith do naombachd gairid air na tha de shoisgeul ag iarruidh, no ni sam bith a cheadachà' dhuinn fein, ach ni cheadaicheas de shoisgeul duinn, an uair a bhitheas siun air a' feuchainn leis aig cathair a bhreitheanuis.— O Thusa d'an leir na h uile nithe, rannsuic agus fìdir sinn; feuch dhuinn slighe aingid sam bith ata annainn; pill siun uaithe; agus stiur sinn as so suas ann an slighe na beatha maireannaich. Mar sin, an uair a thig là, oi'che, is aimsir gu crìch, 's a bhios an saogha

a' leaghadh asios 'na lasair, feudai' sinne ar cinn a thogail asuas le gairdeachas, a chionn gu bheil aimsir ar saoruidh an' sin am fagus.

Arson gach ni tha ri tachairt duinn gu ruige sin, dean thusa, Dhia, ar n ulmhachadh. Na buin uainn do chaoimhneas gradhach, solas do lathaireachd, no coghna do SPIORAID. Na leig le'r naimhdibh spioradail, no le'r n an-miannaibh fein ar tarruing uaitsa; 's na leig le buaireannaibh an t saoghail no a pheacaidh, ar mealladh. C'arson a bhios comunn againne ri peacadh, a chuir ar Slanu'ear gu bàs: c'arson a bhios gradh againn do'n t saoghal, a thug fuath d'ar TIGHEARNA?—O! naomhaich dhuinn t uile fhreasdal, socair no docair ge 'm bi e; is deanadh gach ni a thachras duinn ar toirt ni 's dluithe 's ni's dluithe dhuitsa! Gheall thu gu'n oibricheadh na h uile nithe le cheile, chum leas na muintir a bheireadh gradh dhuit; O biodh 'againne do ghnà fianuis 'nar cridheachaibh fein gu bheil còir againn air a ghealla' so!

Amhairc ann an iochd, O DHIA, air an t saoghal uile. Biodh an fhirinn, mar ata i ann an Iosa air a leigeadh ris do na h uile dhuthaich is do na h uile dhaoine; 's biodh gràs trocair agus sìth air am meudachadh do gach neach a tha gradhachadh an Tighearn Iosa CRIOSD an' treibhdhreas!

Bi trocaireach do na rioghachdaibh so. Buanaich leinn na sochairean a tha sinn a'



mealtuinn, is cum uainn na breitheanais a tha sinn a' toiltinn. Gu ma fearr leat ar leasacha' na ar sgrios; 's gu deana' t fhaighidin ar stiura' gu aithreachas!—Beannuich ar rìgh, agus deonuich r'a linn gu bi againn sìth agus pailteas. Stuir ard-chomhairle na rioghachd, a chum as gu bi iad a' sior-chur air aghaidh leas a phobuill. Thigeadh aingidheachd nan aingidh gu crìch, ach daighnich agus soirbhich le daoine còire. Soirbhich le d' shoisgeul, is beannuich saothair na muintir a tha 'ga flurithealadh.

Cuimhnich air ar cairdean is air ar luchd-gaoil is a ghradh sin a thug thu do d' mhuintir fein. Deonuich gu bi iad ann an aireamh do còlainne, 's gu bi an giulan do ghnà mar is cubha' do chlainn De. Gabh truas do gach neach ann an amhghar; saor am bochd; cuidich an dilleachdan, is thoir dìon do gach neach a chuireas annad a dhochas.

Eisd, a Dhia, ar n urnaigh, gabh uainn ar buidheachas, is gabh àir do churam sinn fein, a reir saibhreis do ghrais ann an Iosa CRÌOSD: agus dhasan a tha comasach air ar gleidhe' gun tuisleadh, agus air ar taisbeana' fa dheire gu neo-lochdach ann am fianuis a ghloir, le anbharr aoibhneis,—do'n aon DIA ghlic ar Slanu'ear, gu robh gloir agus urram agus cumhachd agus buaidh, fad saoghal nan uile shaoghal. *Amen.*

VII. *Urnaigh Mhaidne, arson Teaghlaich.*

**O** DHE uile chumhachdaich agus uile-ghrasmhoir, a tha, a bha, agus a bhithheas! Is tusa Rìgh nan uile rìghrean, agus Tighearna nan uile thighearnan. Is ann duit a bhùineas do gach glùn lùbadh, is do gach anam aoradh agus urram a dhioladh. Tha thu uile-lathaireach agus uile-fhiosrach, ag lionadh neimh agus talmhainn, 's a' faicinn an aingidh agus an fhirein; is tha eadhon smaointe dìonlaic a' chridhe ruisgte ann a t fhianuis.

Tha aobhar againne, O DHIA, naire bhì oirn ar suil a thogail suas riut; oir tha ar n aingidheachd air teachd thar ar ceann, is ar n easaontas air fas suas gu ruig na neamha. Tha aobhar againn ar lamh a chur air ar beul, agus ar beul 'san duslach, is gladhach amach, neo-ghlan, neo-ghlan. Ma thagras tusa ruinn, cha 'n urra sinn freagra theirt duit arson aon ann am mìle d'ar lochdaibh. Le peaca gna agus gnìomh, tha sinn gu h iomlan mi naomha agus graineil ann ad shealla-sa; gun fhallaineachd air bith annainn, o mhullach ar cinn gu bonn ar coise.

Ghineadh sinn, O DHIA, ann am peaca, 's chaith sinn ar beatha ann an amaideachd is ann an aingidheachd. Bha sinn aineolach agus dichuimhneach ortsa, mar dhaoine aig nach robh DIA air bith anns an t saoghal. Bha ar cridheachan a' ruith air dìomhanas, is leag

sinn ar n aigne air nithibh talmhaidh. Chùl-  
 sleamhnuich sinn o'n DIA bheo, agus threig  
 sinn tobar nan uisgeacha beo, arson so-  
 ithiche briste nach cum a bheag do uisge. Mar  
 bhogha cealgach, chaidh ar cridheachan a  
 thaoibh o DHIA, as o'r sonas siorruith fein.—  
 O DHIA! bi trocaireach dhuinne, peacaich.  
 Glan sinn o ar n aingidheachd, faluich do  
 ghnuis o'r n eaceartaibh, is dubh amach ar n  
 easantas. Pheacaich sinn, O Athair, an'  
 aghaidh neimh, agus 'nad shealla-sa, 's cha 'n  
 airidh sinn ni 's mo gun abairte do chlann  
 ruinn: ach tha sinn a' gabhail misnich gu bheil  
 fear eadar-ghuidhe againn maille riutsa, eadh-  
 on Iosa CRIOSD, a bha 'na iobairt-reitich ar-  
 son ar peacaidh. O cuimhnich an cumhlant  
 a rinn thu ruinn 'na fhuilsan, agus gleidh sinn  
 o dhol asios do 'n t slochd, a chionn gu d'  
 fhuair thu fein amach luach-saoruidh.

Deonuich dhuinn a bhi air ar fireannacha'  
 trid creideimh, agus sìth bhi againn ri DIA  
 trid Iosa CRIOSD. O lion ar n anama le cof-  
 hurtachd do SPIORAD, a bheir dhuinn aoibh-  
 neas do-labhairt agus làn do ghloir; is thug-  
 adh do SPIORAD fianuis le'r spiorad fein gur  
 sinn clann DE, agus oighreachan na slainte.  
 Abair, O DHIA, ri'r n anamaibh gur tu fein  
 ar slainte sholafach.

Thoir dhuinn, tha sinn a' guidhe, cridhea-  
 cha glic agus eagnuidh. Leig fhaicinn duinn  
 far am bheil sinn ann am mearachd, agus  
 cuidich leinn a leasachadh; seol duinn an ni

nach aithne dhuinn, agus stiur sinn le d' SPIORAD ann an slighe na firinn agus na siainte. Thoir dhuinn creideamh gu sealltuin oscionn nan nithe sin a tha sinn a' faicinn 's ata aimsireil, gus na nithe sin nach 'eil sinn a' faicinn 's ata siorruith: an creideamh sin a ghlanas an cridhe, a bheir buaidh air an t saoghal, a dh' oibricheas trid graidh, 's a chumas sinn do ghnà ceangailte r'ar TIGHEARNA.

O! druid ar cridheachan riut fein, a chumas gu gleidh sinn t aitheantan le'r n uile dhi-cheall. Cuir t eagal an' taobh astigh dhinn; an t eagal urramach agus umhal sin a bhios aig clainn d'an caomh-athair, 's a bheir oirn nach cuir sinn gu brath ort corruich. Cuidich leinn thusa, an TIGHEARNA ar DIA, a ghradhacha' ler n uile chridhe, le'r n uile anam, le'r nuile neart, agus le'r n uile inntin. Biodh gradh DHIA air a sgaoile' feadh ar cridheachan leis an SPIORAD naomha; is deanadh gradh Chrìosd ar co-eigheacha' gu ar beatha a chaitheadh, cha'n ann duinn fein, ach dhasan a fhuair bàs air arson agus a dh' eirich aris.

Lion ar n anama le seirc do na h'uile dha-oine, 's cuidich leinn aonachd an SPIORAID a ghleidheadh ann an co-cheangal na sìth, agus ar beatha a chaitheadh ann an gradh is ann an sìth, a chum as gu biodh DIA a ghraidh agus na sìth maille ruinn. Cuidich leinn a dheana' ri daoine' eile mar bu mhaith leinn iadsan a dheana' ruinn fein, is ar coimhearsnaich a ghradhacha' le cridhe glan agus gu durachd-

ach; a chum as leis a ghradh bhrathaireil so bhi againn, gun aithnich sinn fein gu bheil sinn air dol as o bhàs gu beatha, 's gun aithnich na h uile dhaoine gu bheil sinn 'nar deisciobuil duitse. Biodh againn seirc is rùn maith d'ar naimhdibh; a' beannacha' na muintir a tha 'gar mallachadh, a deanadh urnaigh arson na muintir a tha ri eucoir oirn; a' giulan leo uile, 's a' toirt doibh maithneas, mar a tha dochas againn fein ri maithneas uaitse, air sgà CHRIOSD.

Thoir dhuinn gràs gu sinn fein àicheadh, ar crann-ceusaidh a thogail gach là, 's a bhi lean-tuinn ar TIGHEARNA. Cuidich leinn a bli cumail ar cuirp fo smachd, 's 'ga thoirt fo ghéill do 'n t soisgeul, 's a bhi 'g ionnsachadh o CHRIOSD a bhi ciuin agus iriseal 'nar cridhe, chum 's gu faighemid fois d'ar n anamaibh. Cum uainn uabhar, fuath farmad agus feirg, is lion ar cridheachan le ciuineas caoimhneas irisleachd agus fad-fhulangas; a chum as air dhuinn abhi trocaireach mar ata ar n Athair air neamh trocaireach, gu bi sinn cuideachd foir-sidh 'nar tomhas, amhuil ata esan.

Teagaisg dhuinn, O DHIA, anns gach staid 'sam bi sinn, a bhi toilichte; ag radh gach uair, Do thoilse gu robh deanta. Biodh ar bron mar nach bithemid ri bron, agus ar n aoibhneas mar nach bithemid ri 'aoibhneas, a' gnathucha' nan uile nithe le measarrachd; a chionn gu bheil ar n ùine gairid, 's gach ni 'san t saoghal so a' gabhail seachad. Leanadh

maitheas agus trocair ruinn fad uile làithe ar beatha! 's gu deanadh DIA na sìth e-fein ar naomhacha' gu h-ìomlan, 's ar n-anam ar corp agus ar spiorad a ghleidhe neo-choireach gu teachd ar TIGHEARNA. Gu ruige sin, deanadh do fhreasdal ar beathacha', do chumhachd ar dion, do SPIORAD ar stiuradh, is t fhacal ar cofhurtach'.

Anis, O DHIA, tha sinn ag earbsa' riut do shaoghail fein air fad, 's gu h-àraid t eaglais. Dean maith air ar duthaich, coimhearsnaich, s ar cairdean. Bi trocaireach do na h-uile neach ann an amhghar; a thaobh cuirp no anama no nithe maith na beatha so: thoir do gach aon aca fa leth an coghna 's an cofhurtachd a chi thu feumail agus maith dhoibh. — Thusa ghabh curam dhinne feadh na h-oiche, bi leinn cuideachd feadh an là so, 's feadh uile làithe ar beatha; agus gabh sinn 'na dheigh sin a chum do ghloir; air sgà' losa CRIOSD, ar Tighearn agus ar Slanuì'ear; da'n robh, maille ris-an ATHAIR agus ris an SPIORAD, gach urram buidheachas agus cliu gu sìorruith. *Biodh amhluidh.*



## VII. *Urnaigh Fheasgair, arson Teaghlaich.*

O DHIA agus Athair uile-ghrasmhoir! tha thusa làn-eòlach air ar luidhe sìos agus air ar n-

eirigh suas; tha thu mu'n cuairt d'ar ceum agus d'ar leabaidh: air an aobhar sin tha sinn le mothachadh air do lathaireachd a' tairgse' teachd am fagus duit san am so, a chum an là agus an t seachduin a cho-dhunadh le aoradh agus le urnaigh. O gu cuideachadh do SPIORAD leinn so a dheana' mar ann an lathair an DIA sin a rannsuicheas an cridhe, 's a sgrudas airne chlainn nan daoine.

Buidheachas duit, O DHIA, ge nach leir dhuinne do lathaireachd, gu bheil sinn a' faicinn caileigin do d' natur agus do bhuaidhibh ann a t oibre. Tha do mhaitheas a' dealradh anns a ghrein: tha oi'ch, agus là toirt sgeil mu d' thiomchioll, is chi sinn do cheuman anns a' mhachair thorthaich. Tha thu 'gad leige' fein ris gu sonraicht ann a t fhacal, mar DHIA làn do throcair agus do ghradh; air chor as gu bheil thu airidh air gach gradh umhlachd agus aoradh fhaghail uainne, d' an d' fhoilsich thu thu-fein ann an tomhas co mor; ge nach faca suil, ge nach cuala cluas, is ge nach do smaointich riabh cridhe air sheoliomchuidh air do ghloir is air do mhorachd. Uime sin tha sinne, aig am bheil cha'n e mhain solus natuir, ach solus an t soisgeil cuideachd, air ar fàgail gun leisgeul, mur gloraich sinn thu mar DHIA, 's toir sinn duit an t urram agus an t aoradh sin is cubhaidh dhuit fhaotainn o gach creatuir reusanta.

Tha sinn 'gad chliudhachadh arson t uile chaoimhneis agus t uile throcair d'ar taobh-

ne, creatuiribh peacach; arson t fhaighidin agus t fhad-fhulangais; arson do dhea'-ghean agus do ghraidh. Tha thu toirt air tiolaca do fhreasdail tuiteam oirn gun tàmh, ge d' tha sinn olc agus mi-thaingeil. Thug an là, agus an t seachduin gu h iomlan, dearbha dhuinn nach 'eil failneachadh air do throcair. Ciod a dh' iocas sinn do DHIA arson a mhaithis? Tha sinn a' co-dhunadh an là le'r buidheachas; oir t uil' oibre ag innse' dhuinn, gu bheil do lamh dlù dhuinn is do throcair maille ruinn.

Tha sinn, O DHIA, ag teachd le naire gu stòl do choise, nuair a bheir sinn fanear cia mor a tha sinn a' leige' seachad d'ar n ùine gun smaointeachadh ortsa! cia beag taing a tha sinn a' mothachadh ann ar n anamaibh seach mar bu choir dhuinn! cia tric a tha sinn a' cur corruich ortsa; 's cia lionnhor peaca 's failinn anns an robh sinn ciontach gach aon là, agus air an là an diugh! Thoir maitheanas duinn, O DHIA, air sgà CHRISD; is na leig dhuinn air an oi'che so luidhe sìos le ciont' an là agus na seachduine air ar ceann. Gu ma h ann a luidheas sinn asios ann an réite riutsa, 's air ar glanadh o gach peaca le fuil Iosa!

Saor sinn, O DHIA, o chumhachd agus o chionta gach aon pheacaidh, trid na saorsa sin ata ann an CHRISD; is na cuimhnich ar n ain-gidheachd ni 's mò 'nar n aghaidh. Agus O deonuich dhuinn, maille ri maitheanas peacaidh, na gràsa sin a bhuineas do uile dheisciobuil an TIGHEARNA. Thoir dhuinn cridhe



glan, spiorad umhal, giulan diadhaidh, is inn-  
 tin thoilichte. Biodh gradh do DHIA agus do  
 dhaoine soilleir ann ar n uile ghiulan, is biodh  
 ar n uile anmianna air an ciosnachadh is air  
 an cumail fo smachd. Biodh an saoghal agus  
 nithe saoghalta gach là a' fas ni 's lugha 'nar  
 suilibh, is biodh ar curam mu shiorruitheachd  
 is mu nithe siorruith do ghnà a' dol am meud.  
 Deanadh ar n anfhainneachd, agus giorrad is  
 neo-chinntichead ar cuairt air thalamh, a thoirt  
 oirn a chuimhneacha' do ghnà nach 'eil ann-  
 ainn ach coigrich is luchd-turais anns an t  
 saoghal so, air sheol as gu socruich ar cridh-  
 eachan air saoghal eile, far am bheil ar Triath,  
 ar dochas, agus ar dathigh.

O cuidich leinn, a DHIA, le d' ghras agus  
 le d' SPIORAD ar n aimsir a dheagh-bhuil-  
 eachadh, is meas mor a bhi againn air gach  
 earainn d'i, mar thalant agus mar chothrom  
 priseil, leis am feud sinn onoir a chur ortsa,  
 maith a dheana' d'ar co-chreatuiribh, agus leas  
 siorruith fein a chur air aghaidh. Cuidich  
 thusa leinn obair gach là agus seachduin a  
 dheana' na h àm fein, 's a bhi do ghnà reidh  
 arson teachd ar TIGHEARNA: a chum as nuair  
 a bhios ar n uine air thalamh air a crìoch-  
 nachadh, gu feud dochas daingean a bhi  
 againn, d'a thrid-san, gu faigh sinn a' bheatha  
 mhaireannach. O deonich gu dean gach  
 aon againn, ciod air inbhe no aois, a dhaimh  
 no dhreuchd, e feinn a ghiulan do ghnà le  
 suil ris an uair sholeimnte sin, anns an tig ar

Tighearna gu 'r gairm, a thoirt-cunntais arson ar stiubhartachd. O gu bitheamaid an' sin air ar n aideacha' l' esan mar sheirbhisich dhèileas, agus air ar saoradh o dhètheadh air là a bhreitheannuis!

'Tha sinn a' cur suas ar n achuine riut, O DHIA, arson a chinne-daoine gu h iomlan. Deonuich dhoibh uile sochairean do ghrais agus do shoisgeil, maille ri toirbheartas do fhreasdail. Tha sinn a' guidhe' le 'r rìgh, leis an teaghlach rioghail, is leis gach neach ann an ughdarus os ar cionn. Biodh iad gu leir air an stiura' leatsa, chum leas nan rioghachda so chur air aghaidh, is casgadh a chur air na h uile olc, le 'n eisempleir agus le 'n ughdarus. Soirbhich le searmonacha' do shoisgeil 'nar measg, is thoir cuibhrionn dùbailte do d' SPIORAD dhoibhsan a tha frithealadh ann an nithe naomha. Bi leo air an là naomh is faigse, agus beannuich an saothair. Deonuich gu faigh na h uile dhaoine, 's gu h araid sinne, buannachd o d' shoisgeul.

'Tha sinn a' guidhe' iochd agus cobhair do gach neach ann an gàbha no ann an trioblaid, air muir no air tìr. Gu tugadh DIA do gach aon aca an trocair sin air am bheil iad feumait, a thaobh cuirp no anama, no nithe maith na beatha so. Tha sinn a' guidhe gu bi cairdeas DHIA aig ar n uile chairdibh, is gu bi maitheanas air a thoirt d' ar n uile naimhdibh--Tha sinn fadheoidh 'gar n earbsa' fein riut, 's gar n iomnadh aris asuas duit. Tha sinn ag iarraidh

luidhe' sios le mothacha' taingeil air do mhaith-  
cas, d'ar cuirp agus d'ar n anamaibh, trid an là  
agus na seachduine; arson ar soirbheachaidh  
agus ar tearnaidh. Gabh curam dhinn trid  
na h oi'che, 's ma 's toileach leat gu faic sinn  
do là naomha, duisg sinn ann am fonn iom-  
chuidh fa chomhair; is deonuich gu dean  
gach aon sabaid a gheibh sinn air thalamh, ni  
's iomchuidh sinn arson sabaid shiorruitha ghie-  
idhe maille riutsa air neamh. Anns an dochas  
so, dhuitsa, O ATHAIR, a MHIK, agus a SPIO-  
RAID naoimh, biodh moladh agus cliu gu  
siorruith. *Amen.*

*Urnaigh arson Teaghlach, nuair a bhios aon de'n  
mbuintir tinn.*

**O** DHE uile-ghloirmhoir agus urramaich!  
ann ad laimhsa tha bàs agus beatha; is tu 'a  
lotas agus a lughiseas; a bheir gu bruaich na  
h uaigne agus a thogas asuas aris. Air neamh  
agus air talamh tha thus' a' deana' mar is aill  
leat, is co dh' fheudas a radh riut. Ciod a tha  
thu deanadh?---Gidheadh tha thusa ceart an  
ad uile shlighe, naomh ann ad' uile ghnioimh,  
is maith ann a d' uile fhreasdal do chlainn  
nan daoine. Tha sinne ag creidsinn gu bheir  
eadhon trioblaide maith od' laimhsa; 's nach  
ann gun aobhar, ach ann an trocair agus  
chum ar leas, a tha sinn fein no neach a bhui-  
neas duinn uair sam bith air ar smachdachadh.  
Air an aobhar sin ge d' tha thu 'n tràs a' fios-  
rachadh ar teaghlach le tinnea, tha sinn a

tairgse aoradh gradh agus buidheachas a thoirt duit, agus labhairt le urram mu thiomchioll t ainme.

Gu ma beannuichte gu robh t ainm arson gach trocair a dheonuich thu, san aimsir a chaidh seachad, duinn fein agus d'ar teaghlach. Nior leige' DIA gu dean ar trioblaid no ar fulangas 'san am so thoirt oirn na tiolaca lionmhor a fhuair sinn fad ar beatha a leigeadh air dichuimhn. Cia fhad a mheal ar teaghlach gach beannachd agus cofhurtachd gun fhailinn agus gun bhriste! Cia fhad a luidh gach zon againn sios, a dh' eirigh sinn asuas, a chaidh sinn amach, is a thainig sinn asteach, ann am fois agus ann an slainte! Cia fhad a dhealruich lochran an Tighearn air ar pailliunn, gun neul air bith a' cumail uainn a sholuis! Gu ma beannuichte gu robh t ainm, O DHIA mhaith agus naomha, arson nan tiolaca lionmhor agus neo-fhailneach so, dhuinne nach do thoill a chuid bu lugha do d' throcair.

An uair a bheir sinn fanear cuideachd cia neo-airidh a dh' fhag ar peacaidh sinn air an iochd is lugha uaitse, 's co mor as a tha sinn buailteach do t' fheirg, fendaidh iongantais a bhi oirn, an' aite bhi fathasd beo, 's a' fulang co beag, nach ann a tha sinn 'gar claidh fo chudrom do chorruidh shiorruith. Tha 'n trocair is lugha ni's mò na ar n airidh; 's an trioblaid is mò ni 's lugha na ar toillteannas. ---C'arson mata ni duine beo gearan? Am faigh sinn uirread mhaith o laimh an Tighearna,

's nach gabh sinn ri trioblaid waithe cuideachd gu faighidneach agus gu taingeil ?

---Gabhaidh, O DHIA: oir an' so tha sinn gar strìochda' fein aig stòl do chois, 's a' t'uirgseadh ar toil a strìochda' do d' thoilsa, O Athair ar spiorad, a chum as gu maireamaid beo. Gu ma beannuichte gu robh t' iochd agus t' irisleachd, gu d' fhosgail thu dhuinn doras o gach trioblaid le radh ruinn ann a t' fhacal.---' Am b'neil neach air bith ann an amhghar ? Deanadh e urnaigh.'---Riutsa, O Athair na trocair! tha sinne 'san uair so ag cur suas ar n' urnaigh. O THIGHEARNA, na bi fada uainn an uair tha trioblaid dlù dhuinn!

Le cridheachaibh uile-strìochda do d' thoil naomhasa, tha sinn a' guidhe gu durachdach as leth do sheirbhisich ata an' trioblaid. Amhairc air [no uirre] 'na staid iosail, a chionn gu mair gu sìorruith do throcair. Na leig dà anshocair fàs ni's truime, 's na biodh a thinneas a chum bàis, ach a chum glòir DHIA. Agadsa, O Thighearna, tha fios air a dhealbh: na leag air oscionn na bhios e comasach air a ghiulan. Agus, O Thusa is leigh do 'n anam is do 'n chorp, stiur gus na meadhona sin a bhios iomchuidh a chum a leigheas; cuir do bheannacha na 'n cois, agus aisig do sheirbhisich gu slainte. Biodh, ma's toil leat, tuille aimsir air a toirt d'a arson aithreachais, arson seirbhis a thoirt duitsa 'san t saoghal so, 's arson deasachaidh fa chomhair saoghail eile.

Their dha, O DHIA, am feadh a mhaireas

a thinneas, faighidin agus furtachd: cum do lamh uile-chumhachdach an' taice ris, a chum as nach failnich e fo smachdachadh an TIGH-EARNA. Biodh a spiorad umhal do d' thoil; biodh a thrioblaid air a naomhacha' dha; biodh a leas air a chur air aghaidh lei, biodh a pheacaidh air am maitheadh, agus a bheatha, ma's toileach leat, air a slanuchadh is air a sìneadh.

Ach mur 'eil thus' a' faicinn so iomchuidh, ulmhaich e, O DHIA, arson atharrachaidh, 's mun dealuich thu anam agus a cholann o cheile, dealuich uaithe uile pheacaidh, is na leig le bas no beatha, no ni sam bith eile sgarachduin a chur eadar e 's do ghradh-sa ann an Iosa CRÌOSD: ach bàs no beatha dha, deonuich anns an Tighearna gu bi e. Deanadh do SPIORAD cogha leis anns anns an deuchainn dheireannaich, agus buaidh is tuille 's buaidh a thoirt da trid Iosa CRÌOSD a Thighearna. Ann ad' lamha-sa, a Chruthai' ir dhìleis agus Fhir-shaoruidh throcairich, tha sinn 'ga fhàgail, anns an earbsa, mu dh'orduich thu e chum bais, gu deasuich tha anam arson do thoil naomh, a chum as nach bi cumhachd aig an dara bas os a chionn.

Cuidich leinne, aig am bheil an t slainte, bhi gun dàil 'gar n ulmhacha' fein arson tinneis, bais, breitheanuis agus bith-bhuantachd; a chum as nach bi eagal oirn roi' theachdaire tinneis no bais, is a chum as gu bi do ghnà an solas spioradail sin againn, nach urra tinneas no bas a thoirt uainn.

Eisd ar n' a chuine, O DHIA agus a Rìgh;  
 fuasgail air an tinn, is buanaich an t slainte  
 leis an t slàn, maith ar peacaidh, is gabh  
 ruinn fein agus r'ar seirbhis, air sgà' ar  
 Tighearn Iosa CRÌOSD, a dh' iarr oirn ar n' z-  
 chuinne chur suas as leth nan uile dhaoine, 's  
 an staid earbsa', do reir am feum fa leth, ri  
 Athair nan uile throcaire, ris an do theagaisg  
 e dhuinn a radh ann ar u urnaigh, *Ar n'  
 Athair ata air neamh, &c.*

---

*Urnaigh Bhuidheachais arson Teaghlach, muair  
 a bhios aon do'n mhuintir air aiseag gu slainte.*

**O** DHE uile-ghrasmhoir agus throcairich!  
 tha thusa maith, agus a' deana' maith, is tha  
 do chaomh-throcair oscionn t uile oibre.  
 Chuala sinne, chunnaic sinn, agus anis gu  
 h' araid mhothaich sinn, gur Gràdh DIA.

Cliu, cliu gu sìorruith gu robh do t ainm,  
 an' àit thu fein a dheanadh aithnichte dhuinne  
 le d' bhreitheanus, mar a thoill sinn, gur ann  
 a dh' fhoillsich thu thu-fein duinn mar an  
 DIA sin a mhaitheas ar n' aingidheachd, a  
 shlanuicheas ar n' easlainte, a dh' aih-nuadh-  
 aicheas ar beatha, 's a chrùnas sinn le caoimh-  
 neas gràdhach. Cia trocaireach a bhui thu  
 ruinne, O DHIA, oscionn na dh' fheuda' suil  
 a bhi againn ris! O gu moladh daoine DIA

arson a mhaithis, agus arson a throcair ion-  
gantach do chlainn nan daoine!

O gu moladh an teaghlach so gu h araid  
DIA, a chuimhnich oirn 'nar staid iosail, 's a  
thug dhuinn aris aobhar buidheachais. O gu  
moladh ar n anama DIA, eadhon DIA ar slainte;  
oir tha a throcair is a ghrasa buan duinn: dh'  
orduich e guth subhachais agus slainte 'nar far-  
daich; is ardaichidh sinne ainm ar Tighearna.

Gabh buidheachas gu sonraicht, O DHIA,  
o d' sheirbhiseach d'an d' thug thu tearnadh.  
Thug thu pios e [no i] o bheul na h ualghe, 's  
air an aobhar ein bheir esan agus sinne cliu  
dhuit. Cha chliudhaich an uagh thu, cha  
toir am bas mola dhuit; ach am beo, am beo  
bheir esan mola dhuit, mar a ni sinne 'san am  
so, 'egu h araid do sheirbhiseach d'an d' thug  
thu sineadh saoghail agus slainte. O! gu  
tugadh e gradh r'a bheo do 'n DIA sin a dh'  
eisd a ghuth agus achuine, s' gu gluaiseadh e  
'na fhianuis gu brath le faicill. O gu biodh e  
curamach gus am barrachd uine fhuair e gu  
aithreachas a dheagh-bhuileachadh, a chum  
as gu bi e deas, uair sam bith a thig am bas,  
is eigin teachd uair-eigin, 's a' dh' fheudas  
teachd gu grad.

Coilion, O DHIA, gach ni tha fathasd feu-  
mail a chum do sheirbhiseach aiseag gu slainte  
fhoirfidh. Agus, O a Leigh uile-chumhachd-  
aich! mar a leighis thu an corp, leighis cuid-  
eachd an t anam. Saor e o gach eucail pheac-  
ach, is lion e le gras agus slainte spioradail.



Deonuich, O Athair neamhaidh gu druigh do throcair is do mhaitheas anns a' chùis so, air gach aon againne cuideachd, air mhodh iomchuidh, is nach toir buairè sam bith oirn an trocair mhor agus nuadh so a leigeadh air dichuimhn. Deonuich gun ionsuich sinn uaithe cia faoin an greim ata againn do gach ni a tha rinn a' sealbhach; nach 'eil aon air bith dhiu 'nar laimh fein; ach gu bheil sinn an' earbsa ri DIA air an son uile, 's nach 'eil againn ach coingheall uaithe-san do gach sochair agus comaine 'nar crannchur. O! gu mealamaid na h uile nithe le measarachd; a' cuimhneacha' gu bheil an saoghal is gach ni ta ann a' gabhail seachad, is sinne 'g imeachd maille ris.

A DHIA deonuich gun ionsuich sinn o'n trioblaid 'san robh ar teaghlach, nach 'eil sinn ri bhi fada beo le cheile anns a' bheatha so; 's gur iomchuidh dhuinn deasachadh gu grad arson beatha eile: chum as co sam bith againn a bhios air a ghairm an' toiseach, gu bi e ullamh gus a' ghairm a fhreagrach. O deonuich go coinnich sinn 'na dheigh sin ann an saoghal is fearr, is gu bi sinn gu sìorruith sona le cheile, agus leis an THIGHEARNA.

A chum as nach bi sinn air ar mealladh anns an dochas sholasach so, bitheamaid uile dùrachdach anns an obair sin gus an deachaidh ar cur ionsuidh an t saoghail. Deanamaid sinn fein a ghiulan ni's faicilliche 's ni 's fearr anns gach inbhe agus daimh anns am bheil sinn do aon a cheile, no do 'n t saoghal. Gluaisemid.

ann an sìth agus ann an gràdh, is na deanadh aon neach againn ni sam bith a bheir oibheum no naire do aon eile. Bitheamaid air ar cumadh ris an t soisgeul, agus air ar stiuradh leis an SPIORAD.

Amhairc, a DHIA, la iochd air staid an t saoghail gu h iomlan. Gabh curam gu h araid do t Eaglais, is na diobair do chuis fein ann an saoghal aingidh. Gabh curam do leas nan rioghachda so: cum uainn gach dosgaich, is deonuich sonas agus sìth dhuinn. Fiosruich staid nan uile dhaoine, 's thoir do gach aon cobhair a reir am feum, is cridheacha taingeil au' deigh an cobhair.

Anis, O DHIA, tha sinne le taing agus solas 'gar fagail fein is gach ni bhuineas duinn air do churam gu là ar crìche. Bi leinn an' sin roi' ghleann sgàil a' bhais d'ar dìon o gach eagal, is thoir tearuinte sinn ionsuidh do rioghachd, air sgà' IOSA CHRÌOSD ar Tighearna.

Anis dhasan a tha 'na shuidhe air an rìchathair, 's do'n Uan a bha marbh, 's a shaor sinne do DHIA le fhuil, gu robh onoir agus glòir, agus mòrachd agus cumhachd, fad saoghal nan saoghal. *Biodh amhluidh.*

---

*Urnaigh arson Teaghlach, an deigh do DHIA  
bristeadh a dheanadh ann le bàs.*

**O** DHE naomh agus urramaich! tha thusa mlhàin ad' chuis-eagail. Cò sheasas ann ad

lathair? Bheir thu air ailleachd duine crionadh,  
is their thu ri clainn nan daoine, Pillibh a  
chum ur duslaich.

Tha sinne do chreatuirean truagh ann se  
'nad lathair, air ar toirt iosal le smachdacha  
do laimhe, leis am bheil sinn gu goirt air ar  
dochann. Ann ad ghliocas neo-chriochnach  
chunnacas iomchuidh dhuit ar tigh a dheana'  
'na thigh bròin, le beatha do sheirbhisich, anns  
an robh uirread thoilinntin againn, a bhuintin  
air falbh, agus sinne fhàgail fo mhulad. Ach  
tha sinn a' tairgseadh ar bròn a chumail gun  
dol thar na crìocha sin ata thu fein a' ceadacha'  
dhuinn.

Cia cràiteach sam bith ar staid, tha sinn a'  
tairgse' gun choire sam bith fhaotainn do'n  
ni a rinn thusa, 's gun mhonmhur sam bith a  
dheanadh an' aghaidh do fhreasdail, le 'r giu-  
lan le'r cainnt, no le'r cridhe. Tha sinn a'  
tairgseadh ar lamh a chur air ar beul, 's a bh'  
'nar tosd, a chionn gur tus' a rinn e: agus tha  
sinn a' tuiteam asios ann ad' lathair, a dh'  
aideacha', leis na h'uile irisleachd, t arduachd-  
ranachd os ar cionn, 's do làn-choir air ni sam  
bith is aill leat a dheana' ruinn fein is ris  
gach ni ata againn. Is tu thug dhuinn anail  
na beatha; 's nuair is aill leat, feudaidh tu a  
buintin air falbh.

Is dleasnach dhuinne, O DHIA, bhi strìochd-  
ta do d' thoil naomha-sa anns na h uile ni, 's  
a radh, Is e an TIGHEARNA ta ann, deanadh  
e mar is aill leis. Is mar is e so ar dleasnas.

is e cuideachd ar togradh; is air an aobhar sin, tha sinn ag iarraidh ar cridheachan a striochda' do'n fheuchainn mhuladaich sin leis am bheil sinn air ar fiosracha' san àm so. Is e an TIGHEARNA thug seachad, agus is e an TIGHEARNA thug air falbh: gu ma beannuichte gu robh ainm an Tighearna!

Tha sinn gu durachdach a' guidhe gu bi am bristeadh so a rinneadh leatsa 'nar teaghlach air a naomhacha' do gach neach againn. Tha fios againn gu bheil iomad ni 'nar cridhe 's 'nar giulan a tha deanadh ar cronuchaidh feumail; O deonuich gu bi sinn air ar n-iris-leachadh arson ar cionta, 's gu bi ar n-iomachar as so suas ni 's fearr. Buidheachas duit a bhunaich ar caraid leinn co fada. Tha sinn a' toirt buidheachais duit arson buannachd sam bith a fhuair sinn o bheatha; 's a' guidhe gu dean sinn cuideachd feum ceart d'a bhàs. O gu tugadh so dhuinn an tuille mothachaidh bhì againn, cia anfhann agus gearr ar rè! Ciod a tha annainn ach faileas agus diomhanas! Mar is e am bàs crìoch nan uile dhaoine, tha sinn a' tairgseadh anis, am feadh is beo sinn, leigeadh le smaointe cuidreamach mu thiomchìol drùghadh air ar cridheachan.

Nuair a smaointicheas sinn gur e peaca thug am bàs asteach do'n t saoghal, O faiceamaid uaithe so an t olc a tha anns a' pheaca, 's deanaid aithreachas arson ar n' aingidheachd fein, am fad as a tha uine air a toirt duinn gu aithreachas; a chum as gu biodh mid air ar

saoradh o'n dara bàs, am bàs siorruith. Bi trocaireach ruinn, O DHIA, agus maith dhuinn, air sgà CHRIOSD, ar n uile easaontas.

Am bheil cuid anns an fhardaich so, a bha gu ruige so neo-churamach agus neo-iomguineach mu thiomchioll an anama? Ma tha, duisg thus' iad, O DHIA, o'n neo-churam, is deonuich gu dean an teachdaire so o na marbh-aibh am mosgladh, is an toirt ionsuidh na staid sin gu nach 'eil iad fathasd air an tar-ruing le cuire no le comhairle t fhacail. Am bheil cuid eile againn a chaidh air ar n ais ann ar n eud, is a thuit o'r ceud ghradh? O! ma tha, gu deanadh am freasdal so ar n ath-bheothachadh agus ar n ath-leasachadh, air eagal, nuair a thig ar maighstir gu'r gairm fein, gu faighear sinn 'nar cadal. O gu biodh mid anis ni 's durachdaiche, anns na h uile dleasnas; a' cuimhneacha' nach 'eil obair, no inn-leachd, no eolas, no gliocas, anns an uaigh, gu am bheil sinn uile 'g imeachd.

O gu cuimhnicheadh uile cia gairid ar n ùine, cia mor a tha ceangailte ris a' bhuil a bheir sinn aisde, 's cia neo-chinnteach a tha ar làithe; a chum as nach dean sinn earbsadh as an là maireach, 's gun fhios againn, ciod a dh' fheudas aon là a thoirt mu 'n cuairt. Gu ma fearr leinn an diugh, am feadh a theirear an diugh ris, suim a ghabhail do na nithe sin a bhuineas d'ar leas siorruith, mu 'm bì iad gu brath air am falach' o'r suilibh. O gu caitheadh gach là air sheol as nuair a thig là

ar bàis, gu bi e ni 's fearr dhuinn na là ar breith. Is beannuichte na seirbhisich a gheibh am maighstir a' deana' mar so nuair a thig e!

Buidheachas duit, O DHIA, gu bheil, anns an t saoghal dhorcha bhrònach agus bhasmhor so, beatha agus neo-bhasmhorachd air an toirt gu solus, trid an t soisgeil. Gu ma beannuichte gu robh DIA agus Athair ar Fighearn Iosa CRIOSD, a rinn, le aiseirigh a Mhic o na marbhaibh, beo-dhochas a thoirt duinne ri oighreachd shiorruith agus ri crùn gun smal: is mola' do DHIA gach uile mhaithis arson gach cofhurtachd agus dochas a tha sinn a' faotainn o'n chreideamh Christuidh.

Tha sinne ag creidsinn ann an DIA; tha sinn ag creidsinn cuideachd ann an Iosa, ughdar agus fear-criochnachaidh ar creideimh. D'a thrìd-san, O biodh dochas air a thoirt duinn gu crìochnaich uile thrioblaide na beatha bhasmhoir so ann an aoibhneas bithbhuan!—dochas, cha'n e mhaire ri sonas siorruith d'ar n anamaibh, ach mar an ceudna ri aiseirigh na colla, gu glòir onoir is neobhasmhorachd. An' sin feudaidh sinn misneach a thoirt do aon a cheile, le suil a bhi againn, trid trocair DHIA ann an CRIOSD, ris na nithe so.

Anis, do 'n Triath ghloirmhor sin, a bha marbh, agus a tha nis beo, 's a blitheas beo gu siorruith, 's aig am bheil iuchraichean ifrinn agus a' bhais, do Thriath nam beo agus nam marbh, gu robh onoir agus glòir, slainte

cumhachd agus buaidh, fad saoghal nan saoghal!  
*Amen.*

---

*Urnaigh arson Teaghlach, aig toiseach no aig crìch bliadhnaidh.*

**O** JEHOBHAN shiorruith agus uile-chumhachdaich! tha thusa lànshona annad fein, agus is ann uait a tha gach bith, gach buaidh, agus beannachd a' sruthadh anuas gu t uile chreatairean. Mun do ghineadh na sìobhntean, is mun do leagadh stèidh an domhain, bha thusa: o shiorruitheachd gu shiorruitheachd is tu DIA!

Is tusa, air tùs, a shuidhich stèidh na talmhainn, agus is iad na speuran obair do làmh. Theid iad so seachad, ach mairidh tusa; seadh fàsaidh iad uile sean mar thrusgan, is bidh iad air caochladh; ach tha thusa gun chaochla' gun atbarracha' gu shiorruith. Tha mìle bliadhna 'nad shealla-sa mar aon là, is aon là mar mhìle bliadhna.

Air an aobhar sin is tusa 'mhain, O a charraig na shiorruitheachd! is aon stèidh dochais duinne, aig am bheil ar làithe mar leud-boise, agus ar n aois mar neo-ni: 's gu ma beannuichte gu robh t ainm, bha thu, anns gach aon linn, 'na t ionad cònuidh agus dìdein do chlainn nan daoine. Bha thu riabh a' nochda' dhuinn do churam agus do chairdeis;

bha là agus o'che, samhra agus geamhara, màrt agus foghara, o aon bhliadhna gu bliadhna eile, ag cur an' ceill do dhilseachd. Air an aobhar sin cuiridh aon linn an' ceill do chliu do linn eile; aithrisidh na h aithriche' d' an clainn sgeul air do mhor-mhaitheas.

Le taing agus le buidheachas, tha sinne 'g iarruidh, O DHEA, do mhaitheas aideachadh. Is ann uait a fhuair sinn ar beatha agus slainte, 's gach sochair aimsireil no spioradail a shealbhuich sinn gu ruig an uair so. Shaor thu sinn o na h uile do-aireimh d' an robh sinn buailteach, is bhuilich thu oirn mìle tiolaca mu 'n robh fios againn co thug dhuinn iad. Thug gach là dhuinn dearbhadh air do mhaitheas, is mheal sinn gu ruige so do throcair. Shuidhich thu sinn 'nar teaghlach, is bhuan-aich thu leinn do chofhurtachd; dhealruich do lochran air ar fardaich, is bheannuich thu ar cuibhrionn; sgeadaich thu sinn le t olainn agus le d' lion, is thug do thalamh dhuinn teachdantir d' ar beathachadh. Nuair a bha sinn a' caitheadh lòn aon bhliadhna, bha thus' a' deasacha' dhuinn lòn arson bliadhnaidh eile, 's lean do mhaitheas agus do throcair ruinn an fhad so.

Ach tha sinn, thar gach ni, toirt buidheachais duit arson do chaoimhneis d'ar n anamaibh. Cliu dhuit, O Athair, gu d' rugadh sinn ann am fearann Criosduidh, far am bheil againn eolas an t soisgeil agus meadhona na



slainte. Ciu dhuit gu cualadh ar cluasan sgeul ait na beatha maireannaich, a chaidh fhoillseacha' le d' Mhac, 's a ghuidh iomadh faidh agus rìgh agus naomh a chluinntin, ach nach cual' iad; 's gu bheil ar suilean a' faicinn nan nithe gloirmhor sin a ghuidh iadsan fhaicinn, ach nach fac' iad.—Buidheachas duit duit gu h araid ma bha sinn co sona 's gu do ghineadh sinn o pharantaibh diadhaidh, a thog suas sinn ann a t eclas is ann a t eagal; no ma chuir do fhreasdal sinn ann an teaghlachibh anns an robh aoradh agus eagal DIA, 's gu d' fhuair sinn eisempleir agus earail, maille ri meadhonaibh na slainte. Gu deoniche' DIA nach bi na grasan so air an toirt duinn an diomhair!

Mar theaghlach, tha sinn a' toirt buidheachais duit gu do chuir thu bliadhradh eile ri' r n ùine, 's gu do chrùn thu i le d' mhaitheas. Gu ma beannuichte gu robh DIA, nach 'eil sinn ann an àireamh nam mìltean sin a shiubhail gu siorruitheachd anns a' bhliadhnai' sin a chaidh seachad. Agus buidheachas duit a bhuaicinn leinn, maille ri' r beatha, na sochaire sin a dh' fhàg ar beatha taitneach. Ma fhuair sinn slainte iomlan, 's e DIA thug dhuinn i; no ma bha aon neach againn air fhiosracha' le tinneas, is e DIA thug fuasgla, 's a chum uainn na h uile lionmhor a dh' fheudadh ar milleadh. Is tu thearuinn sinn a dh' oi'ch is a là, o thois-each na bliadhnai' gu ruig a deire; 's tu bheann-

uich ann an tomhas air bith saothair ar lamh,  
agus a shoirbhich leinn 'nar gnothaichibh.

Buidheachas duit gu h araid gu do bhuan-  
aich thu leinn meadhona nan gras agus so-  
chairean an t soisgeil: gu d' fhuair sinn sabaid-  
ean agus sacrameidean, aithn air aithn agus  
earail air earail; nach do sguir do SPIORAD a  
dheana' strì ruinn, is nach d' thainig crìoch  
air t fhad-fhulangas. Bha do shlighe, O  
DHIA, da'r taobh-ne, làn do throcair; ach O!  
cia beag a bha ar taingealachd a' freagairt do  
d' mhaitheas! Cia beag a dhruigh t fhacal no  
do fhreasdal air ar cridhe! Ma bha sinn ann  
an socair, dhi-chuimhnich sinn thusa; 's ma  
bha sinn ann an docair, bha sinn ullamh gu  
monmhur a dheanadh, an' aite bhi strìochda  
do d' thoil naomha, mar bu choir.

Aig gach aon againn tha aobhar bròin gu d'  
thainig sinn co fada gairid air ar dleasnas, a-  
gus gu do pheacaich sinn co tric is co an-trom-  
ach ann a t aghaidh. Bu cheart-bhreitheach  
dhuitsa, O DHIA, ar gearradh asios ann am  
meadhon ar cionta.—Ach maille ri bròn arson  
ar peacaidh, tha sinn cuideachd a' deana'  
gairdeachais, gu bheil maitheanas maille riutsa,  
trid Iosa CRIOSD, a bha 'na iobairt-reitich  
arson peacaidh. O maith dhuinn ar n uile  
lochdan air sgà ainme-san, is na leig dhuinn  
dol air ar n aghaidh gu bliadhn' eile le cudrom  
peacaidh sam bith air ar ceann. O gu leas-  
aichemid air a bhliadhna so, air am bheil sinn  
a' tionsgna', gach ni tha am mearachd 'nar

eridhe 's 'nar giùlan! 's gu bithe'mid ni's du rachdaiche gu geill a thoirt do thoil ar Tighearna. Is e so ar rùn; agus is i ar n urnaigh riutsa, O DHIA nan uile ghras, gu tuga tu dhuinn coghna do SPIORAID naoimh, a chum ar rùn a chur an' gnìomh, agus a bhi dileas duitse gu ruig am bàs, a chum as gu faigh sinn an sin crùn na beatha.

Anis, O Thighearna, tha sinn gar 'n earbsa' fein agus ar teaghlaich riutsa trid na bliadhna so. Mata thu faicinn iomchuidh gach neach againn a chaomhna' d'a trid, deonuich gur ann an trocair dhuinn a ni thu e. O coigil sinn, ma 's e sin do thoil naomh! a chum as mata aon air bith againn nach robh ach a' cur dragh air an talamh gu ruige so, gu tugadh e nis amach tora, 's gu fasamaid uile ni's pailte ann an obair an Tighearna; chum onoir a chur airsan, maith a dheana' d'ar n anamaibh fein, agus d'ar co-chreatuiribh.

Tha sinn a' cur ar n uile churam saoghalt air do churam-sa, 's a' strìochdadh ar n uile ghnòthaichean saoghalta do d' thoil: a' guidhe gu toir thu dhuinn na chi thu fein is fearr dhuinn. Ma bhios e chum ar leas, buanaich leinn ar sochairean is ar slainte: ach mur bi, ulmhaich thusa sinn arson feuchainn air bith gus an aill leat ar gairm. No ma 's i do thoil ar gairm gu siorruitheachd mu 'n tig crìoch na bliadhna so, deonuich gu faighear deas sinn ri uair ar n atharrachaidh. O gu cuimhnichemid nach 'eil nar beatha ach ceo, a mhaireas

tiota beag, is a theid an sin as an t sealladh. Teagaisg thusa dhuinn, O DHIA, ar làithean aireamh, is ar cridheachan a shocruchadh air fìor-ghliocas.

Tha sinn a' toirt buidheachais duit arson do throcaire lionmhor d'ar rioghachd anns a bhliadhnaidh a chaidh thairis, agus a' guidhe gu buanaich thu leinn do mhaitheas. Biodh teachdantir aig ar bochdaibh, is na biodh aobhar gearain sam bith 'n ar sràidibh. Biodh do shoisgeul air a bhuanacha leinn, is thugadh e buaidh ni 's mò air cridheachan a luchd-labhairt agus eisdeachd, a chum as gu bi sinn gu leir 'nar pobull ionmhuin-le DIA.

Tha sinn gu dùrachdach ag earbsa' riut ar cairdean is ar luchd-daimh, 's a' guidhe gu dean thu bhliadhna so sona dhoibh-san agus dhuinne.—'S a nis, O DHIA, gabh gu trocaireach ruinn fein agus ri' r n aoradh, trid Iosa CRIOSD; d'an robh, maille riutsa, 's ris an SPIORAD naomh, an t aon DIA beo agus fìor, gach cliu agus urram, fad saoghal nan saoghal. *Amen.*

*Urnaigh roi' Shuipeir an Tighearna.*

**I**S naomha, naomha, naomha, Thusa O Thighearna DHIA, nan sluagh! agus is naomh a bhui-neadh dhoibhsan a bhith leis am b' àill teachd dlù dhuit. Tha na h'aingil a's airde ag falach an gnuis le 'n sgiathaibh, agus a' tilgeadh an

crùn asios aig stòl do chois nuair a thig iad am fagus duitsa, thoir luadh do t ainm. Cia mò gu mor a' bhuineas do dhuslach agus do luathre mar sinne bhi air ar liona' le urram agus eagal naomha ann ad lathair. O na coinnich sinn ann ad cheartas mar theine lasrach; ach gabh ruinn gu trocaireach, air sgà Mic do ghraidh, a bhasaich a chum ar tearnadh.

Tha sinn 'ga mheas mar an onoir is mò gu bheil sinn a' cluinntin iomradh ort ann a t fhacal, 's a' faghail comais labhairt riut ann an urnaigh: ach mar nach bu leor so, tha thu nis cuideachd 'gar cuireadh ionsuidh do bhuird naomh, a chum as gu gabhamaid ar suipeir maille riutsa, agus thusa maille ruinne. Tha sinn a' deanadh uaille ann an uile shòchairibh ant soisgeil, ach gu h àraid anns an ordugh naomha so, leis am bheil sinn a' cumail a suas cùimhne air bàs ar Fir-shaoruidh, a' faotainn pàirt d'a thiolacaibh, is ag aideachadh ar daimhris fein agus r'a eaglais.—Ach ciod sinne, no ciod e tigh ar n Athar; gu faighemid a leithid so do throcair! Sinne nach do thoill an sbruileach, tha sinn air ar gairm gu bord na clainne! —O l'husa 'ta gar cuireadh gu suipeir bainnse an Uain, thoir dhuinn, tha sinn a' guidhe, trusgan na bainnse, 's oibrich annainn am fonn anama 's an t aigne naomha sin ata iomchuidh arson an orduigh sholeimnte so; a chum as gu bi ar comanacha leatssa taitneach agus tarbhach.

Tha sinn ag aideacha' nach 'eil sinn air chor sam bith airidh air an trocair mhoir

so: oir pheacaich sinn ann an aghaidh neimh agus ann ad shealla-sa, 's cha 'n airidh sinn gun abairte do chlann ruinn. Tha ar cridhe 's ar giulan so-aomaidh gu olc, ach mall gu maith, tha ar n' aire gu ro-mhor air nithe talmhaidh; 's gun ach ro-bheag suim againn do nithe neamhaidh agus spioradail. Struidh sinn ar n' ùine, mhi-bhuilich sinn ar cothrom, ruith sinn an' deigh diomhanais, is threig sinn ar leas siorruith fein. Gedo chaidh argabhail gu moch ann an cumhnanta riutsa, 's ge do chuir thu sinn fo gach ceangal agus comaine gu gradh urram agus umhlachd a thoirt duit; gidheadh cha do ghiulain sinne sinn-fein do reir so; ach chlaon sinn air falbh uait, is dhearmaid sinn ar dleasnas agus ar sonas.—O DHIA, bi trocaireach ruinne peacaich!

'S a chum as gu biodh mid iomchuidh arson trocair, O deonuich gu bi ar cridheachan air an irisleadh, is air an lionadh le bròn diadhuidh arson ar peacaidh; a chum as nach tig sinn am feasd gu dìteadh. O gu faigheamaid anns an ordugh so eolas slainte air CRÌOSD, araon air a cheusadh agus air a ghlòrachadh; air sheol as gu bi am peacadh air a cheusadh annainne, 's gu tig sinn beo do fhireantachd.

Tha sinn a' tairgseadh an t' ordugh so a thoirt fanear mar chuimhneachan air bàs ar TIGHEARNA; mar dhearbhadh air ar dochas ri theachd aris; mar bhann eadar sinne 's a' chuid eile d'a eaglais fhaicsinnich agus neo-fhaicsinnich; is gu h'araid mar chomhara air

ar dàimh rìsan, agus mar cheangal cumhnaint eadar ean agus ar n anama. O thusa o'n tìg ulmnachadh a chridhe, thoir dhuinn na beusan agus na grasan a bhios iomchuidh arson na h-òibre so. Meudaich ar creideamh, ar gradh, ar n aithreachas, agus ar rùn gu nuadh-umhlachd. Claoidh annainn gach freumh searbhadais, agus mi-rùn, agus feirg; is lion ar cridheachan le gradh seirc agus iochd do na h-uile dhaoine. Dean sinn uile-dheonach gu sinn fein a thoirt suas do CHRISD, mar ar Faidh Sagart agus Rìgh; a chum ar teagasg, ar sàbhaladh, agus ar riaghladh.

Thoir dhuinn gu h araid do SPIORAD, a chum ar naomhachadh, agus ar n ulmnachadh arson bhì 'nar n aoidheachan iomchuidh arson bord an Uain air thalamb, is fadheoidh air neamh. Soillsich, O a SPIORAID naoimh, ar n inntin ann an eolas Chrìosd; lùb ar toil d'a thoilsan; lion ar cridheachan le togra 'na d'heigh agus le teas-gradh dhà; is thoir d'ar n anamaibh an tart agus an iota sin an' deigh fireantachd, a bhios a reir geallaidh DHIA air a shàsachadh.—O Ard-mhaighstir na feisde! cuir fein amach-t fhirinn agus do sholus, d'ar stiuradh a chum do theach. An' sin biodh do lathaireachd agus do bheannacha maille ruinn; lasadh ar cridheachan an' taboh astigh dbinn ann an coluadar riutsa; 's biodh ar 'Tighearn' air a leige' ris duinn ann am bristeadh an arain. Leis an aran agus leis an fhion, a tha na'n comhara air corp agus fuil CHRISD,

faigheamaid na sochairean spioradail a tha iad a' ciallachadh, is bitheadh iad 'nam biadh d'ar n anam. O dean fein na h elemeinte a naomhachadh, a bheannachadh, agus a chais-rigeadh a chum na crìche so!

'Tha sinn ag aideachadh aris, O THIGHEAR-NA.—nach airidh sinn air a' chuid is lugha do d' throcair: ach co ionnsuidh a theid sinn ma chuireas tusa cùl ruinn? Nach ann a shabhala' pheacach, mar sinne, a thainig thu chum an t saoghail; 's nach 'eil thu comasach agus toileach air gach neach a thig do t ionsuidh a shabhala' gus a' chuid is faide? Nach d' iarr thu air gach neach fo uallach a' pheacaidh, teachd do t ionsuidh a dh' fhaotain fois d'an anam? Nach d' thug thu fàilte leigheas agus slainte do gach neach rizbh a thainig; 's am bheil anis do lamh air dol an giorrad, no do throcair air dol an lughad? Nach do ghabh thu ort fein smachdacadh ar sìth, is nach robh t fhuil 'na h iobairt arson peacaidh?—Tha so uile toirt misnich dhuinn teachd le treibhdhreas cridhe, 's le dearbh-bheachd nach cuir thu cùl ruinn.

O DHIA, a thug dhuinn t aon-mhac, tha sinn earbsach gu toir thu dhuinn, maille ris an, na h uile ni eile bhios feumail. C' arson a bhàsaicheas sinn, is aran gu leor an tigh ar n Athar, agus fearta gu leor am fuil ar Slanui'-ear? Anis mata tha sinn a' guidhe gu bi do bheannacha maille ruinn, is maille ris gach neach aig am bheil an ni ceudna 'nan aire.



Maith dhoibhsan agus dhuinne gach ni anns am bheil sinn failneach 'nar n ulmhachadh. Cuidich leinn uile teachd dlù dhuit anns an aon Spiorad, 's a bhi ceangailtè ri cheile leis an aon chreideamh, leis an aon dochas, is leis an aon ghradh. Coinnich gach aon againn aig do bhord le beannachadh Athar, is thoir mothacha' dhuinn air do lathaireachd sholasach. Na faluich do ghnuis, na ceil do ghras, is na cum uainn do SPIORAD. So uile tha sinn a' guidhe air sgà IOSA CRIOSD, d'an robh maille ris an Athair agus ris an SPIORAD, gach cliu gu sìorruith. *Biodh ambluidh.*

---

*Urnaigh an' deigh Suipeir an Tighearna.*

**O** DHE ghloirmhoir agus bheannuichte! tha thus' air t ardachadh oscionn cliu agus smaointe dhaoine agus aingeal: gidheadh tha thu gad' irisleacha' fein a dh' amharc oirne, 's a' ceadacha' dhuinn teachd am fagus duit le muinighin clainne. Cliu dhuit arson t iris-leachd agus do ghraidh dhuinn air na h uile doigh, ach gu h araid ann a t aon Mhac a thoir seachad gu bàs a chum ar saoradh. An' so gun amharas tha gradh, cha'n e gu do ghradhaich sinne DIA, ach gu do ghradhaich DIA sinne. O gu moladh ar n anama DIA, arson a mhaithis, is gu tugamaid cliu d'a ainm naomha mar is còir!

Cliu dhuit, O DHIA, arson gach sochair ata againn, trid CHRIOSD; ach gu h araid arson an orduigh naomha sin anns am bheil a bhàs air a chur an ceill duinn. Cliu dhuit arson a' chothrom nuadh thug thu dhuinn gu pairt a ghabhail deth: arson na chuunaic, na chuala, na bhlais, agus na laimhsich sinn. Ciod sinne, no ciod e tigh ar n Athar, gu tugadh DIA sinn gu tigh fheisde, 's gu sgaoileadh e bratach a ghraidh tharuinn? Feudaidh sinne gun amharus a ràdh gur fearr aon là 'na chuirt 'na mìle, 's aon uair aig a bhord na deich mìle ann an àit eile. Gu ma beannuichte gu robh DIA arson sochairibh agus solasaibh a thighe, 's arson gach cofhurtachd leis am bheil e fagail a phobuill ait 'na thigh urnaigh.

Ach tha aobhar againne bhì fo bhròn is fo nàire, nach do dhruigh na nithe gloirmhor so oirn ni 's mò na rinn iad. Cia suar a bha ar cridhe, cia luaineach ar smaointe, 's cia mall ar n aigne, seach mar bu choir dhuinn! Maith dhuinn, O DHIA, peacaidh ar nithe naomha, 's buin gu trocaireach r'ar failinnibh; a chum as nach caill sinn ar saothair ann am feitheamh ortsa, no a bhuanachd sin bu choir dhuinn chaotainn o t ordugh solasach.

Bha sinn a' cumail cuimhn' air bàs ar Tighearna: O deonuich gu dean smaointe air bhàs, a thoirt oirne bàsacha' do'n pheaca, 's a bhì beo ann am fireantachd, a chum a ghloir an. Aithnichear air ar caithe-beatha gu robh sinn maille ris, is faicear o'r giulan gur sinn

deisciobuil **CHRIOSD.** Anns na h uile nithe  
biodh ar giulan do reir eisempleir, fhacail  
agus a **SPIORAID.**

Bha sinn ag ath-nuadhachadh ar moide  
baistidh, 's gar toirt fein as ùr asuas d'a  
'Tighearna: O gu biodh mid air ar neartach  
le ghràs gu sinn fein a ghiulan gu faicilleach  
a reir ar geallaidh, 's gu seasamh daingean ann  
an aidmheil a rinn sinn! Tha sinn a' tairgse' ca  
thiacha' ni's dùrachdaiche na rinn sinn riab  
an' aghaidh an t saoghail, na feola, agus ar  
aibhisteir: is ge nach 'eil cumhachd sam bith a  
gainn fein gu dol an aghaidh an fheachd mhoir  
so, gidheadh ann an ainm **JEHOBAH** togaich  
sinn asuas ar brataichean, is tha sinn earbsach  
gu faigh sinn a' bhuidh agus tuille 's a bhuidh  
trid Iosa **CRIOSD** ar Tighearna — Dhasan agu  
da' sheirbhis tha sinn gar toirt fein asuas ma  
bheo-iobairtean, 's ag iarraidh leantuin ris  
trid socair agus docair, 'nar beatha 's 'nar bà  
gu brath tuille. Se so ar rùn; is tha sinn a  
cur romhainn leis na h uile faire agus urnaigh  
gur e ar dicheall cuideachd. Ach cha'n 'ei  
ar earbsa as ar rùn no as ar dicheall fein, aci  
amhain a' gràs agus a' **SPIORAD** ar Tighearna.

Bha sinn a' gabhail còir air na sochaire si  
a choisinn **CRIOSD** le bhàs: nior leige' **DIA** g  
caill sinn a' chòir so le pilleadh aris gu amaid  
eachd! — Bha sinn ag aideacha' cuideachd a  
dochais ri ath-theachd ar Tighearna: O g  
biodh mid ri sior-dheasachadh arson an là si  
anns am fais gach suil e, agus iadsan a cheu

e; 's gu biodh mid air neartacha' le gras gu fantuinn ann, a chum as gu bi misneach againn nuair a dh'fhoillsichear e, 's nach bi nàire oirn 'na fhianuis nuair a thig e!

Bha sinn ag aideachadh ar daimh ris a' chuid eile do bhuill CHRISD; is r'a Eaglais air neamh agus air thalamb: Do reir na h aidmheil so, biodh ar giulan ann an gradh brathaireil is ann an seirc; mar is cubhaidh dhoibhsan aig am bheil an t aon DIA, an t aon Slanui'ear, an t aon Spiorad, an t aon chreid-eamh, an t aon dochas, an t aon fheuchainn, agus an t aon dathigh. Na cuiremid amach air a cheile air an t slighe; ach le faighidin fad-fhulangas agus gradh, giulainemid uallach aon a cheile, a chum as gu faicear gur ann do DHIA a' ghraidh a bhuineas sinn.

Mar chomhar' air ar gradh do na h uile dhaoine, tha sinn a' guidhe, O DHIA. gu toir thu do na h uile dhaoine saibhreas do ghrais, maille ri tiolacaibh do fhreasdail. Sgaoil soisgeul na slainte feadh gach àite, 's tog an' aird balla Jerusalem. Beannuich, gu h araid an Eaglais' ath-leasaicht, is leasuich ni 's mò is ni's mò i. Sgaoil amach a crìochan, is doirt air gach neach innte spiorad eud agus aoruidh, sìth agus seirc, umhlachd agus irisleachd. Beannuich ar rìgh, stuir ar luchd-riaghlaidh, is thoir do mhinisteriribh an t soisgeil cuibh-rionn dubailte do d' SPIORAD: Cuidich leo am pobull a dh' earb thu riu a theagasg agus a stiuradh, air sheel as gus càbhalar iad.

fein is a' mhuintir a tha gan eisdeachd. Thoir coghna do gach neach ann an teinn a thaobh cuirp no anama. Leighis an tinn, cuidich an lag, cobhair air a' bhochd, is cluinn osnagh a' phriosanaich. Bi 'na t Athair do 'n dilleachdan, is tagair cùis na bantraiche. Thoir do gach neach bhi strìochda d'o d' thoil naemh anns gach feuchainn leis an aill leat am fiosrachadh; is thoir dhoibh cofhurtachd agus coghna, gus am faigh iad fadheoidh crìoch shona d'an àmhgharaibh. Beannuich ar cairdean; thoir maitheanas d'ar naimhdibh, is cuidich leinne maitheanas a thoirt doibh mar fhuair sinn fein gu saor uaitsa.

Anis, O DHIA, tha sinn a' fagail air do churam nan anama prìseil so a chruthaich agus a shaor thu, 's a' guidhe gu bi iad air an naomhacha' le d' SPIORAD. Ann an neart an lòin spioradail a fhuair sinn, deonuich gu d'theid sinn air ar n aghaidh air astar na beatha le tuille spionnaidh agus cofhurtachd na bha àgainn roimhe: 's ma 's toileach leat a' chuirm neamhaidh so a dheasachadh air arson fathasd anns an fhasach so, O deonuich gu bi ar neart air ath-nuadhacha' gach uair a gheibh sinn i; gu bi ar n an-mianna ni 's mò air an claoidh; gu bi àgainn tuille fuath do'n pheaca, 's tuille speis do naomhachd.—Ach ma 's e 's nach ith sinn do'n aran is nach òl sinn do 'n fhion so tuille gus an ruig sinn rioghachd DHE, O deonuich, ann an neart na cuirme so, gu ruig sinn an t aite sin anns an suidh sinn asios le

Abraham Isaac is Jacob gu suipear shiorruith bainse an Uain! 's gun ulmhaicheadh DIA nan uile ghras a' mhuintir a bha 'nan luchd-comanachaidh leinn air thalamh, arson suidhe' sios leinn cuideachd ann an rioghachd neimh.

Ar n uile staid shaoghailta tha sinn a' fàgail ann am buil do fhreasdail; làn-earbsach, gu toir thu air na h uile nithe co-oibreacha' le cheile chum ar leas; gu leig thu fhaicinn do ghradh anns na h uile crannchur, 's gu cuidich thu leinn sinn fein a ghiulan gu cubhaidh anns gach staid, dhocair no shocair, anns am bi sinn. O biodh ar n anama sabhailte; 's dean ruinn mar is aill leat anns gach aon uile!—So tha sinn a' guidhe air sgà' Iosa, a fhuair bàs 'air arson, agus a dh' eirigh aris; anns am bheil sinn a' guidhe bhì air ar faotainn araon 'nar beatha agus 'nar bàs.—Dhasan, maille ris an ATHAIR agus ris an SPIORAD, gu robh cliu gu shiorruith. *Amen.*

*Urnaigh Mhaidne, arson Scòile.*

O. DHE ghloirmhoir agus uile bheannuichte! is tusa a chruthaich an saoghal agus gach nì 'ta ann; agus is tu tha gabhail curam do gach creatuir: air an aobhar sin buinidh do gach creatuir, d'an d' thug thu reasan agus tuigse, zoradh agus cliu thoirt duit.

Is tu, O DHIA, a chruthaich sinne, 's a ghabh curam dhinn gach oi'ch is là o'n thainig

sinn ionnsuidh an t saoghail. Uime sin, buinidh dhuinn buidheachas a thoirt duit arson ar slainte, ar solais, ar teachdantir agus ar trusgain; is gach ni maith eile dheonuich thu dhuinn fein, no d'ar parantaibh agus d'ar cairdibh.

Tha sinn a' toirt buidheachais duit gu h araid arson Iosa CRISD, aon mhac do ghraidh a chur ionnsuidh an t saoghail, a chum ar sàbhaladh o pheacadh agus o thruaighe. As a leth-san tha sinn a' guidhe gu toir thu dhuinn maitheanas 'nar n uile pheacaidh, agus coghna do Spioraid, a chum eolas fhaotainn air do thoil, agus a deanadh, mar tha esan ag iarraidh oirn 'na shoisgeul.

A chum na crìche 'so, beannuich, tha sinn a' guidhe, gach teagasg a tha sinn a' faotainn anns an aite so, agus soirbhich le'r dicheall agus le'r saothair an' deigh eolais.—Thoir do'n fhear-teagasg ciall, gliocas, faighidin, speis do'n oigridh, agus curam arson an leas, araon a thaobh cuirp agus znama. Deonuich gu faigh e toilinntin ann a bhì faicinn gach aon fuidh a stiuradh a' fas gach là ann an eolas is ann an naomhachd; a chum as mar a bhios iad a' fàs ann am meudachd, gu bi iad a' fas ann am fabhar le DIA agus le daoine.

Beannuich, O Athair neamhaidh, gach aon do'n chlainn so, agus deonuich gu bi iad uile 'nan clainn duitsa. Cuidich leo an Crutha'ear a chuimhneachadh ann an laithibh an oige, mu'm faigh curam an t saoghail, ne aon droch

cleachduinn sealbh air an cridheachan. Gleidh do ghnà 'nan aire, gu bheil cunntas aca ri thoirt do DHIA air la a' bhreitheanuis, anns am faigh iad a reir an gnìomhara, maith no olc ge'm bi iad.

Cum 'nan aire gu bheil thusa do ghna 'gam faicinn agus 'gan cluintin, a chum as gu dean iad na nithe sin a bhios taitneach leatsa, 's gu seachainn iad, na'n cainnt agus na'n giulan, gach ni a thoilleadh do dhiomb no do cho'ruich. Gleidh iad gu h araid o bhreugaibh, o mhionnaibh, o dhro-chcainnt, is o mhi-naomh-acha là na sàbaide. Na leig dhoibh oilbheum no eucoir a dheanadh air aon a cheile, 's na biodh iad uair sam bith ciontach ann an connsacha no mi-reite. Ach deonuich gu bi gradh aca do aon a cheile, 's do na h uile dhaoine, gu bi iad ullamh gu maitheanas a thoirt seachad anns gach eucoir, 's gu bi iad ciuin iriseal agus iochdmhor: a' fuathacha' gach aon pheacaidh, 'nan cridhe, 'nan cainnt, agus 'nan deanadas.

Ulmhaich, O DHIA, gach aon an' so, arson dreuchd no dàimh no inbhe sam bith anns am bi iad air an suidheacha' le d' fhreasdall anns an t saoghal, ma bhios an làithean gu ruige sin air an sìneadh. Gu h araid tha sinn a' guidhe gu'n ulmhaich do Spiorad iad arson saoghail eile, co ac' is ann òg no sean, no ciod air bith àm sam bi iad air an gairm air falbh.

Tha sinn a' toirt buidheachais duit arson



do mhaithis duinn trid na h oi'che, 's a' guidhe do throcair agus do bheannachaidh trid an là, air sgà' Iosa CRIOST: agus anns an dochas so, do t' ainm, Athair, a Mhic, is a Spioraid naoinh, gu robh gach cliu agus urram, fad saoghal nan saoghal. *Amen.*

---

*Urnaigh Fheasgair, arson Scoile.*

**O** DHIA nan gràs! tha sinne gad' chliudhachadh mar Ughdar gach ni maith a fhuair sinn, is mar steidh gach ni maith ris am bheil ar dochas. Tha sinn gu h'araid a' toirt buidheachais duit arson chothrom ata againn gu bhi air ar teagasg ann an eolas feumail agus slainteil. Tha sinn a' guidhe gu beannuich thu an cothrom so, 's gu soirbhich thu le'r dicheall; a chum as gu bi sinn gach là a' fàs ni 's glice 's ni's fearr; ni 's iomchuidh arson ar dleasnais a dheana' do DHIA, do dhaoine, 's duinn fein san t saoghal so; 's ni 's iomchuidh fadheoidh arson thusa mhealtuinn ann an saoghal eile.

Nuair a tha sinn a' tairgse' gu biodh ar n inntin air a sgeadacha' le eolas daonnuidh, tha sinn gu sonraicht' a guidhe gu bi ar n anama air an sgeadacha' le eolas diadhaidh, agus le grasaibh an SPIORAID. Cuidich leinn, O DHIA, gach fuath, agus farmad, agus falachd, agus strì a chur air cùl; agus gluasad ann an sìth agus ann an gradh le cheile, 's leis na h uile dhaoine. Cuidich leis gach òg an' so, bhi umhal

d'a pharantaibh is d'a uachdarain, 's e fein a ghiulan gu suairce, cubhaidh ris na h uile dhaoine.

Gleidh sinn o bhuaire, o pheaca, o dhroch cluiche 's o dhroch cuideachd. Thoir dhuinn gras gu bhi firinneach, ionraic, agus deagh-bheusach; do reir an stiuraidh a tha sinn a' faotainn o'r luchd-teagaisg, o'r coguis, is gu h àraid o eisempleir ar Slanui'ear agus o shoisgeul. Deonuich gu faic na h uile dhaoine, o'r giulan, gu bheil eagal DIA oirn, gu bheil gradh againn do dhaoine, 's gu bheil suil againn ri là breitheanuis.

A DHIA cuidich leinn an cothrom prìseil a tha againn an tràs' a bhuileacha gu maith; a chum as gu bi sinn iomchuidh arson staid sam bith anns am bi sinn air ar suidheachadh leatsa. Cuidich leinn cuideachd a chuimhneacha' nach 'eil ar cothrom gu deasachadh arson siorruith-eachd ach gairid; is air an aobhar sin gur iomchuidh dhuinn curam a ghabhail, ann an laithibh ar n òige, gu sinn fein a dheana' deas, gun fhios againn cia fhad a bhios so 'nar comas. A chum na criche so, thoir dhuinn cuideacha' do SPIORAID, a chum ar deana' 'nar seirbheisich do DHIA, 'nar deisciobuil do CHRIOSD, is 'nar n oighreachan air gloir neimh.

Buidheachas duit, O DHIA, arson do mhaithis duinn o chruinnich sinn an' ceann a cheile 'sa mhaidin. Leig anis air falbh sinn le d' bheannacha; thoir gach aon againn datbhigh tearuinte; gabh curam dhinn trid na h oi'che;

's na leig dhuinn là no oi'che ar dleasnas duils' a dhi-chuimhneachadh. Fad uile laithe ar beatha, stiur sinn le d' chomhairle, 's gabh curam dhuinn le d' fhreasdal. Dean gach aon againn feumail 'nar linn is 'nar ginealach 'sa bheatha so, is gabh sinn 'na dheigh sin las-teach gu beatha 's fearr.—Na nithe so, 's na h uile ni eile chi thusa maith dhuinn, a tha-obh cuirp no anama, tha sinn a' guidhe ann an ainm aon Mhic do ghraida ar TIGHEARNA, a theagaisg dhuinn a radh ann ar n urnaigh, *Ar n Athair ata air neamb, &c.*

---

*Urnaigh Mbaidne, arson Leinibh.*

**O** DHIA uile-chumhachdaich agus uile-throcairich! is tusa a chruthaich na h uile nithe, 's a tha dh' oi'ch agus do là a' gabhail curam dhiubh. Buidheachas duit a ghabh curam dhiomsa feadh na h oi'che chaidh seachad, 's a thug mi gu là ùr ann an slainte 's ann an tearuinteachd.

Gleidh mi an' diugh, O DHIA, o gach ni a dh' fheudadh cron a dheana' dhomh fein no corruich a chur ortsa. Gleidh mi o na h uile peaca, 's gu sonraicht o mhionnaibh, o bhreugaibh, is o eucoir a dheanadh air neach sam bith.

Cuidich leam thusa mo Chrutha'ear, a chuimhneachadh ann an làithibh m' òige, 's a thoirt fanear gu bheil do shuil gach uair gam

fhaicinn.—Thoir maitheanas domh, air sgà  
 CHRIOSD, anns gach ni san do chur mi corruich  
 ort cheana; agus cuidicheadh do SPIORAD  
 naomh leam umhlachd ni's fearr a thoirt duit as  
 so suas.

Beannuich, O DHIA, mo chairdean, is gu  
 h araid mo pharantan. Dean mise 'nam  
 dhuine-clainne dleasnach agus umhal doibh; is  
 cuidich leam gradh bhi agam do na h uile  
 dhaoin' eile, 's a dheanadh riu mar bu mhaith  
 leam iasdan a dheana' rium fein.

'Tha mi toirt buidheachais duit, O DHIA,  
 arson do mhaithis do 'n t saoghal uile, 's a'  
 guidhe gu bi thu trocaireach do na h uile  
 dhaoine. Cliu dhuit arson do Mhic, arson do  
 Spioraid, arson do shoisgeil, agus arson do  
 fhreasdail. Dean taingeil mi arson gach ni  
 thug thu dhomh cheana; 's deonuich dhomh  
 fathasd gach ni chi thu feumail air mo shon  
 'sa bheatha so, 's 'na dheigh. sin a' bheatha  
 shiorruith, air sgà Iosa CHRIOSD; d' an robh,  
 maille riutsa, 's ris an Spiorad naomh, an t  
 aon DIA, gach cliu agus urram, anis is gu  
 siorruith. *Amen.*

---

*Urnaigh Fheasgair, arson Leinibh.*

O DHE agus Athair neamhaidh, a ghabh  
 curam dhìom feadh an là an diugh agus feadh  
 m' uile làithe, ciod a bheir mi dhuit arson t  
 uile thiolacaibh? Buidheachas duit arson mo

chruthachaidh, arson mo thearnaidh, ach gu sonraicht arson mo shaoruidh, le aon Mhac do ghraidh.

O maith dhomh, air a sgà-san, gach peaca 'san robh mi ciontach riabh, ach gu h araid air an là 'n diugh. Tha mo lochda lionmhor, ann an smaointe, 'facal, agus gnìomh: a DHIA bi trocaireach dhomhsa peacach!

Cuidich leam, O DHIA, eolas a ghabhail ortsa ann an làithibh m' oige; gluasad ann at eagal is ann ad ghradh, is do thoil a dheana' le m' uile chridhe. O deonuich dhomh gras agus coghna do SPIORAID, gum' sheoladh is gum' chuideachadh, anns na h uile ni bhios taitneach leatsa a dheana' 'm fad is beo mi.

Tha mi guidhe gu cuidich thu leam do ghnà bhì cuimheach gu bheil bas breitheanus agus bith bhuantachd a' feithe' rium; 's gu dean thu glic mi gu bhì ri grad-umhachadh air an son; o nach 'eil fios agam co an là no an oi'che sam bì mi air mo ghairm d'an ionnsuidh.

Beannuich, O DHIA, mo chairdean, agus na h uile dhaoine, ach gu sonraichte mo phàrantan. Cuidich leosan an dleasnas a dheana' dhomh-sa; agus cuidich leamsa bhì umhal agus dleasnach dhoibhsan. Na leig dhomh a bhì nam namhaid do neach sam bith; ach cuidich leam maitheanas a thoirt seachad anns gach eucoir, a chum as gu feud dochas a bhì agam gu toir thusa maitheanas domh fein trid CHRIOFD.

O THIGHEARNA, ghabh curam dhìom feadh an là, thoir dhomh tearuinteachd agus tàmh

eadh na h oi'che; 's cuidich leam bhi cuimhneach ortsa nuair a dhuiseas mi 'sa mhaidin. Gabh curam dhìom am fad is beo mi; is deonuich dhomh na nithe sin a chi thu feumail do m' anam agus do m' chorp, gus an gabh thu mi fadheoidh asteach do d' rioghachd, air sgà Iosa CRÌOSD: agus anns an dochas so, don Athair do'n Mhac is do'n Spiorad naomh, gu robh cliu agus urram, fad saoghal nan saoghal. *Amen.*

---

*Altacha (arson clainne) ro' Bhiadh.*

**O** DHE uile-throcairich! seall oirne nuas ann an iochd; maith dhuinn ar peacaidh, naomhaich ar natur, agus beannuich dhuinn an cuibhrionn a tha thu luigheasachadh oirn 'san àm so le d' fhreasdal; a chum as co dhiubh a dh' itheas no dh' òlas, no ciod 'sam bith a ni sinn, gu dean sinn na h uile nithe chum do ghloir-sa, trid Iosa CRÌOSD. *Amen.*

---

*An' deigh Bìdh.*

**B**UIDHEACHAS duitse, O DHIA, tha fosgladh do laimh gu pailt, 's a' fritheala' d' ar feum gach trà le d' mhaitheas. A' bheatha sin

a tha thu cumail suas le d' fhreasdal, deon-  
uich gu bi i do ghnà air a buileachadh ann ad  
sheirbhis. Buanaich, a Dhia, leinn do mhaith-  
eas; agus mar ata thu a' beathacha' nan corp  
basmhòr so le lòn talmhaidh, beathaich ar n  
anama leis an lòn spioradail sin a chumas beo  
sinn gu sìorruith, trid Iosa CRIOSD ar  
Thighearna. *Amen.*

---

*Abair ro' aoradh foliasach.*

**T**HA mi guidhe, O DHIA, gu dean do  
SPIORAD cuideachadh anis le m' anfhainn-  
eachd: doirt orm spiorad achujne: cuidich  
leam t ainm a mholadh le gradh; t fhacal eis-  
deachd le urram, 's a ghabhail gu m' chriche  
le creideamh is gradh, a chum as gu bi e 'na  
mheadhon slainte do m' anam, trid Iosa CRI-  
OSD. *Amen.*

---

*An' deigh aoraidh fhollasaich.*

**O** THIGHEARNA! maith dhomh peaca mo  
nithe naomha: gu robh mo smaointe co luain-  
each, m' aigne co mall, is mo chridhe co neo-  
shuidhichte 'nad sheirbhis. Gleidh anis na ni-  
the ain a chuala mi ann am aire; cuidich leam  
glusad d'an reir; agus buin riun do ghnà reir  
saibhreis do throcair ann an Iosa CRIOSD:  
*Amen.*

# LAOIDHEAN.

---

## LAOIDH I.

*An DIA siorruith.*

- 1 **B**HA agadsa DHIA, do bhith,  
mu'n robh aimsir idir ann;  
Mun do lion na duilidh mhòr  
an ionad cònuì' nach gann:
- 2 Mun d'imich' an talamh trom  
ann an uighe lom nar speur;  
Mun do thoisich fathas guan  
air luasga' na leaba sin:
- 3 Mu'm facadh o'che ... cian  
aon ial do'n t solus àghor,  
Mun d' fhuair na speuran an dreach  
no feachd nan reultan àillidh:
- 4 Mun d' fhuair na flathis am bith,  
's na saoghail iomad mu'n cuairt  
Mun d' imich a' ghrian aoibhinn  
feadh astar nan speuran shuas:
- 5 Mun cuala talla nan neamh  
fuaim nan ceud aingeal a' seinn,  
Mun fhreagair an iarmailt ard  
do fhonn an clarsacha binn:
- 6 Mu'm b' fhianuis duine no aingeal,  
O Thriath nam flath! air do ghloir,  
Do ghloir bha iomlan is t t àgh,  
gun sgàil riabh air do mhòrachd:



- 7 'S an deigh do phruip an t saoghail  
 aomadh gu h ath-bhuailt asios;  
 An' deigh do'n chruthach' àluinn  
 pilleadh gu aibhist aris;
- 8 'N deigh do'n ghealaich a cùrsa,  
 's do reultaibh an iul a chall;  
 An deigh do ghrein an athair  
 bhi 'g iarrui' 'a rathaid gu dall;
- 9 THA Thusa, gu siorruith buan,  
 air cathair nach gluais, a DHE;  
 Do bhith 's do bhuidhe gun chaochla'  
 feadh shaoghal nan saoghal cèin.

## LAOIDH II.

*Chiu o oibre DHE.*

- 1 THA feachda flathail nan neamh  
 a' striochdadh, a DHE, 'nad là'ir;  
 'S do mhola 'nam beul 'ga luadh  
 le ceiliribh buadhach ard.
- 2 Ach 's cian ro fhada fo d' ghloir  
 mola nan slògh so gu léir;  
 Cia gearr mata air do bhuidhibh  
 luadh thig o bhileachaibh crè!
- 3 Gidheadh am fan sinne 'nar tosd,  
 's gach dùil a' nochda' do chliu  
 'S co-sheirm aig t oibre le cheile,  
 mar theudaibh deagh inneil chiuil.
- 4 Tha soillse dhealrach nan speur,  
 feadh gach ceum d'an astar dian,

- Gu balbh binn a' cur an' ceill  
do ghloir eag-samhuil, a Thriath!
- 5 Tha dealra' na maidne moich  
air nialaibh soir, ag innse'  
Gur maisich' thu fein gu mòr  
na 'n solus a dh' òr an fhiormaid.
- 6 Tha anail chùbhras' nan ròs,  
is blà ro-bhoidheach nan lus  
A' taoma' tùis air àile  
dhasan a dhùisg iad o'n dus.
- 7 Ceol nan ian, is fead na gaoith,  
is torman aomaidh nan sruth,  
Chluinn mi 'g aodhart da cheile,  
ga d' mholadh-sa, DHE, le'n guth.
- 8 Mar so tha t uil' oibre, DHE,  
ag sior chur an' ceill do chliu;  
S' ma bhiomsa 'nam measg am thosd,  
biodh mo theanga nochd gun lùgh.

## LAOIDH III.

*Mola DHIA.*

- 1 **D**HUITSA, DHE, tha sloigh nan neamh  
gun tàmh is gun sgios a' seinn,  
'S gach dùil air thalamh a bhos  
ga d' mhola' gun chlos gu binn.
- 2 'S an cuir iadsan uile, DHE,  
air an doigh so 'n ceill do ghloir,  
'S mise gun ghuth as mo bheul,  
no sgeul air do mhaitheas mor?

- 3 Nior liege' DIA gu biom fein  
 air co beag ceill agus taing,  
 Is mi fo chomain co' araid  
 gu cliu is gradh thoirt do t ainm.
- 4 Thug thu dhomh anam is corp,  
 is 'mìle sochair gach là;  
 'S an è nach cubhai' dhuit cliu,  
 o thùs mo bheatha gu m' bhàs?
- 5 Seadh cuiream gu brath an ceill  
 air talamh 's air neamh do ghloir,  
 'S le laoidhibh nan aingle binn  
 ni mí dhuit seinn mar is còir.

## LAOIDH IV.

*An domhan umbal do DHIA.*

- 1 **G**ACH bith san domhan gu leir,  
 thugaibh gloir is geill do DHIA;  
 Tha m' anamsa làn do sgà  
 tra sheinneam gu h'ard do m' Thriath.
- 2 Beatha 's bàs is saoghail chèin,  
 tha sin a' toirt geill do d' smachd;  
 Tha do chathair air stèidh nach gluais,  
 's ann uait a gheibh rìghrean reachd.
- 3 Mìlte cian mu'n robh an speur,  
 no 'n cruinne-cè air a dhealbh,  
 Bha gach linn is saoghal ri teachd  
 'n ad' bheachd, mar an' deigh dhoibh falbh.
- 4 Chual oi'che aimhrèidh do ghuth,  
 is shiubhail i as gu luath;  
 'S feuch mìlte solus is saoghal  
 ag eiridh gu h' aobhach suas!

- 5 Le gliocas is freasdal DE  
tha iad gu leir air an stiuradh,  
'S an domhan o cheann gu ceann  
do ainm JEHOBHAH umhal.

## LAOIDH V.

*Gloir do DHIA.*

- 1 O THUSA ta 'n cònuidh shuas  
an' teach mar bu dual do DHIA,  
Cian thar imeachd na grèine  
's nan reul as airde san iarmailt.
- 2 A Rìgh nan aingeal a's airde!  
Athair ro-ghrasmhor dhaoine!  
Seinneadh an domhan do chliu,  
thuga' gach dùil duit aoradh!
- 3 Chualas air thalamh do chliu,  
tìeagaisg thu dhùinne t ainm;  
Ach O! co thuigeas do bhuaidhean,  
no 's urradh an luadh le cainnt?
- 4 Tha aingil àghor nan neamh,  
's ard-aingil le cheil' a' seinn;  
Bheir sinne leosan duit ceol,  
ag aithris an gloire binn.
- 5 'S naomha! naomha! naomha DIA!  
ard-thriath an domhain gu leir!  
Gloir, gloir do 'n Triath ro-ard so,  
gu bràth o thalamh 's o neamh!

## LAOIDH VI.

*Oirdheirceas DE.*

- 1 THUSA cia oirdheirc, a DHE!  
ach sinne làn beud is truaigh;

Dhuitsa sleuchdadh uile sios  
a lion 's ata ann do shluagh.

- 2 Feadh nan linn aig nach robh tùs,  
mu 'n do dhùisg an cruinne-cè,  
Bha Thu; 's bithidh tu gu bràth  
ge d' fhailnich talamh is neamh.
- 3 Ruisgte tha gach àit is linn  
fo bheachd ro-chinnteach do shùl,  
A chi le aon amharc geur  
leir-sgrios an t saoghail o thùs.
- 4 Tha bith-bhuantachd mar aon là,  
gu soilleir an' là'ir do shùl;  
Dhuitsa nì sean cha 'n 'eil ann,  
is nì mò tà aon-ni ùr.
- 5 Tha sinne, o là gu là,  
air ar cràdh le iomguin fhaoin,  
Ach nì cha chuir ortsa dragh  
feadh linnte nan uile shaogh'l.
- 6 Thusa cia oirdheire, a DHE!  
ach sinne làn beud is truaigh;  
Dhuitsa sleuchdadh uile sios  
a lion 's ata ann do shluagh.

## LAOIDH VII.

### *Freasdal DE.*

- 1 **D**HE ghloirmhoir! d' am buin gach nì  
air muir, air tìr, is air neamh;  
Do fhreasdal tha cumail beo  
bheag is mhor a dhealbh do lamh.

- 2 Is dligheach dhuit cliu is gradh,  
bhri sochair do làmhha fial,  
Tha toirt gach là dhuinn ar lòn,  
's a' deonacha' dhuinn ar m'ann.
- 3 'S tu chum ar n anama beo,  
's a' dh' orduich dhuinn fois is sìth;  
Cha ruig aon olc oirn gu bràth,  
air ar dìon fo sgàil do sgèith.
- 4 Is ait leinn do chliu a sheinn,  
le laoidhibh binn ann ar beul,  
'S ar suil a thogail suas  
a dh' iarruidh fuasglaidh 'nar feum.
- 5 'S mor a fhuair sinn; 's mò tha uainn;  
uireasach is truagh do ghnà:  
Ach DIA tha saibhir gu leor,  
's cumaidh e'n cònuidh ruinn bàigh.
- 6 Mheas sinn, a DHIA air uairibh,  
do thoilsa cruaidh r'i giulan;  
Ach dhuitsa 's fios ciod is fearr,  
's bidh sinne do ghnà dhuit ùmhal.

## LAOIDH VIII.

*Stiuradh DHE. Ps. xxiii.*

- 1 **M'** Aodhairè 's e Dia nan gràs,  
cha sàruichear mi le gort;  
Gu saibhir diolaidh e m' fheum,  
's bidh m' anam gleidht' o gach olc.
- 2 M' anam bidh ait 'na làthair  
cha sgarar o ghràdh mi choidh';

Stiuraidh a làmh mi 'san là  
is dìonaidh fo sgàil san oi'ch.

3 Ma shiubhlas mi mhachair sgìth,  
ma dhìreas mi 'n taonach ard,  
Ni cuideachd is còradh Dhe  
m' anam ro-aoibhin 's gach àit.

4 Cha dochainn teas mi no tart,  
is sruithean pailt air gach taobh;  
Acras cha chlaoidh mi no fuachd,  
is Dia dhomh ri fuasgla caomh.

5 Ge d' shiubhlainn an' duibhre bhais,  
's e dorch' air gach laimh mu 'n cuairt,  
Mo chrìdh cha chailleadh a dhùil,  
is Dia gam stiura' ro 'n uaigh.

6 'Sa ghleann gun là gun leirsin,  
eìridih dhomh solus o'm Dhia;  
'S ruigidh mi tearuint an t-àit'  
'san dealruich am feasd a' ghrian.

## LAOIDH IX.

*An Cuan umbal do DHIA.*

1 O THUSA chruthaich an cuan,  
's a luaisgeas a thonna trom;  
'S tu chaisgeas an onfha rìs,  
's a ni iad ciuin mar am fonn.

2 Mar so, anns an doimhne mhoir,  
chìtear de ghloir, a Dhe:  
Luchd-siubhail a' chuain cia baoth,  
mur toir iad dhuit aora' 'sgeill!

- 3 Cia tric a slàn thu do làmh,  
 's a thug thu a' gàbha cruaidh  
 Dream nach toir urram no geill  
 tra chi iad am fè mu'n cuairt!
- 4 Seadh, ge d'ghlacas an doininn  
 cuid dhiu 'na tounaibh bàithte,  
 Tha fais na mhaireas gun chiall,  
 gun urram do Thriath an slainte.
- 5 O Dhia! thug mis' as gach gàbhadh,  
 bheir mi gradh dhuit fad mo rè;  
 'S am bàs, tra tha e 'n dàn domh,  
 ceanglaidh mi gu bràth riut fein.

## LAOIDH X.

*Maitheas DE.*

- 1 **M**ÓLAMSA mo Dhia ri m' bheo,  
 cuiridh mi a ghloir an' ceill  
 Am fad a bhios cainnt no beachd  
 no comas no neart am chré.
- 2 Am fad tha m' anam 'san fheoil,  
 's fad liun na gloire 'na dheigh,  
 'S e m' obair is m' aighear gu bràth  
 do mhola' gu hard, a Dhe!
- 3 Is sona gach neach d'an dochas  
 Tighearna gloirmhor neimh,  
 Esan d'am buin an saoghal,  
 's nach caochail am feasd a ghnè.  
 Tearnaidh Esan an truaghan,  
 cumaidh e suas an leonta;



- Cluinnidh e gearan nam bochd,  
is nochdaidh do'n ionraic trocair.
- 5 Is e bheir fradharc do'n dall,  
neart do na chàill an clì,  
Misneach do'n chridhe ta lag,  
's do 'n choguis fo acain sìth..
- 6 Bheir e do'n choigreach coghna,  
do'n bhantraich coir agus ceart;  
Bheir e do'n dilleachdan bàigh,  
's bheir iadsan tha 'n sàs a h airc.
- 7 Molams' thu, mo Dhia, ri m' bheo,  
cuiream do ghloir an' ceill,  
Am feadh a bhios cairnt no beachd  
no comas no neart am chré.

## LAOIDH XI.

*Dochas ann Dia.*

- 1 **A** SADSÀ ni m' anam bun,  
a Dhia chruthaich 's a ghleidh mi;  
Bheir thu mi saor o gach olc  
is bheir thu dhomh na bhios feumail.
- 2 Tra dh' iàdhas uile air gach laimh,  
gabhaidh mise tàmh fo d' sgéi';  
'S am feadh a ni thu mo dhion  
cha'n eagal leam ni fo 'n ghrein.
- 3 Buin rium, a Dhe, mar is aill,  
's gabh mi gu bràth fo d'a stiura'.  
'Si do thoilsa mo thoilsa ghnà,  
ma's beatha no bàs domh,—cliu dhuìt.

- 4 An so dean m' aoilein suas  
 arson comunn sluaigh is fearr,  
 'S cha ghearain, mi suas' le Dia,  
 mo chian a bhi bhios co gearr.

## LAOIDH *XII.*

### *Cofhurtachd o DHIA.*

- 1 **A** THAIR chaoimh mo bheatha 's m' iuil!  
 seinnidh mi do chliu ri m' bheo:  
 Cluinnidh gach madainn mo laoidh,  
 's eiridh 's an oi'che mo cheol.
- 2 Tra gblacas iomguin mo chrìdh.  
 's an acain anios o m' uchd,  
 Togaidh mi fonn air do chiuu  
 's theid iomguin air cùl is sprochd.
- 3 Tra gheibh bàs air beatha buaidh  
 's nach luaidh mo theanga do chliu,  
 Thig aoibhneas om' shuilibh mall,  
 is labhraidh iad uirigill ùr.
- 4 Ach o! tra sguireas an comhrag,  
 's nach bi mi ni's mò a bhos,  
 Cia ait a sheinneas mi ceol  
 an' riogh'chd na gloire gun chlos!
- 5 Togaidh mi 'n sin fonn gu h ard  
 leosan tha 'g àiteacha neimh,  
 'S le aoibhneas falaicht an tràs'  
 mealaidh mi 'n àgh is an gnè.
- 6 Iocam gu toileach a' chis,  
 feadh tha 'n t anam siorruith beo;

Is airidh obair co aoibhinn  
air siorruichd fein ann an glòir.

### LAOIDH XIII.

*Tearuinteachd o DHIA.*

- 1 **B**EANNUICHTE gu robh thu Dhia,  
a chum sinne riabh asuas:  
O thùs gu crìch gach bliadhna  
do throcair bha fial gach uair.
- 2 A là 's a dh' oi'che, dhathigh 's uaith,  
chuartaich thu sinn led' ghradh;  
Chum thu le d' fhreasdal sinn beo,  
is threoruich thu sinn le d' laimh.
- 3 Mar a dhion thu sinn do ghnà  
o mhìle gàbha mu'n cuairt,  
Anns gach cunthart fòs am bi  
iarruidh sinne didein uait.
- 4 Cor air bith anns am bi sinn,  
arda no iosal fa seach,  
Seallaidh sinn riutsa nach diobair  
do d' mhuintir gu siorruith neach.
- 5 Ri fad ar làithe gu leir  
cuiridh sinn an' ceill do chliu;  
Is gluaisidh sinn leat gu bràth,  
aoibhneach an' dealra do ghnùis.
- 6 'S tra bhacas am bàs ar cliu,  
's a thaisgear 'san ùir an corp;  
An t anam bidh ait le Dia,  
far nach 'eil iarguin no olc.

## LAOIDH XIV.

*Slainte o DHIA.*

- 1 **M**OLA dhuit, a Dhia nan gràs  
arson mo shlainte 's mo neart;  
Am freasdal a ghleidh mi beo  
's tu dheonuich, a Rìgh nam feart.
- 2 Am feadh ta mòran an' sàs,  
ga'n cradh le easlainte thròm,  
Tha mise 'g imeachd an' slainte,  
gun ghoith gun chràdh ann am chom.
- 3 Acasan tha èigheachd ard,  
mise mata am bi 'm thosd?  
Chluinnte leat m' acain, a Dhia,  
nam bithinn an' iarguin ghoirt.
- 4 Tha acasan fà bhi caoidh,  
ach agamsa laoidh a sheinn;  
Tha iadsan ag osnaich le pian,  
's nach bi mise co dian a' seim?
- 5 O thus' tha deonacha' slainte!  
gleidh mi do ghnà 'nad teachd:  
Is deonuich tuille do d' ghràsa,  
gu 'n ruig mi 'n t àgh tha ri teachd.

## LAOIDH XV.

*Coghna o DHIA.*

- 1 **M**OLADH agus urram àrd  
do 'n laimh tha gar cumail suas;  
Gar coimhead o mhìle gàbha  
ta 'g iadha' gun tàmh mu 'n cuairt.

- 2 Mola dhasan a dhùisg sinn  
le chumhachd, o'n ùir anios;  
'S a rinn ar coimhead gach là  
nach d' ioc sinn do'n bhàs o' chis.
- 3 Tra luidheas sin nanmoch eios,  
tha aingil gar dìon mu'n cuairt;  
Is feuch 'sa mhaidin le h ioghna;  
'n leaba nach d' fheud bhì 'na h uaigh!
- 4 'Sa mhaidin cha 'n fhios do neach  
am faic e teachd an anmoich;  
'S am bàs a' leagadh an t sluaigh,  
mar bhuannaich' a' chuisseag an fhann.
- 5 Ach Dia ni ar dìon o'n olc,  
is cumaidh gach dosgaich uainn,  
Is bheir e dhuinn, oi'che 's là,  
gach ni 's fearr dhuinn fhaotainn uaith.

## LAOIDH XVI.

*DIA gar cumail bea.*

- 1 **T**HIA cholann mar inneal ciuil,  
le teudaibh dlù air-a' cur;  
Brist aon, 's tha 'n t inneal' gu leir  
air a' reidh, 's a' gleus gu tur.
- 2 Nach ioghnadh inneal co gàbhaidh  
fhaotainn idir an sàr-fhonn;  
Gach teud a' freagairt d'a cheile,  
's ceol aoibhinn o mhìle ponc.
- 3 Ach tha Dia ga chumail air seol,  
mar chuir e ann ceol air tùs;

Mur biodh, is cian ó bha chlarsach,  
le teudaibh, air fas 'na smùr.

## LAOIDH XVII.

*Steidh ar dochais.*

**O** DHIA thug riabh dhuinn còghna!  
bun ar dochais as so suas!

Ionad ar didein 'nar n airc,  
's ar cobhair an là ar cruais!

Fuidh sgàile do chathair-rìgh,  
O deonuich sìth dhuinn is fois:

Am feadh tha thusa gar dìon  
mealaidh sinn gu sìorruith clos.

Mu 'n d' eirich na sleibhte suas,  
mu 'n d'fhuair an talamh a dhreach,

Bha thu: is bithidh tu, Dhe,  
an deigh dhoibh uile dol seach.

Tha mìle linn ann ad là'ir,

mar là theid seachad gu dian;

Mar fhaire dhiombuan do'n oi'che,

mun soilsich air maidin grian.

5 Tha fineacha diomhain an t sluaigh

ga'n sguabadh air falbh le tuil,

Gus an d' theid iad, le 'n curam faoin,

asios maraon fuidh an t sruth.

6 'S tusa, Dhia, thug riabh dhuinn còghna,

steidh ar dochais as so suas;

Ionad ar didein 'nar n aire,

's ar cobhair an là ar cruais.

## LAOIDH XVIII.

*Neart do reir ar feum: Deut. xxxiii. 25.*

- 1 **G**E truagh mo chor, cha bhi mi caoidh,  
Le m' acain theid suas mo laoidh,  
A chionn gu bheil mo Thriath ag ràdh,  
“Do neart bidh amhuil mar do là.”
- 2 Aire agus eagal ge d' robh dlù,  
Sior-sheinnidh mi do Dhia le cliu,  
Oir tha mo Shlan'ear caomh ag ràdh,  
“Do neart bidh amhuil mar do là.”
- 3 Mo fheuchainn ge d' robh teann is buan,  
'S ge d' iadh mo naimhdean orm mu'n cuairt,  
Gabhaidh mi misneach, 's Crìosd ag ràdh,  
“Do neart bidh amhuil mar do là.”
- 4 Deamhain is daoine ge do sheas  
Le cheile leagta chum mo sgrios,  
Cha'n eagal leam is Ios' ag ràdh,  
“Do neart bidh amhuil mar do là.”
- 5 Tinneas ge d' thig, le bochduinn 's bàs,  
'S gach olc a dh' fheudas duine chràdh,  
Mo Thriath bidh dlù, le coghna ghràis,  
'S mo neart bidh amhuil mar mo là.

## LAOIDH XIX.

*An corp basmhòr.*

- 1 'S **A**M faigh an corp so bàs?  
'Na smàl an tuit è san uaigh?  
**N**a buill ghà'idh so san ùir an searg,  
'S an rugha dearg so nis am ghruidh?

- 2 Truailleachd, daolan, is dus,  
Ni 'n corp so gu tur 'na smùr;  
Ach m' anam fathasd thig le buaidh,  
Is eiridh mise suas o'n ùir.
- 3 Tha Dia 's m' Fhear-saorui' beo;  
'S nach leor dhomh earbsadh as?  
Oir ni e faire orm 'san ùir,  
Seadh gus an dùisg e fein mi as.
- 4 Sgeadaicht an' iomhaigh Dhe  
Bidh 'm bùthan crè so 'n sin;  
Is ulmhaicht arson an àigh  
Air am bheil mò ghradh is mo chion.
- 5 An dochas gloirmhor so 'n tràs'  
Fhuair sinn o ghradh ar Triath,  
An gradh nach diobair sinu a choidh?  
'S a bheir ar cuibhrionn duinn le Dia.
- 6 Gabh uainn, a Dhia nan gras,  
An laoidh so 'n tràs 'nar beoil;  
'Nuair a bhios ar comas ni's fearr,  
Dhuit seinnidh sinn ni 's airde ceol.

## LAOIDH XX.

*Sènas no truaigh an cois a' bhais.*

- 1 'S AN dligheach domh fein am bàs?  
S Am fàg mi mò chorp san uaigh,  
Ionad gun leirsinn gun là,  
Fearann sin samhach na suain?
- 2 'S an imich an t anam air aineal  
An deigh an talamh so fhàgail,



Asios gu ionad uamharr,  
No suar gu ionad àghor?

- 3 Is amhuil: ach dùisgidh fòs  
A cholann o chònuidh n a h uaigh,  
Tra thig am Breithe' 'na ghloir,  
'S an domhan mòr 'na luathre.
- 4 Seadh duisgidh an sin an corp  
Gu olc no gu àgh gun chrìoch;  
An' ifrinn 'ga dhlaoi' le deamhnaibh,  
No an' gloir le ainglibh fìorghlan.
- 5 Ach cò d'am fìos an' tràs'  
Co dhiubh is àite dha fein?  
O! faigheamsa Spiorad nan gràs,  
Gu m' stiuradh an' aird gu neamh!
- 6 Mar sin bheir mi geill is gradh  
Do m' Shlanui'ear ro-chaomh;  
Cha 'n e mhain air thalamh an tràs,  
Ach gu bràth an' riogh'chd nan naomh.

## LAOIDH XXI.

*A bheatha so gearr is faoin.*

- 1 **C**IA gearr air thalamh mo chuairt!  
Cia dlù dhomh ta uair mo bhàis!  
Uair a ni sona no truagh  
M' anam ro-luach'or gu bràth.
- 2 Ma's amhuil nao chor, nach còir,  
Am feadh tha mi beo 'sa chrè,  
Le curam is iomguin àraid,  
Fa chomhair a' bhais deana' reidh?

- 3 Cha 'n e aighear no sùgra faoin,  
 Buannachd an t saoghail no chall,  
 Bu choir bhi 'm aire, 's an t anam  
 Co fagus do 'n t saoghall thal.
- 4 Is coma co ac' an tràs  
 A bhios mi àghor no truagh,  
 Seach c' ait am bi mu gu brath,  
 An' ionad àigh no 'm peanas buan.
- 5 Cha 'n àiridh aon ni fo 'n ghrein  
 Air fuath no air spèis ach so,  
 Gu seachnainn pianta gun chrìoch,  
 'S gu tugta bheatha shiorruith dhomh.
- 6 Iosa! dean fein domh an t iul,  
 Stiur mi gach uair le d' laimh;  
 'S tra thig mo bheatha gu caochla,  
 Thoir dhomh le 'd naoimh aite-taim.

## LAOIDH XXII.

*An gabha mor.*

- 1 O ATHAIR a's airde gloir!  
 Seall ann ad throcair anuas  
 Air cnuimheig dhìbli san ùir,  
 D'an dlù àgh no acain bhuan.
- 2 Air ceum ro-chughann ('s an Cuan  
 Mu 'n cuairt domh air gach taobh)  
 'Tha m' imeachd; is mi gun churam  
 Co dhiu' an làmh gus an aom.
- 3 O! mosgail m' anam, a DHE,  
 'S gun eirinn gu grad o m' shuain,

Gu tugainn siorruì'chd fanear,  
'S mi 'g imeachd chean' air a bruaich.

- 4 O! socruich m' aire gu tric  
Air an là san d' thig mo Thriath;  
Là bheir mo chor dhomh gu sior  
An' sonas gun chrìoch no pian.
- 5 Neartuich mo dhùrachd 's mo dhicheall  
Gu sonas neo-chrìochnach fhaotainn;  
Le d' thoil a ghiulan 's a dheana'  
Fad mo dh' fheuchainn san t saoghal.
- 6 A Shlanui'ear! ri uair mo bhàis,  
O gabh mi gu d' àros naomh;  
Far am meal mi siorruith shuas  
Sonas buan le d' chairdibh caomh.

### LAOIDH XXIII.

*Deasacha fu chombhair bàis.*

- 1 'S AM faigh sinn ach aon uair bàs,  
Gun chaochla' gu bràth 'na dheigh;  
Ach bhì 'n ifrinn 'gar sior-chlàoidh,  
No sona le naoimh air neamh?
- 2 Ma 's amhuil, nach sona 'n tì  
Ni dicheall cruaidh r'a bheo  
Teicheadh o chunthart co gàbhai'  
'S ruigheachd air phàrras na gloir?
- 3 Cha b' ion eagail am bàs fein,  
Mur biodh cùis 'na dheigh co mòr;  
Ach 's e fà 'n eagail nach lèir dhuinn  
An truaighe gu 'n d'theid sinn, no gloir.

- 4 Ach o 's fios duinn uile gur eigin  
Dol 'sa cheum so luath no mall,  
Nach iomchui' 'n dicheall is mò  
Gu faighemid trocair thall?
- 5 Am fear a bhios iochdmhor ionraic,  
Naomha 'na chridhe 's 'na ghnìomh,  
Ma shiubhlas e òg no aosda,  
Bidh aobhach maille ri Criosd.
- 6 Is l' esan sonas nach tràigh,  
Is àgh nach cuir cainnt an' ceill;  
O biodh agamsa pàirt deth,  
Trid gràsa saibhir mo Dhe!

## LAOIDH XXIV.

*Dicheall feumail.*

- 1 **G**RAD-mhosgail, O m' anam asuas,  
Grad-mhosgail o d' shuain throm;  
An ion duit, is uirread ri dheana',  
Cadal co sèimh ann am chom?
- 2 Ma chi 'n seangan ach gràinne,  
Ni e sàr-dhicheall gu fhaotainn,  
'S nach dean mis' arson gloir is gràis  
Na h uile spairn ata 'm aoruibh?
- 3 Ge d' dheonuich thu dhuinne, Dhia,  
Tuigs' agus ciall thar chàch,  
Ge d' tha 'n saoghal a' freasdal d'ar feum,  
'S na h aingil fein air gach laimh.
- 4 Ge d' fhuair ar Slan'ear am bàs,  
A' chosna' dhúinn slainte bhuan,

- Cha 'n 'eil oirne cùram no sao'ir  
 A dh' fhaotain na rioghachd shuas.
- 5 Thig, a Spioraid, d'ar coghnadh,  
 Is deonuich dhuinn eud ni 's mò;  
 Cuidich is meudaich ar dicheall  
 Gu ruigheachd air riogh'chd na gloir.

## LAOIDH XXV.

*Dochas ris an Aiseiridh, Job xix. 26.*

- 1 **A**BAIR gu fàg an t anam  
 A cholann gun anail gun deo,  
 Nach faic mo shuilean an solus,  
 'S nach faighear mi measg nam beo:  
 Gidheadh cha chaill mi an dòchas  
 A dheonuich thu dhomh, a Thriath!  
 Gu pill m' anam gu chònuidh,  
 'S gu faic mi s' an fheoil so Dia.
- 2 An' caol-thigh cughann na h uaighe  
 Ge d' luidh mi gu truailli' sios  
 Fograidh a' mhaidin mò dhuibhre  
 'S thig air an o'che so crìoch.  
 Cha chaill mi mata mo dhochas  
 A dheonuich thu dhomh, mo Thriath,  
 Oir pillidh m' anam gu chònuidh,  
 'S chi mi san fheoil so mo Dhia.
- 3 Ge d' chrion an corp so san dus,  
 Ge d' dhean na duilidh a roinn,  
 Bheir iad na fhuair iad air ais,  
 Is aisigidh 'n t iomlan cruinn.

'San uair sin, do reir an dochais  
 A dheonuich thu dhomh, a Thriath,  
 Pillidh m' anam gu chònuidh,  
 Is chi mi san fheoil so mo Dhia.

## LAOIDH XXVI.

*Dochas anns an uaigh.*

- 1 **C**HA ghearain mi fein ni 's mò  
 Gu bi mo chònui' san uaigh,  
 An slochd dorcha sin sam fàs  
 An corp gàbhaidh so 'na luath.
- 2 Ge d' leagh mo chnàmhan is m' fheoil  
 'S iad na 'n lòn do chnuimh 's do dhaol,  
 Cruthaichear mi fathasd as ùr,  
 'S bheir Dia leis o'n uir mi saor.
- 3 C'uin a dhealraicheas an là  
 'San eirich gu h àillidh 'n corp?  
 Greas, O Iosa, greas an uair  
 San duisg thu mi suas o'n t slochd.
- 4 Greas an là san duisg thu suas  
 Na bheil anns an uaigh na'n tàmh;  
 Gu togamaid iolach le cheile  
 'S ceol ro-aoibhinn duit gu bràth.

## LAOIDH XXVII.

*Am Breitheanas.*

- 1 **T**HIGIBH gu breitheanus gu luath,  
 Feuch am Breithe' teachd anuas  
 Eribih gu grad anios o'n ùir,  
 Is leis na beothaibh, thigibh dlù.

- 2 Thigibh gu breitheanus gu luath,  
O'n ear, o'n iar, o dheas, o thuath;  
Ge b' e àit am bheil an dus  
Air a sgapadh thall no bhos.
- 3 Thigibh gu breitheanus gu luath,  
Eiribh grad anios o'n uaigh;  
Thigeadh gach smuirnean gu cheile,  
Biodh e 'm muir, no 'n tìr, no'n speuraibh.
- 4 Thigibh gu breitheanus gu luath,  
'Se so an là, 's i so an uair;  
Thainig am Breithe', 's bheir e seach  
A bhinne sìorruith do gach neach.

## LAOIDH XXVIII.

*Gradh DHIA do dhaoine.*

- 1 **A**N uair a bha 'n duine gun dochas,  
Air sheol a bhi cailte gu bràth,  
Dia, ann an saibhireachd iochd,  
Thug a Mhac nar riochd gu bàs.
- 2 Cia fad is leathann, domhain 's ard,  
An gradh thug Iosa do dhaoine;  
'Tra dh' fhuiling e 'm bàs 'nar n aite,  
Chum slainte chosnadh do 'n t saoghal!
- 3 O! lionar m' anam gu bràth  
Le gradh do'n Tighearn Iosa:  
Mo chridhe mo bheatha 's mo bheul  
Bheir geill da nis is gu sìorruith.

## LAOIDH XXIX.

*Cliu arson graidh Dhe.*

- 1 **A**THAIR neamhaidh! seall anuas,  
Cuidich leinn luadh thoirt air t ainm;

- Thug thu dhuinn cobhair is fuasglà'  
Ge mor a bha uainn gach àm.
- 2 Fa'n aobhar sin bheir sinn r'ar beo,  
Urram is gloir dhuit, a Dhia,  
Arson saibhreis do fhreasdail 's do ghrais  
O là gu là dhuinne riabh.
- 3 Mola do t ainm gu siorruith  
Arson gach ni thug thu dhuinn,  
Ach thar gach ni arson Chrìosd,  
A rinn rìghrean o thràillibh dhinn.
- 4 Cuiridh sinn an' ceill gu h ard  
An gradh so le ainglibh a choidh';  
Is molaidh sinn Dia gu bràth,  
Tra thig crìoch air là is oi'ch

## LAOIDH XXX.

*Iosa ughdar slainte.*

- 1 C'AIT am bheil sonas is agh  
Aig sliochd Adhamh ri fhaotainn,  
'S cìod an tobar o'n tairngear  
Slainte do'n chinne-daoinè?
- 2 So cha'n fhaighear o'n t saoghal,  
B' fhaoin an obair iarruidh;  
Oir riabh cha d' fhuaras o natur  
Leigheas air bàs no air iarguin
- 3 'S e cumhachd is trocair Ios'  
O'n sruth gach iocshlaint anuas;  
Is ann 'na chaoimhneas amhain  
Ata àgh is sonas buan.
- 4 Do 'n anam tha esan 'na stèidh,  
Cha treig e gu brath a naoimh.



Ghradhaich e 'na bheatha 's 'na bhàs,  
Is bidh e gu brath riu caomh.

- 5 O gu mealam fein fein gu brath  
Tora' do ghraidh, a Thriath!  
'S neamh air thalamh, neamh air neamh,  
An t anam bhi rèidh ri Dia.

### LAOIDH XXXI.

*Iosa Grian an àigh.*

- 1 **C**LUINN na h aingil a' seinn,  
“Gloir bhinn do Rìgh nan rìgh!  
“Tha Dia ri daoine ann an rèite,  
“Dh' eigheadh air thalamh sìth!”
- 2 Ciudhaicheadh na h uile shloigh,  
Le ainglibh na gloire, Dia;  
Seinneadh an domhan gu h ard  
Arson slaint o Chrìosd, an Triath.
- 3 Crìosd, tha o gach cian 'na Rìgh,  
Is d'an strìochd uil' fheachda neimh,  
Dh' fhoilsich e fein anns an fheoil,  
Is ghabh e conuidh 'sa chré.
- 4 Failte do 'n Dia thaini' nuas  
A leigheas truaighe dhaoine;  
Failte dhasan d'an gnothach  
Slainte sholar do 'n t saoghal.
- 5 Failte do phrionnsa na sìth,  
Do Ghrian fhiorghlan an àigh:  
Fògraidh e duibhre o'n t saoghal,  
'S an cinne-daoine bidh slàn.
- 6 Cia taitneach a sholus do'n t sùil,  
Cia ciuin a ghnuis is cia seimh!

Air m' anams' O dealraich gu dlù,  
Is dean an t iul domh gu neamh!

## LAOIDH XXXII.

*ISOA ceusda.*

**F**EUCH cheusadh air crann Mac Dhe!  
Thug e anam an' eiric dhaoine:  
Cia mor an gradh thug air strìochda'  
Co iosal a chum ar saoradh?

Dh' fhuiling, dhiol e na fiacha,  
'S do Dhia thug e anam suas:  
Faic e gun deo, air a chrann,  
'S a cheann 'ga lùbadh anuas.

Ach 's gearr gus an tog e cheann  
O chuibhrichibh teann a bhuis;  
A ghrian, an' deigh bli-fo neul,  
Eiridh gu dealrach an' aird.

An cualas aon iomra riabh  
Air pianta mar dh' fhuiling Criosd?  
No 'n cualas iomra air gradh  
Cosail ri d' ghradh-sa, Iosa!

## LAOIDH XXXIII.

*ISOA bez aris.*

**F**EUCH Criosd a' fulang a' bhais,  
A chairde mu 'n cuairt a' caoidh,  
An talamh air chrith gus a stèidh,  
'S a ghrian fein air a claidh!

Thigibh is guilibh, a naoimh,  
An' so, air corp caomh ar Triath;  
Shil esan deoir, is dhoirt e fhuil,  
Chum sibhs' thoirt uile gu Dia.

- 3 O! cia neo-amhluidh an gradh  
 A thug gu bàs Rìgh na gloir!  
 —Ach feuch e teachd beo aris!  
 Leigibh dhibh, a ñaoimh, ur bròn.
- 4 Feuch e 'g eirigh nios o'n uaigh,  
 'S a' dol suas gu Athair caomh!  
 Aingil neimh le buaidh-chairm ard  
 A' cur failt air Rìgh nan naomh.
- 5 Seinnibhse leo, le teas-ghràdh,  
 Do'n t Slàn'ear tha riaghla' shuas;  
 Seinnibh mar chiosnaich e nàimh,  
 Ifrinn is bàs agus uaigh.
- 6 Abraibh, " Cìu dhuit, a Rìgh nam buad  
 Ghabh dhinn truas, 's a rinn sin nslàn."  
 Abraibh, " Uaigh! chaill thu do bhuaidh  
 Is thugadh uait do ghath, a Bhais!"

## LAOIDH XXXIV.

*Aiseirigh* CHRÌOSD.

- 1 **D**H eirich Crìosd anios o'n uaigh!  
 Seinnibh, na tha bhos is shuas;  
 Seinn a thalamh, seinn a nèimh,  
 Cuiribh uile chliu am meud.
- 2 Obair chriochnaich, 's chaidh e suas,  
 Chuir e 'n cath, is fhuair e bhuaidh;  
 Dh' fhalbh an smal a bh' air a ghrein,  
 'S dealraidh i gu sior 'na dheigh,
- 3 B' fhaoin a' chlach, an geard, an seul,  
 Chuir e crainn na h uaigh mu sgaoil;  
 B' fhaoin do 'n bhàs a ghabhail sìos,  
 Dh' eirich e le buaidh aris.

- 4 Feuch anis tha Iosa beo,  
 Ghabh e chònuidh ann an glòir;  
 Thug a bhàs an gath o'n bhas,  
 Chaill an uaigh a buaidh gu bràth.
- 5 Aig Criosd anis tha neart is glòir,  
 Is riaghladh an domhain mhoir;  
 Neamh is ifrinn tha f'a laimh;  
 'Se fein an aiseirigh o'n bhàs.
- 6 A Rìgh na glòir! 's e so an t àgh,  
 Geill is cliu thoirt duit gu brath,  
 Sìth is reite riut gu sior,  
 So a' bheatha shuthainn fhior.

## LAOIDH XXXV.

*An chùis cheudna.*

- 1 **A**N' diugh dh' eirich Iosa Criosd.  
 Le cumhachd anios o'n uaigh;  
 Esan a cheusadh air crann,  
 'Sa ghabh air a cheann ar truaigh.
- 2 Seinnemid gu h aoibhinn ard  
 Do'n Tì chaidh gu bàs 'nar riochd,  
 A cheusadh 's a luidh san uaigh,  
 Thaobh meud a thruais agus iochd.
- 3 Le fhulang, fhuair an saoghal  
 Maitheanas saor, agns àgh,  
 Is seinnidh a nàoimh ann an glòir,  
 Le ard-ainglibh, ceol gu brath.

## LAOIDH XXXVI.

*Eadarghuidhe CHRISD.*

- 1 **C**IA ait an là san deachaidh Criosd  
 Gu chònuidh shiorruith asuas;

Nuair a choilìon e gach nì  
'S a chuir e crìoch air a chuairt!

2 Ach o aird a ghloire shuas  
Tha shuil anuas air daoine;  
Le gradh dhoibh tha chridhe làn,  
Tha iad do ghnà 'na smaointibh.

3 Tha e togail a ghuth is a lamh,  
A' guidhe dhuinn slaint is sìth;  
'S a' dorta' b'leannachd gach uair  
Air Eaglais anuas gun dì.

4 Tha e guidhe, air sgà a bhàis,  
Slainte do 'n chinne-daoine;  
'S gach aon nì ghuidheas Iosa  
Tha sinn cinnteach as fhaotainn.

5 A Thriath! (so ar guidhe gun tàmh)  
Deasuich dhuinn àite-cònuidh;  
Is biodh do shuil oirn anuas  
D'ar seoladh asuas chum gloire.

6 O gu biodh mìde do ghnà  
Ag amharc an' aird ad dheigh,  
'S ar cridhe 'n geall air an àite  
'S am bi sinn gu bràth leat fein!

## LAOIDH XXXVII.

### *Gairm-shaoruidh.*

1 **S**èidibh an trompaid gu h'ard,  
Cluinnear 's gach àit an fhuaim  
Dh' éigheadh sìth agus saorsa,  
Thigibh dhathigh, a dhaora truagh.

2 **IOSA**, caomh-shagart nam buadh,  
Ghabh ar n uallach, 's dhiol gach beud;

Thigibh dhathigh, anama sgìth,  
Dh' éigheadh sìth, tha Dia ruibh réidh.

- 3 O molaibh an t Uan sin DE  
A fhuair dhuibh réite le fhuil;  
Thigibh, a bhraighdean, o'r daorsa,  
'S da ghrasaibh saor deanaibh buil.
- 4 Sibhse, do 'n pheaca 's do'n bhàs,  
A tha nur daor thraillibh truagh  
Dh' éigheadh dhuibh saors' agus slainte,  
Pillibh gun dàil gu sonas buan.
- 5 Sibhs' a reic, gu baoth, gun fhiach,  
Ur n oighreachd le Dia na gloir,  
Gheibh sibh i nis air a h ais,  
Pillibh, 's na caillibh ur còir.
- 6 Gabhuibh suim do 'n sgeula ait,  
(O cia taitneach binn an fhuaim!)  
Tha tairgse' dhuibh slaint' is sìth,  
Ma ghabhas sibh ri Crisod gu luath.

## LAOIDH XXV VIII.

### *Cogbna an SPIORAID.*

- 1 **A** Spioraid naoimh, a chuir làmh  
Ri làraich an t saoghail air tùs,  
Lion ar n anam le t aoibhneas  
Is cruthaich dhuit fein iad as ùr.
- 2 Thig le d' Sholus is fògair  
Dorchadas dòbhidh o'n chrìdh;  
'S tra thogas droch smaointe ceann,  
Cumsa gu teann iad asios.
- 3 Fògair an t an-spiorad uainn  
Is bunaich leinn sìth is gradh;

'S a chum nach caill sinn do shìth,  
O! stiur is dion sinn gach là.

4 Sparr air ar n anam an fhirinn,  
Is naomhaich ar crìdh is ar beus:  
O! gabh maille ruinn cònuidh,  
Is stiur sinn fadheoidh gu neamh.

5 Anis gu robh gu sìorruith glòir  
Do Athair na trocair, 's do'n Mhac,  
'S do Spiorad na furtachd maraon  
Aoruidh sinn uile le tlachd.

### LAOIDH XXXIX.

#### *Naomhacha an SPIORAID.*

1 O THIG, a Spioraid nan gras!  
Is leasaich ar natur claon;  
Oir 's e do chumhachd-sa mhàin  
A ni an natur so naoinh.

2 Tionndaidh do sholus an oi'che  
'S an duibhre dorcha gu là;  
Is ni do theagasg ar seola'  
Gu aoibhneas mor agus àgh.

3 Seall mata air ar cor le truas,  
Is tog suas ar crìdh ri neamh;  
Oir tha e leantuinn gu dlù  
Ri nithibh nach fiu dhuinn gnè.

4 Ma bheir sinn oidheirp gu faoin  
Air orain nan naomh a sheinn,  
Mothaichidh sinn ar n aigne trom,  
'S cha'n eirich am fonn sin leinn.

5 'S am bi sinn mar so gach là,  
Ann an cor co àmhgharach truagh,

Do rùn-sa dhuinve co blà,  
Is sinne do ghnà co fuar?

- 6 O thig, a Spioraid nan gràs!  
Is beothaich ar nàtur marbh:  
Neartaich ar durachd 's ar dicheall,  
'S gu bràth bidh sinn dileas dearbh.

## LAOIDH XL.

### *Focal DE.*

- 1 **C**LIU dhuit, a Dhia nan gràs  
Thug facal na slainte do dhaoine,  
Gu'r stiura' gu saoghal an àigh  
'S am bi sinn, le'r Slan'ear, aobhach.
- 2 O biodh ar beatha 's ar briathra  
Air an riaghla' reir an t soisgeil!  
Is dearbhadh ar giulan gu leir  
Gu d' thug facal De dhuinn soillse.
- 3 'Si 'n onoir is fearr a dh' fheudar  
A thabhairt le daoine do Chrìosd,  
Mor-chumhachd a shoisgeil fheuchainn  
Na 'n-giulan, na'n gnè, is na'n crìdh.
- 4 Biodh mata 'n fheoil air a h àicheadh,  
Ardan, an-miann, agus tnù;  
'S gu diadhaidh cothromach cairdeil,  
Gabhamaid le'r braithribh an t iul.
- 5 An' sinn bheir ar creideamh dhuinn solas,  
Gar liona' le dòchas ro-naomh;  
'S ar suil a' feitheamh ri Crìosd,  
A bheir dìte no duais do gach aon.



## LAOIDH XLI.

*Gloir do'n Fhearshaoruidh.*

1 **D**O'N Dia ta glic is naomh,  
Ar Slàn'ear caomh 's ar Rìgh,  
Biodh urram o gach naomh a bhos,  
Gun chlos anis no rìs.

2 Ciod ach do ghradhsa, Thriath,  
'S do fhreasdal fialuidh caomh,  
A choimhid sinn o bheud 's o bhàs,  
Is o gach gàbha-bhaoil?

3 Ar n an'ma, saor o lochd,  
Taisbeinidh tu fadheoidh  
Am fianuis ghloirmhor t Athar fein,  
Le aoibhneas anbharr mor.

4 'N sin coinnichidh clann De  
A cheile shuas ad là'ir,  
Is molaidh iad stiura' do ghràis  
Gu bràth an riogh'chd an àigh.

5 Dhasan a shaor a shluagh  
'S dual urram agus neart;  
Seadh, moladh is mòrachd gun chrìoch  
Buinidh do Rìgh nam feart.

## LAOIDH XLII.

*Do'n TRIONAID naomba.*

1 **G**LOIR do Dhia 's na neamha' shuas!  
Tha ghloir a' dealradh oirne nuas;  
Oir fhuair sinn maithneas is sìth,  
Is tha sinn réidh ri Dia trìd Chrìosd.

- 2 Athair aird, a Rìgh nan speur!  
 Cuiridh sinn do chliu an ceill,  
 'Togaidh sinn gu h ait ort luadh,  
 'S bheir sinn iomradh air gach buaidh.
- 3 Thugar mèla dhuit gu bràth  
 Le t uil' oibribh anns gach àit;  
 Le cridhe taingeil bheir mi fein  
 Mola siorruith dhuit, a Dhe!
- 4 Mola bheir sinn fòs do'n Triath  
 A thaini' nuas o uchd ar Dia;  
 An t Uan a dh' fhuiling pèin is bàs,  
 Gu'r saoradh o na h uile sàs.
- 5 O thusa dhiol ar fiacha trom!  
 Do chluas gu h iochd-mhor chugainn crom;  
 Do reir an guidhe air do sgà,  
 Maith ar ciont, is cum ruinn bàigh.
- 6 A Spioraid naoimh! thoir dhuinn do ghràs,  
 Is treoruich sinn gu riogh'chd an àigh;  
 Far an caith sinn linn nan linn  
 Ann am mèla siorruith sheinn.

## LAOIDH XLIII.

*Feum an anama.*

- 1 **A** THAIR na soills'! o'n d' thig anuas  
 Gach fuasgla dhuinn, a reir ar cruais,  
 Thusa ta freasdal do gach duil,  
 'Tha mis' a'-togail riut mo shul;  
 O deachd an urnaigh thig o m' chridh,  
 Is eisd ri m' achuine, a Rìgh!

- 2 Is tu leig fhaicinn domh mi fein,  
Lomnochd is ainnis, air bheag céill,  
'S an e nach aithne dhuit mo chrìdh,  
'S mo chainnt mu'n tig aon smid anios;  
An e nach leir dhuit m' uile fheum,  
Tha 'g iarraidh cobhair ort gu treun?
- 3 Seadh, 's leir dhuit mi bhi aingidh truagh,  
Mall gu maith, gu aingeachd luath,  
Mo chrìdh do-lùbaidh, m' aigne mall,  
Mo mhianna laidir, m' inntin dall,  
Gun eagal orm roi'd chorruidh mhoir,  
No gradh dhuit idir mar is còir.
- 4 A Dhia leig ris domh m' uile thruaigh,  
Is cuidich leam dol as gu luath;  
Gu aithreachas grad-lùb mo chrìdh,  
'S gu creideamh slainteil ann an Crìosd.  
—Am feadh a bhios mo chònui' bhos,  
Mar so niom urnaigh riut gun chlos.

## LAOIDH XLIV.

*Guidhe arson gràis.*

- 1 **T**O GAIDH mi m' anam ri Dia  
A nochd dhomh riabh a throcair;  
Oir do gach aon neach a dh' iarras,  
Fialuidh deas tha a choghna.
- 2 O Athair neamhaidh bi dlù  
Do dhùil tha strìochdta 'nad là'ir;  
Mo ghuidhe tha riut an ainm Iosa;  
Labhair sìth rium air a sg-san.

3 Iriseal macanta ciuin

Biodh m' anam; 's mo rùn maith;  
Mo thoil umhal gach uair do Dhia,  
'S mo mhiann air riogh'chd nam flath.

4 Athair eisd, is thoir dhomh gràs;  
Air sgà Iosa bi rium rèidh:

Is deonuich dhomh sochair do lamh  
Mar chi thu gach trà orm feum.

5 Amhairc o d' chathair anuas

Air anam truagh ta ri bròn;  
Beothaich e le dealra do ghnùis,  
Is thoir dhà sunnt agus treoir.

6 O! na cum do Spiorad uam,

Ach cuir anuas e gu saor;  
'S dean m' anam is m' aigne gu leir  
Mar thu fein, am thomhas, naomh.

## LAOIDH XLV.

### *Grasan an SPIORAID.*

1 **A** Dhia mo shlainte seall anuas,  
Dean iochd air m' anam, 's gabh dhion  
Deonuich do Spiorad naomh le ghràs (truas;  
Is lion mo chridh le creideamh 's gràdh.

2 Mo cridhe gleidh, 's mo lamh o lochd,  
'S o aimhleas tearuinn m' anam bochd;  
Eagal do aon neach, no dhomh fein,  
Gu deanainn aon ni thoilleadh beum.

3 Do'n chinne-daoine biodh do ghnà  
Le truacantachd mo chridhe làn;

- Ag iarraidh sonais doibh is sìth,  
 'S ga chur air aghaidh leis gach gnìomh.
- 4 Gabhadh mo chridhe pairt gach uair  
 Do bhròn dhaoin' eile, nò d'an truaigh;  
 Is bitheam acibhneach nuair a chì  
 Mì iad a' soirbheacha' 's gach nì.
- 5 Seadh, ge d' bhuin iadsan rium gu ceann  
 Bitheamsa dhoibh an' rùn is fearr,  
 Ullamh gu maitheanas is sìth,  
 Is mall a dhioladh gach droch gnìomh.
- 6 Mar so, le giulan làn do ghradh,  
 Dealradh mo bheatha gach aon là,  
 Is biodh e soilleir sir gach doigh,  
 Gu buin mi dhuits' a Rìgh na glòir.

### LAOIDH XLVI.

*Teilichte le r staid.*

- 1 IARRADH na h uile neach àgh  
 'Na uchd is 'na fhardaich fein;  
 Oir 's diomhain iarraidh mu'n cuairt  
 Gu luaineach an ionaidibh céin.
- 2 Mealaidh mi fein gu fòil  
 An cuibhrionn a dheonuich Dia;  
 Is ge nach bì e ro-nìhor,  
 Foghnaidh, le beannacha Dhia.
- 3 Ma 's pailt mo chor, bidh mi taingeil;  
 Ma 's gann e, bithidh mi strìochda;  
 Sèimh an' là na h airce,  
 'S macant an' là an diobraidh.
- 4 Mar so, biodh e réidh no garbh,  
 Falbhaidh mi astar an t saoghail,

Gu cíuin cothromach' ciallaidh,  
Measarra diadhaidh caomhail.

- 5 'S an uair a thig àm dhomh fhàgail,  
Is siubhal gu àgh is mò,  
Com' am bithinn fo iomguin,  
'S mi 'g imeachd an' cinnseal gloir?
- 6 Com' am bithinn fo iomguin,  
Roi 'n uaigh, ge doilleir iosal?  
Cha'n eagal domh 's Iosa leam,  
'S mo choguis am chom siochail.

## LAOIDH XLVII.

*Cofhurtachd 'sa bhàs.*

- 1 **T**RA bhuaileas easlainte throm throm  
an corp a' fonn 's a' gleus,  
'S a shiubhlas gach sòlas air falbh,  
seargta le osunn an éig:
- 2 Tra theannaicheas am bàs a làmh  
air a chorp chràiteach throm,  
'S a lionas iomadaidh iarguin  
an t anam cianail na chom:
- 3 Tra thuiteas na pruib air gach taobh  
ri 'n robh gu faoin a thaic,  
'S gun ni air thalamh ri fhaotainn  
a bheir dha faochadh o airc:
- 4 An sin, esan a chuir a dhòigh  
an' Dia na gloire 'na thrà,  
Mealaidh solas ata do-tabhairt,  
's cha bhi air átha ro' n bhàs.

## LAOIDH XLVIII.

*Lā na sàbaid.*

- 1 'S aoibhinn le m' anam an là  
 'S an d' eirich an aird mo Thriath;  
 'S aoibhinn le m' chuidhe 's le m' shùil,  
 An t sàbaid ùr so om' Dhia.
- 2 Is aoibhinn bhi faicinn slòigh  
 A' tabhairt gloire do Dhia,  
 A' seinn, a' guidhe', 's ag eisdeachd,  
 'S a' deanadh a reir a riar.
- 3 'S e mo ghuidhe fein gu brath  
 A bhi 'm fonn sàbaide leo,  
 Gus am meal mi gu siorruith shuas  
 Sàbaide bhuan ann an glòir.

## LAOIDH XLIX.

*Teampul DE.*

- 1 CIA aoibhinn le m' anam, a Dhia,  
 An t ionad san iarrar thu!  
 Mi fein a nochdadh a' t fhianuis,  
 'S e so mo mhiann is mo rùn.
- 2 Tha ciocras air m' anam 's air m' fheoil  
 An deigh do chonuidh-sa, Dhia;  
 Mo Dhia, mo Rìgh, com' am bi  
 Làn-aoibhneas mo chùidh uam cian!
- 3 Is òna na naoimh tha na'n tàmh  
 Mu rìgh-chathair àluinn neimh,  
 A' sior-thoirte molaidh is graidh  
 'S a' mealtuinn lathaireachd Dhe.

- 4 Is sona maraon an dream sin  
 Ata 'na theampull a bhos,  
 Ag iarraidh 's a' mealtuinn a ghnùis,  
 'S a' tabhairt d'a cliu gun chlos.
- 5 Is sona 'n dream ata san ròd  
 Gu t asos gloirmhor-sa, Dhia,  
 Far an coinnich t uile shloigh,  
 'S an toir iad duit gloir gach ial.

## LAOIDH L.

*An t sabaid shiorruith.*

- 1 **A** DHIA na sàbaid! eisd ar guth,  
 Is cluinn ar n urnaigh riut an diugh;  
 Gu taitneach gabh 'ar n iobairt uainn,  
 Is seall gu cairdeil oirn anuas!
- 2 Is ionmhuin leinn do là a bhos,  
 Ach O! 's ann shuas is fearr an fhois:  
 'S e so ar dochas is ar miann,  
 Gu faigh ar n anama fois le Dia.
- 3 An sin cha ruig oirn sgios no bròn,  
 Peaca no bàs cha dean ar leon;  
 Acain cha'n eirich leis an laoidh  
 A thig o theangaidh bhinn gach naoimh.
- 4 Eagal an sin cha chuir oirn nàmh,  
 'S cha'n fhògair curam uainn ar tàmh,  
 Smal air ar grein cha tig ni 's mò,  
 Gu siorruith dealraidh oirn an lò.
- 5 O' cuin á thigh an aimsir àigh  
 'San sguir gach peaca 's bròn gu bràth,



'San imich sinn gu h ait suas  
Gu riogh'chd na gloir is beatha nuadh!

## LAOIDH LI.

*Comunn nan Criosduidhean.*

- 1 **A** THAIR shiorruith! ta lathair  
Feadh gach cearnaidh do'n domhan,  
Tha do shuil gar faire gu geur  
Tra tha sinn aoibhinn fad' chomhair.
- 2 An so, nuair tha sinn le cheile,  
Tha aoibhneas againn ad là'ir;  
'S ge d' dhealuich sinn, bithidh do churam  
'S do stiuradh againn 's gach àit.
- 3 Earbaidh sinn ar slighe 's sinn fein  
Riutsa, Dhe, on tig gach gras;  
O dean ar coimhead 's ar dion,  
'S thoir d'ar n anma sìth gu bràth.
- 4 Deonuich dhuinn fathasd ad theach  
Gu diol sinn, gach neach a chis;  
No, mur 'eil so dhuinn an' dàn,  
Coinneamh ann an àgh le Criosd.

## LAOIDH LII.

*Suipeir an TIGHEARNA:*

- 1 **A** Pheacaich eisd ii guth na sìth,  
Greas ionsuidh suipeir naomh do  
Bì glic, is builich là nan gras, (Right  
Gach ni tha ullamh thig gun dàil.

- 2 Ullamh tha Dia gu gabhail riut,  
 'S gu d' thogail as an rib 'n do thuit;  
 Ullam tha Crìosd a chumail bàigh,  
 'S a' sgaoile' fial a ghlaca graidh.
- 3 Ullamh tha Spiorad naomh nan gràs  
 Gu d' theasaingin o ghàbha' bàis;  
 Gu d' dheana' saor le fuil Mhic De,  
 'S gu d' sheulacha' le phobul fein.
- 4 Ullam tha aingle gloirmhor neimh,  
 Gu d' fhailteacha' gu 'n comunn seimh,  
 'S gu mola sheinn do Dhia nan dùl  
 Rinn duit o bhas gu beatha 'n t iul.
- 5 Tha 'n t Athair, an Mac, 'san Spiorad naomh,  
 Is feachda neimh, o thaobh gu taobh,  
 Ullamh gu seinn gu h ait le cheil',  
 " Anì marbh tha beo, an caillt air sgeul."
- 6 O thig mata, a phieacaich thruaigh,  
 O thig a a dh' ionsuidh Chrìosd gu luath;  
 O thig is gheibh thu slainte shaor,  
 A choisin Crìosd le luach co daor.
- 7 Thig, agus gheibh thu gràs o Dhia,  
 Maitheanas sgrìobht' air fuil do Thriath,  
 Sealla do d' chiont, ach tearnadh uaith,  
 A dh' aindeoin cumhachd bais is uaigh.
- 3 Thig—ach biodh umad trusgan geal  
 An ionracais gun fheall gun smal,  
 Le irisleachd, 's le ioghna mor  
 Bhi air do ghairm le Dia na glòir:
- 9 Le creideamh beo; 's le lasair ghraidh  
 Do Dhin; 's do dhaoine cridhe blà:

'Thig—sgeadaichte mar so le gràs,  
'S bidh Dia 'na Dhia dhuit nis 's gu brath.

### LAOIDH LIII.

*Ceannard na Feisde.*

- 1 **A** Thriath is caomha! seall anuas  
O airde neimh, is gabh dhinn truas:  
Bi fein mar cheannard air an fhéisd,  
Is cuir gach cridhe ann an gleus.
- 2 O! coilion duinn do ghealla' grais,  
Is bi gu caomh an' so a' là'ir;  
Oir ann a t ainm tha sinne cruinn;  
Do shìth 's do bheannacha thoir dhuinn.
- 3 Biodh creideamh, aoibhneas, agus gradh,  
'Nar crìdh 's 'nar beatha nis a' fas;  
Bithemid macant geanmnaidh ciuin,  
Iochdmhor is iriseal, is umh'l.
- 4 O! cuidich leinn mar so gu brath  
Bhi fantuinn is a' fàs an' gras,  
Ach gus am faidh' sinn shuas fadheoidh  
Leat fein ar cuibhrionn ann an gloir.

### LAOIDH LIV.

*Annachd nan creidmheach.*

- 1 **I** OSA! d' am buin sinn gu leir,  
Dean ruinn a reir do ghuidh' naomh;  
Mar is aon an t Athair 's thu fein,  
Dean sinne gu leir 'nar n aon.

- 2 Thusa ta 'nar natur shuas,  
'S o'n sruth anuas duinn gach àgh,  
Thoir béatha dhuinne do bhuill,  
Is co-pàirtich ruinn do ghràs.
- 3 Ceangail sinn ni 's dluithe riut fein,  
'S ni's dluithe ri cheile fòs;  
Is dean ar n'altrum's ar n'àrach,  
'S ar stiuradh an aird gu glòir.
- 4 Ach, feadh a bhios sinn a bhos,  
Cuidich leinn, gun fhois gun tamh,  
Cairdeas a nochda' da cheile  
'S gach aon-ni dheanadh an' gradh.
- 5 Mar so ni cholann gu leir  
Bròn no aoibhneas leis gach ball,  
Gun tàir air aon; chionn gu buin  
Sinn uile do Chrìosd ar ceann.

## LAOIDH LV.

*An Eaglais icmlan.*

- 1 **D**UISGEMID ar n'aighe suas,  
Le sluagh naomha Dhe na glòir,  
Is seinnemid air thalamh 'n dràs,  
Mar sheinneas sinn gu hard fadheoidh.
- 2 Thigibh, aingle naomha neimh!  
Molamaid le cheile Dia;  
Molaibh leinne 'n Ti a shaor  
Ur braithrean o dhaorsa 's pian.
- 3 Feuchaibh cia iognadh an gradh  
A nochd losa 'na bhàs do'n t saoghal

Gradh nach tuig sinne no sibhse;  
Ach 's iomchuidh dhuinn laoidh is aora.'

- 4 Thugaibh, aingle, leinne bhos,  
Mar ni sinne leibhse shuas,  
Arson graidh co anbharr mor  
Moladh, mar is coir, is luadh.
- 5 Sealan beag, O aingle naomh,  
Is bidh sinne maraon leibh;  
Ruigidh sinn an comunn shuas,  
Is iomlan bidh sluagh nan naomh.
- 6 O Iosa! deifrich an là!  
So guidhe ard gach naoimh;  
Greas an là sam bi leat fein  
An Eaglais gu leir 'na h aon!

## C R I O C H.

### ERRATA.

*Page 9 for bochdui read bochduinn—p. 11 teach, r. teachd—p. 15 chaulà, r. chualà—p. 18 si, r. ri—p. 21 glocas, r. gliocas—p. 22 seire, r. seire—p. 29 anoir, r. onoir—p. 42 ri, r. ni—p. 43 threigh, r. threig—p. 49 Farson, r. arson—p. 53 Criosd, r. Chriosd—p. 74 tinnea, r. tinneas—p. 116 oirdheire, r. oirdheirc—p. 118 eiridh, r. eiridh—p. 119 fàis, r. fòs—p. 125 aire, r. airc—p. 126 aire, r. airc—p. 128 dhlaoi', r. chlaoi'.*

A few more typographical errors have crept into this work; but as these seldom affect the sense, it is hoped they will not mislead the attentive reader.









